

**FILEANTA**



# CLEAS IS MEAS

**AONAD DRÀMA DO SGOILEARAN NA H-ÀRD-SGOILE**

*Aonad-obrach stèidhichte air cuid de na priomh chuspairean ann an sgrùdadh dràma agus freagarrach do chlasaichean Gàidhlig san Àrd-sgoil.*



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
[gov.scot](http://gov.scot)



**Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig



Bòrd na  
Gàidhlig

## *Mus tòisich sibh...*

Gheibhear measgachadh farsaing de dh'eacarsaichean dràma san aonad a tha freagarrach do sgoilearan aig ìre Nàiseanta 4 agus 5. Tha gach pìos obrach ag amas air sgilean dràma a leasachadh agus a neartachadh gu ìre far am bi an sgoilear a' faireachdainn misneachail agus soirbheachail ann a bhith a' dèanamh, a' cruthachadh, a' mion-sgrùdadh agus a' luachadh diofar theacsachean dràma.

Tha gach pàirt den aonad a' dèiligeadh ri diofar mhodhan agus tha e air a roinn ann an dòigh a ghabhas a làimhseachadh gu furasta leis an tidsear agus an sgoilear. Thathar an dòchas gum bi na diofar ghnìomhan feumail aig diofar amannan tron chùrsa aig ìre Nàiseanta 4 & 5 is iad a' ceangal ri ionnsachadh nas fharsainge sa chlas.

Gheibh sgoilearan cothrom a dhol an sàs ann an obair ghnìomhach anns am bi fòcas air co-obrachadh gus teacsa dràma a chruthachadh, a dheasachadh no a chluich, agus eacarsaichean anns am bi iad a' sgrùdadh measgachadh de sgilean airson teacsachean dràma a luachadh.

Is e aonad taic a tha seo do sgoilearan aig ìre Nàiseanta 4 & 5 agus bu chòir an tidsear a chleachdad mar a thogras iad fhèin. Is dòcha gum bi cuid de na h-earrannan san aonad freagarrach do chlasaichean aig ìean eile. Tha làn-chead na goireasan agus na h-eacarsaichean a chleachdad mar a chithear iomchaidh agus aig diofar amannan tron chùrsa.

# Clàr-innse

1	<b>LUACH DRÀMA</b>
3	<b>BLASADAN BEAGA</b>
3	Guth
5	Gluasad
7	Cruthachadh
9	Co-obrachadh
11	Cànan
14	<b>MODHAN CRUTHACHAIDH</b>
17	<b>SEALLADH A H-AON: SGILEAN CLEASACHD</b>
17	Caractarachd
21	Inbhe
23	Suidheachadh Caractar
24	Guth
29	Gluasad
36	<b>SEALLADH A DHÀ: A' CRUTHACHADH IS A' LEASACHADH</b>
37	An Luchd-amais
41	Stoidhle, Seòrsa is Gnè
46	Raon-cleasachd is Suidheachadh
51	Cuspair, Tèama is Teachdaireachd
55	Plota agus Structar
58	Cleachdaidhean is Innleachd Taisbeanaidh
63	Riochdachadh
65	Cànan is Conaltradh
67	Sgriobtadh
70	<b>SEALLADH A TRÌ: A' SGRÙDADH AGUS A' LUACHADH DRÀMA</b>
70	A' Sgrìobhadh mu Charactar
71	Measadh air Cleasachd
72	Measadh air Cluich/Cleasachd
73	Fèin-mheasadh
74	A' Dèanamh Coimeas
75	Geàrr-chunntas
76	Lèirmheas
79	Mion-sgrùdadadh air Dràma Sònraichte
82	A' Planadh Aiste
83	Ceistean Aiste
85	Mion-sgrùdadadh Farsaing
86	<b>STUTHAN-TAIC: #1 GU #36</b>
123	<b>CLÀR-LEUGHAIDH</b>
124	<b>CEANGLAICHEAN FEUMAIL</b>
126	<b>BRIATHRACHAS FEUMAIL</b>

# Luach Dràma

Tha àite cudromach aig dràma san t-saoghal mu thimcheall oirnn agus, le leasachadh cunbhalach anns na h-ealain agus sna meadhanan Gàidhlig, tha fèill mhòr air deagh dhràma ann an Gàidhlig. Tha mòran a bharrachd chothroman a' tighinn am bàrr a tha a' cur feum air sgilean dràma. Chan ann a-mhàin air àrd-ùrlar traidiseanta a chithear na cothroman sin a' dol am meud ach air an sgrion cuideachd eadar an telebhisean, filmichean agus meadhanan sòisealta no làraich-lìn. Tha àrd-ùrlar didseatach ann airson ealain mar dràma a thaisbeanadh san latha an-diugh.

## COTHROMAN DRÀMA TRO MHEADHAN NA GÀIDHLIG

Tha mòran chothroman ann do dhaoine aig diofar aoisean agus ìrean airson an uidh aca no na sgilean aca ann an dràma a leasachadh.

Mar bhuidheann, rannsaichibh na cinn a leanas, taghaibh aonan agus cruthaichibh bileag no taisbeanadh airson innse mu na cothroman agus airson an sanasachd.

- Dràma aig a' Mhòd Nàiseanta
- Companaidhean Craolaidh: Young Films, MG Alba, BBC Alba, MacTV, Sealladh
- Theatre gu Leòr, Tèatar Nàiseanta na h-Alba, Meanbh-chuileag
- Fèisean: Sgoil Shamhraidh Dràma, Cuarcean Dràma, Tèatar Òigridh Gàidhlig (TOG)
- FilmG
- Cùrsa nam Meadhanan aig Sabhal Mòr Ostaig
- Buidheann dràma iondail

## COTHROMAN COSNAIDH

Thoir sùil air an leabhran a leanas agus leugh earrann no dhà mu chuid de na daoine a tha ag obair anns na h-ealain Ghàidhlig agus ceangal air choreigin aca ri dràma. Inns do chàch mun deidhinn.

Tha na h-earrannan mu Chatriona Lexy Chaimbeul agus Art Donald gu h-àraidh freagarrach.

[https://studylib.net/doc/13114350/  
dreuchdan-g%C3%A0idhlig-gaelic-careers](https://studylib.net/doc/13114350/dreuchdan-g%C3%A0idhlig-gaelic-careers)

## DÈ NA SGILEAN A BHIOS DRÀMA A' NEARTACHADH?

Tha na sgilean a bhios sinn a' cur gu feum no a' togail bho bhith a' dol an sàs ann an dràma gu math cuideachail ann an iomadh suidheachadh eile – a bharrachd air an dràma fhèin.

Bidh na sgilean a leanas air an neartachadh gu h-àraidh:

1. **CONALTRADH:** Tro bhith a' cleachdadhean theacsainnean dràma anns a bheil còmhradh, no a' cruthachadh ann an làrach nam bonn, is a' beachdachadh air obair dràma a chèile, thèid sgilean conaltraidh a neartachadh. Bidh mòran chothroman aig an sgoilear air obair-labhairt san aonad seo le pìosan obrach air guth, cànan agus briathrachas freagarrach gus teacsa dràma a sgrùdadadh.
2. **CRUTHACHADH:** Tro bhith a' cleachdadhean diofar bheachdan brosnachaidh gus dràma tarraingeach a chruthachadh, agus le bhith a' cleachdadhean diofar ghoireasan stiùiridh no ghniomhan sgileil, thèid beachdan cruthachail a thoirt gu buil. Bidh iomadh cothrom aig an sgoilear a dhol an sàs ann an obair chruthachail le dràma.
3. **RIOCHDACHADH:** Nuair a bhios an sgoilear an sàs ann an riochdachadh, bidh sgilean co-obrachaidean no sgilean stiùiridh air an cur gu feum. Le bhith a' dol an sàs ann an obair buidhne, togaidh e misneachd is gheibh an sgoilear cothrom na sgilean aig càch fhaicinn agus a chleachdadhean san dòigh as fheàrr. Bidh aca ri mòran cho-dhùnaidhean a dhèanamh còmhla, gnothaichean a rèiteach còmhla, agus an rud a chruthaich iad a thaisbeanadh còmhla. Bidh gu leòr chothroman ann fèin-mheasadh/measadh-càraig agus sgrùdadhean a dhèanamh san obair ullachaidh a nì buidheann mus tèid am pìos ullaichte a thaisbeanadh.
4. **SGRÙDADH:** Bidh an sgoilear a' tomhas luach diofar theacsainnean a thaobh rudan leithid cànan, beairteas de chleachdaidhean cleasachd, structar, stoidhle no teachdaireachd. Bidh na sgilean sgrùdaidh sin gu feum san deuchainn aig deireadh a' chùrsa aig ìre Nàiseanta 5 agus bidh cothrom aca sgrìobhadh mu theacsa dràma, ma thogras iad.

# Blasadan Beaga

Gus buidheann a bhlàthachadh feuch cuid de na geomannan a leanas, stèidhichte air: Guth, Gluasad, Cruthachadh, Co-obrachadh agus Cànan. Tha fòcas sònraichte anns gach gèam a thèid a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd nas fhaide air adhart san aonad.

## GUTH

### Cò thuirt sin?

Tagh abairt neònach/ùr no seantans tarraingeach. Sgrìobh air a' bhòrd e. larr air aon neach an rùm fhàgail agus tagh triùir bhon chlas a dh'fheumas an abairt a ràdh.

Tillidh an sgoilear don rùm. Suidhidh iad len druim ris a' chlas. Feumaidh an triùir a chaith a thaghadh, cothrom mu seach a ghabhail ag ràdh na h-abairt ann an guth neònach air choreigin. Chan fhaigh iad ach aon chothrom a ràdh. Feumaidh an sgoilear a chaith a-mach obrachadh a-mach cò leis a tha na trì guthan a chuala iad. Gheibh iad puing airson gach ainm a gheibh iad ceart.

### Am Fòn

Fòcas: cruthachadh ann an làrach nam bonn/san spot – dithis.

Bidh fòn a dhìth airson seo agus, ma ghabhas, fuaim seirm.

Cuir fòn air a' bhòrd agus iarr air dithis/ triùir suidhe timcheall air. Fònайдh "cuideigin" (mas fhìor) agus tha aon neach ga thogail. Feumaidh iad suidheachadh bhon liosta gu h-iosal a thaghadh agus a chluich airson mionaid co-dhiù air a' fòn.

Feumaidh an fheadhainn a tha nan suidhe còmhla riutha sealltainn gu bheil iad a' creidsinn agus air an tarraing dhan chòmhradh a tha a' dol air adhart.

Leanaidh an dràma an dèidh dhaibh am fòn a chur sìos is feumaidh càch gabhail ris an tachartas mar gu bheil iadsan mar phàirt dheth cuideachd.

Iarr air na sgoilearan smaoineachadh air tuilleadh shuidheachaidhean anns am biodh còmhstri eadar dithis air a' fòn. Feuchaibh cuid dhiubh a chluich!

1. Cuideigin a' gearan agus tu a' feuchainn ri bhith cho modhail 's as urrainn dhut riutha.
2. Droch naidheachd mu chuideigin a tha faisg ort.
3. Deagh naidheachd le tòrr gàirdeachais.
4. Cuideigin a' feuchainn ris an t-eagal a chur ort.
5. Cuideigin a' feuchainn ri rudeigin a reic riut agus tha thu a' gèilleadh riutha.
6. Cuideigin a' fònadh agus ag innse dhut rùn-diòmhair no sgainneal uabhasach mu chuideigin san rùm.

## Faireachdainn

Bidh liosta de riaghailtean, comhairle no stiùireadh sgrìobhte sa Ghàidhlig a dhith airson seo no teacsa air choreigin den t-seòrsa sin. Bhiodh stiùireadh airson reasabaidh math, no dìreach geàrr-chunntas bho chùl leabhair no pìos naidheachd simplidh mu thachartas.

Iarr air gach neach an aon teacsa a leughadh ach le diofar fhaireachdainean. Gheibh thu liosta de dh'fhaireachdainean sna stuthan-taic (#1 Faireachdainn) air neo cruthaich liosta còmhla ris a' chlas agus sgrìobh air a' bhòrd iad.

Feumaidh an sgoilear an fhaireachdainn a shealltainn tron dòigh anns a bheil iad a' bruidhinn nuair a tha iad a' leughadh an teacsa agus bidh aig càch ri obrachadh a-mach ciamar (a rèir na liosta) a tha iad a' faireachdainn.

Chithear bhon eacarsaich seo gun tèid aig cleasaiche air na faireachdainean aca a shealltainn len guth a-mhàin, fiù 's nuair nach eil ceangal eadar na tha iad ag ràdh agus na tha iad a' faireachdainn.

Feuch fhèin ris an eacarsaich a dhèanamh a-rithist ach a' cleachdad dhà fhaireachdainn, a' tòiseachadh a' leughadh 's tu a' faireachdainn aon rud, ach beag air bheag, a' crìochnachadh le bhith a' faireachdainn rudeigin eile. Tagh falcal san teacsa far an tòisich an t-atharrachadh. A-rithist, feuch an obraich càch a-mach an dhà fhaireachdainn a bh' agad ach cuideachd am falcal san teacsa far an robh an tionndadh nad shunnd.

## Blas-cainnt


Tha diofar bhlasan-cainnt feumail ann an dràma. Tha sinn ag ionnsachadh rudeigin mun charactar sa bhad ma tha blas no cainnt shònraichte aca.

Obraichibh ann am buidheann gus sgeids a chruthachadh anns am bi caractaran le diofar bhlasan cainnt. Cha bu chòir innse idir cò às a tha gach charactar san sgeids oir bu chòir gum biodh e soilleir bhon bhlas no bhon chainnt. Cleachdaibh an toiseach blas cainnt leis a bheil sibh cofhurtail ach feuchaibh feedhainn eile cuideachd. Tha blas Ameireaganach, Eadailteach agus Frangach meadhanach furasta a dhèanamh ann an Gàidhlig.

Dè an fheadhainn eile as urrainn dhuibh a dhèanamh?

# Coròna-bhioras

## Cuir casg air!



Cleachdaibh suidheachadh àraig anns am b' urrainn caractaran den t-seòrsa tighinn còmhla:

- Aig SMO airson cursa bogaidh
- Aig bòrd-bìdh air turas-cuain cosgail
- Anns a' phriosan
- Tha sibh mar phàirt de rannsachadh oir tha an aon ainm oirbh uile
- Sgrìobh cuideigin an aon litir "gun urra" thugaibh uile ag iarraidh coinneachadh ribh an seo...
- Luchd-diùraidh a' beachdachadh mu bhinn-bàis do chuideigin

## GLUASAD

### Dùbhlann do...

Tagh neach bhon chlas airson an dùbhlann a thòiseachadh. Seasaidh iad air beulaibh an luchd-amhairc (an còrr den chlas).

Thoir pìos pàipeir air a bheil rudeigin sgriobhte do chuideigin eile sa chlas. Feumaidh iad tighinn suas agus dèiligeadh ris an neach thaghte mar gur iad an rud a tha sgriobhte air a' phàipear aca, mar eisimpleir:

- leanabh
- cù
- clàrsach
- sgalag
- rèile do chòtaichean
- cuideigin a tha feumach air CPR
- coire
- baga-sgoile
- àite-teine
- creutair à planaid eile
- no rud sam bith eile...

*baga-sgoile*

Nuar a thuigeas an neach taghte dè tha an neach eile a' riochdachadh, bu chòir dhaibh le chèile feuchainn air cleasachd cho math 's as urrainn dhaibh gus na bha sgriobhte a dhèanamh soilleir. Nuair a nì iad sin soilleir, thig cuideigin eile a-mach agus dèiligidh an neach sin ris a' chiad dithis mar rudeigin eile agus leanaidh an gèam air adhart.

Cuir ùine romhpa gus cùisean a dhèanamh nas dùbhlanaiche.

### Dèan suidhe!

Cuir na bùird gu aon taobh agus iarr air na sgoilearan na sèithrichean a sgaoileadh air feadh an rùm mus suidh iad.

Iarr air aon neach èirigh agus seasamh aig doras an rùm.

Bidh sèithean an neach sin a-nise falalmh agus tha iad ag amas air suidhe a-rithist. Ge-tà, tha an còrr den chlas nan aghaidh agus a' feuchainn, mar sgioba, ris an sèithean falalmh a lionadh fad na h-ùine le bhith a' gluasad bho shèithean gu sèithean ann an cabhag.

Le sin, bidh an sèithean falalmh ag atharrachadh fad an t-siubhail. Faodaidh an fheadhainn a tha nan suidhe ruith bhon t-sèithean aca agus suidhe air an t-sèithean falalmh, ach chan fhaod iad tilleadh an dèidh dhaibh èirigh.

Chan fhaod an neach a chaidh a thaghadh ruith idir.  
Chan fhaod iad ach coiseachd.

Nuar a gheibh iad an sèithean falalmh mu dheireadh thall, feumaidh an neach a dh'fhàg an sèithean mu dheireadh, seasamh aig an doras agus an dùbhlann fheuchainn.



## An loch-theine

Tha pàipear-naidheachd (no 2 shèithear) a dhith airson a' ghnìomh seo. Tha loch-theine eadar dà àite chomharrachte san rùm.

Ann an dithisean, feumaidh na sgoilearan siubhal tarsaing air an loch-theine air a' phàipear-naidheachd (gheibh gach càraig dà phios pàipeir)/na sèithrichean, gun suathadh anns an lär (an loch-theine) agus gun am pàipear a shracadh.

Faodaidh dà sgioba rèis a dhèanamh an aghaidh a chèile gu taobh thall an rùm agus air ais.

Ma bhruidhneas iad Beurla no ma shuathas iad anns an lär feumaidh iad töiseachadh a-rithist.

Bu chòir don dà phios pàipeir/dà shèithear a bhith a' suathadh na chèile san dol a-null agus san tilleadh. Chan fhaod na càraidean beàrn fhàgail eadar dà phàipear/shèithear agus leum a-null.

### Glacadh-sùla

Suidhidh an clas ann an cearcall agus coimheadaidh iad sìos len sùilean dùinte. Taghaidh iad aon neach eile sa clearcall air an coimhead iad nuair a thogas iad an cinn.

Nuir a dh'iarras an tidsear, coimheadaidh iad uile suas agus gu direach air an neach a thagh iad. Ma thachras gu bheil dithis a' coimhead air a chèile (sùilean a' glacadh a chèile) feumaidh an dithis sin bàs mòr dràmadach a dhèanamh agus bidh iad le chèile a-mach às a' ghèam. Feumaidh càch cumail orra a' coimhead air an neach a thagh iad gus an iarr an tidsear orra coimhead sìos a-rithist.

Leanaidh an gèam air adhart agus feumaidh iad cuideigin eile a thaghadh air an coimhead iad an-ath-thuras a thogas iad an ceann. Cumaidh an gèam a' dol gus nach bi ach aonan no dithis air fhàgail.



### Glacadh aire

Coisichidh an clas uile timcheall an rùm. Nuair a chluinneas iad an rabhadh, taghaidh iad aon neach san rùm a tha iad ag amas air a stad no air aire a ghlacadh, agus neach eile a tha iad a' feuchainn ri sheachnad. Gach turas a chluinneas iad an rabhadh (mar għlag), taghaidh iad dithis eile.

Ge-tà, ma thachras gu bheil dithis ann a tha ag amas air aire a chèile a ghlaçadh, agus a nì sin sa bhad, bidh iad a-mach às a' ghèam.

Bidh seo doirbh a dhèanamh oir feumaidh gach neach fòcas a chumail agus feuchainn ri aire an neach a tha iad ag amas air a ghlaçadh – agus cuideigin eile a sheachnad aig an aon àm. Chan e sin a-mhàin ach is dòcha gum bi diofar dhaoine a' feuchainn ri an aire-san fhaighinn agus feumaidh iad feuchainn ri iad sin a sheachnad.

# CRUTHACHADH

## Faireachdainn agus co-faireachdainn

Thoir cairt air a bheil faireachdainn sgriobhete (cleachd an duilleag sna stuthan-taic #1 **Faireachdainn**) do neach 1. Cumaidh iad am falach i. larr air neach eile (2) suidhe air being air beulaibh an luchd-amhairc/a' chòrr den chlas. Thig neach 1 a-steach don dealbh a' sealltainn cho math 's as urrainn dhaibh (gun a bhith ga ràdh) mar a tha iad a' faireachdainn. (Bu chòir smaoineachadh ro làimh mu bheachd air carson a tha iad a' faireachdainn mar sin.)

Le bhith a' togail còmhradh ris an neach air a' bheing, mìnichidh iad le cleasachd mar a tha iad a' faireachdainn.

Beag air bheag, nuair a dh'obraicheas neach 2 a-mach mar a tha neach 1 a' faireachdainn, feumaidh neach 2 tùiseachadh air an aon fhaireachdainn a shealltainn (co-faireachdainn) agus dèanamh soilleir carson a tha iad fhèin ga fhaireachdainn.

Stadaidh an tidsear a' chleasachd an dèidh greis. An do dh'obraich neach 2 a-mach an fhaireachdainn a bha neach 1 a' sealltainn? An do dh'obraich an luchd-amhairc a-mach e? Dè cho fior 's a bha iad?

Dèan a-rithist e le faireachdainn/dithis eile.

Gus seo a dhèanamh nas dùbhlanaiche, thoir faireachdainn eadar-dhealaichte don dithis agus iarr orra an sgeids a thòiseachadh san triom a fhuair iad sgriobhete, agus a chriochnachadh le bhith a' faireachdainn mar a bha an neach eile. Mar eisimpleir, neach 1 a' tùiseachadh "bragail" agus neach 2 a' tùiseachadh "cointach". Nuair a thig an sgeids gu crìoch, bu chòir neach 1 a bhith "cointach" agus neach 2 "bragail". Bhiodh e glic beagan ùine ullachaidh fhaighinn agus smaoineachadh (le chèile) cuin (san sgeids) a bu chòir dhaibh an sunnd atharrachadh. Faodaidh an t-atharrachadh tachairt beag air bheag agus aig diofar amannan airson gach neach.

## Abair ach beagan...

Iarr air deichnear bhon chlas facal/abairt a thoirt dhut agus sgriobh air a' bhòrd na chanas iad. (Iarr measgachadh de bhuadhairen, gnìomhairean, ainmearan, 's msaa.)

Cuir na sgoilearan ann am buidhnean agus iarr orra sgeids bheag ghoirid a chruthachadh a' cleachdad nam faclan a thagh iad.

Cuir ùine romhpa. Feumaidh ceangal ciallach a bhith eadar na faclan san sgeids a chruthaicheas iad. Airson barrachd structar a thoirt do na sgoilearan, faodaidh tu trì suidheachaidhean a thoirt dhaibh cuideachd gus an sgeids aca a chuideachadh.

Dèan seo le bhith a' ceadachadh nan 10 abairtean a-mhàin a thagh iad san sgriobt/sgeids air neo dèan nas fhaga e le bhith a' ceadachadh cànan eile a chur ris.

Cleachd an liosta ann an stuthan-taic (#2 Abair ach beagan) mura bheil ùine agaibh liosta a dhèanamh mar chlas.

## "O chionn fhada an t-saoghail..."

A' dol timcheall a' chearcaille/a' chlas, tùisichidh an tidsear le bhith ag ràdh, "O chionn fhada an t-saoghail..."

Cuiridh a' chiad neach aon fhacal a-mhàin ris an stòiridh agus cumaidh an stòiridh a' dol mar sin timcheall a' chearcaille/a' chlas.

Mar eisimpleir:  
O chionn fhada an t-saoghail...  
thàinig > an > stoirm > as>  
miosa> dhan>eilean>ach...



## Am Partaidh: Caractarachd

Tha partaidh co-là-breith (no eile) gu bhith aig cuideigin sa chlas agus bidh iad nam bean/fear an taighe do na h-aoighean aca. Gheibh gach neach sa chlas dòigh/seòrsa caractar a dh'fheumas iad cluich nuair a nochdas iad aig a' phartaidh. Tha liosta de charactaran freagarrach anns na stuthan-taic (**#3 Caractaran**). Cha bu chòir na sgoilearan an rud sgrìobhte (seòrsa caractar) a ràdh aig àm sam bith tron ghèam.

Feumaidh iad an caractar a gheibh iad a chluich cho math 's as urrainn dhaibh bho thoisearch a' phartaidh chun an deiridh.

Cuiridh bean/fear an taighe fàilte air gach aoigh nuair a thig iad chun an dorais (aonan an dèidh a chèile). Bu chòir gach caractar/aoigh a nochdas na rudan a leanas a dhèanamh nuair a nochdas iad:

- fàilte fhreagarrach a chur air fear/bean an taighe aig an doras
- am preusant a fhuair iad dhaibh a thoirt seachad agus a mhìneachadh
- dèanamh soilleir mar a tha iad eòlach air fear/bean an taighe
- còmhradh a dhèanamh ri càch a thàinig chun a' phartaidh romhpa.

Fàg ùine gu leòr eadar gach caractar a bhith a' nochdad aig a' phartaidh. Dh'fhaodadh na charactaran aig a' phartaidh a bhith nan seasamh ann an rùm còmhla agus a dhol balbh/reòite nuair a thig cuideigin ùr chun an dorais.

Nuir a tha gach aoigh an làthair, feumaidh iad tighinn cruinn còmhla gus "meal do naidheachd an-diugh" a sheinn do fhear/bhean an taighe airson crìoch a chur air a' phartaidh.

An dèidh a' phartaidh, beachdaichidh an clas air na diofar sheòrsaichean charactaran a fhuair iad ri chluich. An robh iad soilleir? Cò bha sònraichte math is carson?

Feuch an gèam seo le diofar thachartasan/chuirmean seach partaidh. Tagh tachartas anns a bheil òrdugh sònraichte no ruith shònraichte. Banais, tiодhlacadh, rèiteach no latha fosglaidh mar eisimpleir. Cleachd an clàr seo airson do mhac-meanmna a bhrosnachadh!

- Banais/Pòsadh
- Tadhal air cuideigin san opsadal
- Strì/Caismeachd
- Tiодhlacadh
- Farpais Thàlant

## CO-OBRACHADH

### Earbsa

Seallaibh air a' bhidio a leanas. Feuchaibh fhèin cuid de na h-eacarsaichean a tha ann a chuidicheas sibh gus earbsa ann an co-obrachadh ionnsachadh:

<https://vimeo.com/670625278>



### Tarraing an dealbh

Cleachd na dealbhan anns na stuthantaic (**#4 Tarraing an dealbh**) no iarr air na sgoilearan dealbh simplidh a lorg ann an leabhar/iris no bho phostair air choreigin. Bidh pàipear bàn agus peann no peansail a dhìth air gach neach cuideachd.

Iarr air dithis suidhe druim ri druim. Chan fhaic iad dealbhan a chèile, ach gabhaidh iad cothrom mu seach a' feuchainn ri mìneachadh don caraid an dealbh a chì iad/a thagh iad.

Feumaidh iad a bhith cho mionaideach 's a ghabhas airson an caraid a stiùireadh gus dealbh a tharraing a tha cho coltach ris an dealbh aca 's a ghabhas. Tha conaltradh soilleir cudromach!

### An Snaidhm

Gèam do 5-10 cluicheadairean.

Seasaibh ann an clearcall agus, tarsainn air a' clearcall, beiribh air dà làimh eadar-dhealaichte. Chan fhaod sibh beireachdainn air làmh an neach ri ur taobh idir.

Nuir a tha làmhan a h-uile duine an sàs, feumaidh sibh, mar bhuidheann, feuchainn ri tighinn às an t-snaidhm cho luath 's as urrainn dhuibh ach gun duine sam bith grèim air làmh a leigeil às.

Bidh agaibh ri stiùireadh a thoirt dha chèile agus sreap thairis air gàirdean no dhà gus an snaidhm fhuasgladh.

### Ann an Òrdugh

Tagh rudan a tha a' tighinn ann an òrdugh, leithid àireamhan, mìosan, an aibidil, làithean na seachdain no rudeigin mar sin.

Le ceann gach neach shòis air a' bhòrd ('s an sùilean dùinte) tòisichidh an tidsear an gèam le bhith ag ràdh a' chiad fhacail. Mìosan: "Am Faoilleach"

An ceann tiotain, feumaidh cuideigin eile sa chlas an ath mhìos a ràdh. Ge-tà, ma thachras gun can dithis e aig an aon àm, feumaidh iad a dhol air ais chun an toisich.

'S e amas a' ghèam, crìoch a chur air an liosta air fad gun dithis bruidhinn thairis air a chèile. Tha e doirbh oir chan eil fhios cò tha a' dol a bhruidhinn, no cuin. Ach le fòcas làidir, agus gun a bhith a' fàs crosta nuair nach fhaigh iad e, chì na sgoilearan gu bheil e feumail fòcas a chumail ma tha iad airson a choileanadh. Chan eil e gu feum dhaibh cabhag a dhèanamh nas mothà.

Bu chòir riaghailt a chruthachadh far nach fhaod sgoilear barrachd is aon fhacal a ràdh an dèidh a chèile. (mar eisimpleir, Chan fhaod an aon neach, "An Gearran" agus "Am Màrt" a ràdh. Dh'fheumadh cuideigin eile bruidhinn mus fheuchadh an neach sin air mìos eile a ràdh.)

## Falaich am Bogsa

Faigh bogsa agus cuir 3 sgillinnean ann no rudeign a nì gliongadaich na bhroinn. Iarr air aon neach an rùm fhàgail. 'S e sin an neach-rannsachaidh a tha a' dol a thilleadh airson am bogsa a lorg.

Thoir am bogsa do aon neach san rùm agus nuair a thilleas an neach-rannsachaidh, feumaidh iad obrachadh a-mach cò aig a tha am bogsa. Bidh ùine air a chur romhpa agus feumaidh iad ainm cuideigin èigheach mus tig an ùine sin gu crìoch.

Ge-tà chan fhuirich am bogsa ann an làmhan an aon neach fad an t-siubhail. Gluaisidh e air feadh a' chlas agus feumaidh na sgoilearan an dicheall a dhèanamh a għluasad timcheall gun an neach-rannsachaidh a bhith ga fhaicinn. Bidh iad ag amas air am bogsa fhaighinn gu cuideigin eile mus glac an neach-rannsachaidh iadsan leis. (Chan fhaod iad am bogsa a chur am falach no suidhe air; bu chòir dha a bhith a' gluasad eadar na sgoilearan fad an t-siubhail.)

Faodaidh an neach-rannsachaidh gluasad sìos is suas eadar sreathan airson am bogsa a lorg. Chan fhaigh an neach-rannsachaidh ach aon chothrom obrachadh a-mach cò aig a tha am bogsa. Feumaidh e "Stad" èigheach agus ainm cuideigin a ràdh airson a' choire a chur orra. Cuiridh a h-uile duine suas an làmhan gus am faic sinn an robh e ceart air neo cò aig a bha am bogsa mu dheireadh.

## A' sireadh san dorchadas

Ann an dithisean, bidh aig sgoilearan ri strì an aghaidh dithis eile. Cuir sgarfa no bann air choreigin timcheall air sùilean aon neach anns gach dithis gus nach fhaic iad càil. Cuir rudeigin am falach anns an rùm a dh'fheumas iad a lorg le stiùireadh bhon caraid (as urrainn faicinn). Bidh caraid aig gach neach mar stiùiriche agus feumaidh an stiùiriche sin an neach nach eil a' faicinn a stiùireadh airson an rud a lorg. Tòisichidh gach càraid aig àite tòisichidh air choreigin – aig doras an rùm, mar eisimpleir. Chan fhaod an "stiùiriche" beantainn rin caraid (nach fhaic) idir ge-tà, le bhith gam putadh no a' gabhail an làimh no a leithid.

Feumaidh iad fuireach glè fhaisg orra ach an stiùireadh  
le faclan a-mhàin! Cumaidh an stiùiriche an làmhan air  
an cùlaibh fhad 's a tha iad a' stiùireadh an neach eile.  
Cò am paidhir as luaithe a lorgas an rud falaichte?

Iarr orra a dhol air ais dhan loidhne far an do thòisich  
iad ma bhruidhneas iad Beurla no ma tha iad  
a' beantainn rin caraid airson an cuideachadh.

Feuch a-rithist e le bhith a' toirt cothrom dhan  
fheadhainn a bha nan stiùirichean  
a' chiad turas a bhith  
"a' sireadh san dorchadas".

Dh'fhaodadh an tidsear cànan  
feumail a sgriobhadh air a' bhòrd  
dhaibh airson an cuideachadh.  
Faclan leithid: Sìn a-mach do làmh...  
no Gabh còig ceumannan  
gu do làimh chlì, Crùb sìos is msaa.



# CÀNAN

## Ann an làrach nam bonn!

Ann am buidheann, taghaibh aon de na seansfacail bho na stuthan-taic (**#5 Seanfhacail**) agus mìnichibh e cho math 's as urrainn dhuibh ann am pìos dràma goirid. Bidh ùine ghoirid ann airson obair-ullachaidh a dhèanamh.

Bu chòir dhuibh brìgh an t-seanfhacail a thaisbeanadh gu soilleir tro sgeulachd tharraingeach.

Tha seanfhacail tric mar ìomhaigheachd le teachdaireachd. Beachdaichibh air na tha cuid de na seanfhacail a' ciallachadh agus smaoinichibh air suidheachadh anns am biodh a leithid fior.

Cleachdaibh na beachdan agaibh gus pìos dràma freagarrach a chruthachadh timcheall air an t-seanfhacal a chaidh a thaghadh. Dh'fhaodadh (**#6 Abairtean agus Gnàthasan-cainnte Feumail**) a bhith na thaic gus briathrachas a lorg don sgeids cuideachd.

## Deagh chuimhne

Cruthaich caractar le bhith a' smaoineachadh air ainm annasach ùr dhut fhèin agus aon rud as toigh leat. Cùm diomhair e gus an tig an cothrom agadsa bruidhinn.

Suidhidh a h-uile duine ann an cearcall.

Tòisichidh a' chiad neach le bhith ag ràdh:

*"Is mise Cailean agus is toigh leam flùraichean."*

Canaidh an ath neach: "Seo Brus, is toigh leis flùraichean. Is mise Seasaidh agus is toigh leam Clò Hearach."

Bu chòir an ath neach a bhith air èisteachd gu dlùth agus a bhith comasach air innse:

*"Seo Cailean, is toigh leis flùraichean. Seo Seasaidh agus is toigh leatha Clò Hearach. Is mise Torcaill agus is toigh leam Gràmar."*

Leanaidh an gèam air adhart agus le fòcas agus cuimhne mhath, chithear gun tèid aig mòran air cuimhneachadh air a h-uile gin a thàinig romhpa. Mar as trice a chluinneas tu iad air an cantainn, 's ann as phasa a tha e cuimhneachadh orra.



*Tha an gèam seo glè mhath nuair a thathar a' cur failte air clas ùr agus a' feuchainn ri na h-ainmean aca ionnsachadh. Dh'fhaodadh an tidsear a dhol an toiseach agus aig an deireadh - feuch an urrainn dhaibh cuimhneachadh air ainm gach neach!*

## Air feadh an t-saoghal – dòigh eile air a ràdh

A' suidhe ann an clearcall, tòisichidh neach 1 le bhith a' seasamh air cùl sèithear an neach ri thaobh – neach 2. 'S e an tamas a bhith nad sheasamh 's a' siubhal "air feadh an t-saoghal" (timcheall a' chearcaill/chlas) cho fad 's as urrainn dhut. Cuiridh an tidsear ceist ron dithis (neach 1 agus 2) agus 's e a' chiad neach a dh'èigheas a-mach freagairt ceart a leanas orra timcheall a' chearcaill. Ma gheibh neach 2 ceart e, seasaidh iadsan air cùl an ath neach sa clearcall is gabhaidh neach 1 an sèithear a dh'fhàg iad.

Cleachd cuspair leithid "Dùthchannan" airson an gèam fheuchainn an toiseach. Cuiridh an tidsear ceist ron dithis leithid: "Chruthaich iad piotsa" (feumaidh cuideigin "An Eadailt" èigheach) no "Bha Barack Obama na cheann-suidhe an seo" (Na Stàitean Aonaichte).

Dèan nas dùbhlanaiche e le bhith ga chluich ag iarraidh "dòigh eile air a ràdh" (cleachd an leabhar 'Dòigh Eile air a Ràdh' airson beachdan a lorg). Canaидh an tidsear facal no abairt chumanta agus feumaidh an dithis a tha an aghaidh a chèile smaoineachadh air dòigh eile air an rud a ràdh.

Mar eisimpleir, toilichte – èighidh cuideigin den dithis "sona" no "sunndach".

No feuch faclan leithid: ionnsachadh, mean air mhean, sgioba, bodhaig...

Faodar an gèam seo a chluich ann an diofar dhòighean gus cànan no tuigse air diofar chuspairean a dhaingneachadh.

## An Aibidil

Suidhibh ann an clearcall mar chlas/bhudheann.

A' cleachdadadh na h-aibidil, tòisichidh a' chiad neach le bhith ag ràdh loidhne a' tòiseachadh leis an litir A, mar eisimpleir "Abair fuaim! An cuala tu sin?"

Feumaidh an ath neach sa clearcall an ath loidhne a ràdh a tha a' tòiseachadh le B, mar eisimpleir, "Bu chòir dhuinn fònadh chun a' phoilis – saoilidh mi gur e gunna a bh' ann!"

Feumaidh neach 3 an ath loidhne a thòiseachadh le C agus mar sin air adhart gus am bi sibh air an aibidil gu lèir a chleachdadadh.

*Seachain h agus u – chan eil mòran as urrainn dhuibh a ràdh air an son.*

Faodar seo a dhèanamh ann am buidheann beag no mòr.

## Bu chòir nàire a bhith ort!

Cluichidh aon neach an ceannard/am pàrant agus neach eile an sgoilear/am pàiste. Tha an sgoilear/am pàiste air a bhith ri mì-mhodh agus feumaidh an ceannard/am pàrant an ceannsachadh. Taghaidh an ceannard/am pàrant rudeigin bhon liosta gu h-ìosal ach chan inns iad don sgoilear/don phàiste dè th' ann. Faodaidh iad innse don luchd-amhairc ma thogras iad. Nochdaidh an sgoilear/am pàiste aig oifis a' cheannaird/dhachaigh bhon sgoil. Tha làn-fhios aca gu bheil trod gu bhith ann air sgàth rudeigin a rinn iad. Ge-tà, chan eil fhios aca dè dìreach a fhuair an ceannard/am pàrant a-mach no dè a' chasaid a tha orra.

Feumaidh an sgoilear/am pàiste a dhol leis na chanas an ceannard/am pàrant agus gabhaileis na ceistean agus a' cheannsachadh mar gu bheil aithreachas orra mun rud a rinn iad agus adhbharan/leisgeulan a thoirt seachad nuair a thathar gan ceasnachadh. Beag air bheag, bu chòir dha bhith follaiseach dè a' chasaid a thathar a' cur orra. Cha bu chòir an rud sgrìobhte (a thagh an ceannard/am pàrant dhaibh) a ràdh/fhuasgladh dhaibh gu deireadh na sgeids. Faodar ceistean gòrach a chur orra — bidh spòrs agaibh còmhla is iad a' feuchainn ri obrachadh a-mach na chanas iad mu dheidhinn.



- Leig thu hamstair na sgoile mu sgaoil.
- Rinn thu spreadhadh san rùm saidheans.
- Sgriobh thu air càr tidseir.
- Għlas thu an tidsear san stòr.
- Chuir thu dheth an glag teine.
- Las thu cleas-teine san t-seòmar-teagaisg.
- Shad thu uighean air an tidsear.
- Cha do rinn thu d' obair-dachaigh – RIAMH!
- Bha thu a' bualadh cuideigin air bus na sgoile.
- Bhris thu 5 uinneagan san sgoil.
- Tha thu air a bhith a' toirt airgead bìdh bho sgoilearan eile.
- Chaidh d' fhaicinn a' leum air càr a' cheannaird.
- Las thu teine san leabharlann.
- Thilg thu brot air còcaire na sgoile.
- Sgriobh thu fathannan sgainnealach air a' bhòrd-dhubh.
- Leig thu boma-samh mu sgaoil aig oidhche nam pàrant.



### Cò air a tha thu a-mach?

Cleachd an liosta a leanas mar bheachd airson diofar gheamaichean a chluich. Tha an liosta feumail airson gheamaichean anns am bu chòir an cluicheadair an cuspair sgriobhte a fhuair iad a mhìneachadh do chàch gun a bhith ga ràdh. Bidh seo nas dùblanaiche le bhith a' cleachdadh rudan nas mionaidiche co-cheangailte ri gach cuspair.

- Charades (2 bhuidheann an aghaidh a chèile agus an uair romhpa)
- An Dealbhadair (mar charades ach le bhith a' tarraing dealbh)
- Air bàrr mo theanga (mar charades ach le bhith a' bruidhinn)

### SEÒCLAID

**SGIOBAIDHEAN BALL-COISE**

**BÙITHTEAN**

**DÙTHCHANNAN**

**AINMEAN – GILLEAN**

**AINMEAN – NIGHEANAN**

**BEATHAICHEAN**

**RUDAN SAN FHUARADAIR**

**SEINNEADAIREAN BOIREANN**

**SEINNEADAIREAN FIREANN**

**PRÒGRAMAN TELEBHISEIN**

**CUSPAIREAN SGOILE**

**CÒMHDHAIL**

### RUDAN SAN TAIGH-BHEAG

**DEOCHAN-LÀIDIR**

**ÀITEACHAN A' TÒISEACHADH LE 'B'**

**CLEASAICHEAN AMEIREAGANACH**

**SEÒRSA AODAICH**

**DATHAN**

**FILMICHEAN**

**GLASRAICH**

**SPÒRS**

**PRÌOMH BHAILTEAN**

**RÀITHEAN**

**CUANTAN**

**BIADH LUATH**

# Modhan Cruthachaidh

Nuair a bhios sinn a' beachdachadh air dràma a chruthachadh tha e feumail an-còmhnaidh stuthan leithid stuthan brosnachaidh a chleachdadh gus beachdan a thusadh.

Cleachd cuid de na gniomhan a leanas gus beachdan a thusadh airson dràma slàn a chruthachadh.

## Obair: A' leasachadh stòiridh

Seall air a' cheangal air FilmG mu sgriobtadh agus mu bhith a' cur ri chèile agus a' cur gu feum bòrd-stòiridh. Tha e feumail airson rian agus cuimhne a chumail air na diofar thachartasan san dràma. Cuidichidh e an cruthachadh na laigsean/feumalachdan a lorg mus tòisichear air dràma a chur ri chèile.

[https://www.youtube.com/watch?v=hidLoJlfDUs&list=PLZYACi5uBlkWC\\_VClekWVE2lfGrWGAyZo&index=6](https://www.youtube.com/watch?v=hidLoJlfDUs&list=PLZYACi5uBlkWC_VClekWVE2lfGrWGAyZo&index=6)

## Obair: A' cruthachadh caractar gu luath

Cleachd an gèam "stad am bus" gus caractaran a chruthachadh ann an làrach nam bonn. Tòisichidh cuideigin an gèam le bhith toirt litir seachad, leithid "L". Feumaidh gach neach a dhol an aghaidh a chèile gus gach bogsa a lionadh cho luath 's as urrainn dhaibh le rudan a' tòiseachadh le L airson caractar annasach a chruthachadh. Dh'fhaodadh tu iarraidh orra faclarean a chleachdadh airson cuid de na rudan a lorg agus chan e rèis a dh'fheumadh a bhith ann.

Litir/rud sònraigte	Ainm	Obair	Coltas/Feartan	Cò às?	Sgilean	Measail air...	Aon "prop"
L	Liondaigh	Lighiche	Leisg, laghach, liath, I	Lunnainn	Làimhseachadh leumadairean-mara	Lorg leannan	litir

## Obair: Prògram OMCST – coltach ri Jeremy Kyle (sgeulachdan/caractaran buileach dràmadach)

Cruthaich dràma rèidio air a bheil an t-ainm OMCST (Ò mo chreach-sa thàinig). Bidh daoine a' fònadhl a-steach don chraoladair airson comhairle fhaighinn mu thrioblaidhean pearsanta. Cleachd na cinn a leanas airson pìos spòrsail a chruthachadh. Dh'fhaodadh daoine (cuid eile sa chlas) "fònadhl" a-steach don phrògram gus tuilleadh comhairle no beachdan a thoirt don neach aig a bheil an trioblaid.

Phòs mi each

Tha faireachdainn aig sìthichean cuideachd

Bu mhath leam earball fhàs

Tha mi ag iarraidh m' ainm atharrachadh

Chan ann on t-saoghal seo a tha mi

Tha an aon trom-laighe orm gach oidhche. Mo bhèibidh gam ithe.

Bidh mi a' seinn a h-uile facal a th' agam ri ràdh

Mhurt mi beatach is tha mo chogais goirt

Tha "iad" a' cumail sùil oirnn

## OBAIR: AN CEANN-NAIDHEACHD

Tha sibh ag amas air pìos gnàthasach a chruthachadh a' toirt a chreidsinn gur ann air na naidheachdan a tha sibh. Bidh aon chraoladair agus co-dhiù aon chleasaiche a dhìth. Gheibh gach buidheann sgeulachd annasach air choreigin ri innse, 's an craoladair a' ceasnachadh nan daoine san agallamh naidheachd mun tachartas. Seallaibh iad don chlas. Cò am buidheann as gnàthasainche (a ghabhadh creidsinn)?

- Mìorbhail air a lorg ann am pacaid chriospan
- Neach-saidheans a' cruthachadh cungaидh gaoil
- Tidsear robothaig a' fàiligeadh
- Cù as urrainn bruidhinn ga lorg ann an seada
- Creutair à planaid eile a' pòsadhl deugaire
- Boireannach a' breith leanabh fuamhaire
- An neach as sine san t-saoghal a' dèanamh gàirdeachas ri co-là-breith 198 bliadhna a dh'aois an-diugh
- Ceann-suidhe aig seachd bliadhna a dh'aois
- Fuamhaire agus sìthiche a' sabaid airson cuach bogsaidh na cruinne
- Tidsear a' toirt ionnsaigh air sgoilear le cumhachdan draoidheil
- Ròbot a' goid bho bhanca
- Seanmhair a' buannachadh rèis 100m aig na h-Oilimpigs
- An neach as mothà san t-saoghal steigte am broinn càir
- Boireannach leis an deoch oirre a' feuchainn air an leum-àrd aig na geamaichean
- Bò as urrainn bruidhinn air a lorg aig a' bhùidsear

### Obair: Loidhne no dhà

Tha loidhnichean gu math feumail airson dràma a bhrosnachadh. Seallaibh air na loidhnichean tòiseachaidh/crìochnachaidh is measgaichte air na duilleagan a leanas. Dh'fhaodadh sibh pìos dràma a chruthachadh a tha a' cleachdadadh nan loidhnichean. Dh'fhaodadh gach buidheann feuchainn air measgachadh eadar-dhealaichte a chleachdadadh. Faicibh na beachdan anns na stuthan-taic (#7 gu #9) agus cleachdaibh iad seo gus sgeids a chruthachadh.

### Obair: Dràma Cunntasach

Cruthaich pìos dràma cunntasach air aonan de na tachartasan/cuspairean no daoine gu h-iosal. Dèan beagan rannsachaidh mus tòisich thu airson cùl-fhiosrachadh fhaighinn is beachdan a thrusadh airson do phìos a thoirt beò.

Tachartasan/Cuspairean	Daoine
Linn nan Creach	Coinneach Odhar
Na Seumasaidh	Màiri Mhòr
Hiort	Mac an t-Srònach
Fuadachd is Eilthireachd	Flòraidh NicDhòmhnaill/Am Prionnsa Teàrlach
Strì nan Croitearan	Cinn-chinnidh
Seann Chleachdaidhean	Saighdearan
Cogadh/An Iolaire	Cù Chulainn/Sgàthach
Foghlam Gàidhlig	Am Fuamhaire MacAsgaill
Cèòl is Cultar	Pàdraig Sellar
Uisge-beatha	
Cianalas	
Creideamh	
Buidseachd	

**Obair:** Ag atharrachadh bho aon sheòrsa teacsa gu teacsa dràma.

Tagh sgeulachd ghoirid sam bith anns a bheil caractaran agus atharraich aon sealladh gu sgriobt dràma:

Chithear eisimpleirean dhe seo air a' cheangal a leanas: <https://www.storlann.co.uk/goireasan/eadar-da-sgeul.html>

- Bùrn
- An Coigreach
- An Taghadh
- Ri Aghaidh na Creig
- Feòil a' Gheamhraidh
- Murt le Iain Mac a' Ghobhainn

### **Ath-sgrìobh: Bàrdachd no òran gu pìos dràma.**

Mar eisimpleir. *An Iolaire* le Murchadh MacPhàrlain no *Màiri Iain Mhurch' Chaluim* le Anna Frater. Cleachd stoidhle bròn-chluiche gus dealbh-chluich a chruthachadh timcheall air an tachartas san dàn.

### **Artaigil Naidheachd**

Cleachd sgeulachdan tarraigeach bho na pàipearan-naidheachd no air-loidhne airson beachd dràma a thrusadh. Gheibh thu prìomh phìosan fiosrachaiddh bho chriomagan naidheachd agus bidh seo feumail gus an dràma agus na caractaran a stèidheachadh ann an suidheachadh air choreigin. Seall air na h-eisimpleirean gu hìosal agus feuch ri pìos dràma a chruthachadh timcheall air stòiridh sònraichte a tha gad ghlacadh.

### **Fear à Teagsas le blas Bhreatainn an dèidh opairèisean**

**Wimbledon airson stad a chur air sùbhan-làir**

**Fhathast gun dachaigh bhon chrith-thalmhainn**

**An-fhois is poilis air urchair a chur ann an neach-amharais**

**Leannan beò-ghlacte le Breivik 's dòcha ga thadhal sa phrìosan**

### **Obair: Cleachdaidhean**

Tha is bha na rudan gu hìosal uile nan cleachdadhe aig na Gàidheil. Tha pàirt cudromach aca ann an cultar na Gàidhlig. Feuch ri cuid dhiubh a thoirt beò ann am pìos dràma. Bidh beagan obair rannsachaiddh ri dhèanamh air gach fear a chleachdas tu nad phìos.

- Rèiteach
- Far-ainmean
- Craobhan (math is dona)
- Beathaichean is creatairean os-nàdarra
- Cleachdaidhean Oidhche Challainn
- An Luadh
- Cleachdaidhean iasgaich agus saobh-chràbhadh
- Dubhachadh dithis ro bhanais
- An taigh-cèilidh
- Tòrradh/Tiodhlacadh
- Buain mòna

# Sealladh a h-Aon: Sgilean Cleasachd

## CARACTARACHD

Mar an dràma fhèin, tha iomadh diofar charactar gar cuartachadh nar beatha làitheil. Tha sinn uile eadar-dhealaichte bho chèile agus tha sinn uile a' dèanamh no ag ràdh rudan airson sinn fhìn a dhèanamh sònraichte.

Tha an aon rud fior mu charactar sam bith ann an dràma sam bith. Tha cuid de charactaran a' seasamh a-mach air sàillibh an aodaich, an coltais no an cainnt agus tha cuid eile tarraingeach leis an dòigh anns a bheil an charactar air a leasachadh tron dràma.

Tha mòran de na charactaran as tarraingiche agus as inntinniche a' seasamh a-mach airson adhbhar air choreigin. Glè thric bidh rudan mun deidhinn a tha sònraichte agus a chuimhnicheas sinn mun deidhinn mar as eòlaiche a dh'fhàsas sinn orra; cleachdaidhean cainnte, modhan, fuasgladh mun deidhinn, air neo air sgàth cairdeas no còmhstri ri charactar eile.

### Coimhead air prògram bho shiabann sam bith, leithid 'Bannan'

Coimhead gu mionaideach air charactar sònraichte agus beachdaich air na puingean a leanas:

- Carson a tha an charactar iomchaidh no freagarrach ann an dràma mar seo?
- Ainmich trì feartan a th' aig a' charactar.
- Saoil dè as adhbhar no as amas dhan charactar?
- Smaoinich mu na càirdeasan a tha aig a' charactar ri daoine eile is am beachd a tha aig charactaran eile orra.
- Dè an seòrsa luchd-amais a tha an dràma a' feuchainn ri tàladh le charactaran mar sin?

### Gnàth-iomhaigh Charactar

Glè thric, bidh charactar air a chruthachadh timcheall air cuideigin dha-rìribh, le feartan as aithne dhuinn.

Còmhla ris an tidsear, seallaibh air na criomagan a leanas gus am faic sibh cuid de na charactaran seo:

- [https://www.youtube.com/watch?v=RX2x\\_vK7E8g](https://www.youtube.com/watch?v=RX2x_vK7E8g) – Ran Dan – Flòraidh san Ospadal  
[https://www.youtube.com/watch?v=SuT\\_VI2J6Kw](https://www.youtube.com/watch?v=SuT_VI2J6Kw) – Am Prionnsa Teàrlach  
<https://www.youtube.com/watch?v=huyuIUBHjSQ> – Calanais  
<https://www.youtube.com/watch?v=jbBkqaDd0HE> – 'S Fheàrrde Duine Gàire

Ged is e sgeidsichean magaidh a th' anns na h-earrannan gu lèir, tha iad a' cleachdadadh samhlachadh a tha gu math aithnichte agus iad a dh'aona ghnothach airson agus gun seas cuid de fheartan a-mach. Ge-tà, tha an aon rud fior mu chleasachd sam bith. Tha thu ag iarraidh gun seas an charactar agad a-mach air sgàth nam feartan aca.

## Obair: Gnàth-iomhaigh

Seall air na dealbhan gu h-iosal. Obraich còmhla ri caraid, no leat fhèin.



1. Cò às a tha gach duine?
2. Ciamar a tha fios agad?
3. Ciamar a bhiodh fios agad gur ann às an àite sin a bha cuideigin mura biodh na rudan a dh'ainmich thu ann an Ceist 2? Smaoinich air guth is gluasad gu h-àraig.
4. Sgrìobh loidhne ghoirid do gach caractar (ann an Gàidhlig airson a' mhòr-chuid) agus feuch ris an loidhne a ràdh le blas no dualchainnt a chanadh tu a bhiodh aig a' charactar.

Tha samhlachadh neo 'gnàth-iomhaigh' (**Stereotype**) mar seo feumail airson caractaran a chruthachadh agus airson sealltainn dhuinn cho luath 's a tha sinn a' buileachadh ar beachd fhìn air gach neach a rèir coltas agus feartan a shaoileadh tu a bhiodh aca. Tha sinn math, mar shluagh, air a bhith a' suileachadh rudan bho dhiofar dhaoine, a rèir an dreuchd, an giùlain, an dòigh-labhairt no an dòigh-beatha. Tha sinn tric a' toirt inbhe do dhiofar dhaoine a rèir 's cò iad gun a bhith ro eòlach orra.

## Obair

Tha e furasta gnàth-iomhaigh a dhèanamh de chuid de dhaoine leis gun deach cleachdaidhean agus iomhaighean a cho-cheangal riutha thar bhliadhnaichean, an dà chuid ann an dràma agus anns an t-saoghal timcheall oirnn.

Tha cuid dhiubh sin sa chlàr seo. An urrainn dhut smaoineachadh air buidheann eile de dhaoine air am bheil gnàth-iomhaigh tric air a buileachadh?

<b>clann</b>	<b>balaich (deugairean)</b>
<b>nigheanan (deugairean)</b>	<b>bodaich</b>
<b>cailleachan</b>	<b>saighdearan</b>
<b>poilis</b>	<b>tidsearan</b>
<b>màthraighean</b>	<b>athraighean</b>
<b>gangstairean</b>	<b>cleasaichean</b>
<b>modailean</b>	<b>luchd-leantainn ball-coise</b>
<b>ministearan</b>	<b>luchd-gnothaich</b>
<b>dotairean</b>	<b>nursaichean</b>
<b>truaghain gun dachaigh</b>	<b>uaislean</b>
<b>luchd-turais</b>	<b>croitearan</b>





Tagh buidheann no dhà de dhaoine agus lìon an clàr gu h-ìosal cho math 's as urrainn dhut. Smaoinich air mar a bhios sinn a' dèanamh **gnàth-ìomhaigh** de na daoine seo.

Seòrsa caractar	Rud(an) a bhiodh aca	Rud(an) a dhèanadh iad	Rudan mun coltas	Rudan a chanadh iad
Poileas	Batan agus èideadh, glasan-làimhe	Ag ithe doughnuts, sràidearachd	Cruinn is slaodach	"Foxtrot, Alpha, Bravo" – "Hallò, hallò"

## Obair

Feumaidh gach sgoilear caractar eadar-dhealaichte a thaghadh a bhiodh furasta dhaibh a riochdachadh ann am balbh-chluich (cleasachd gun fhacail). Tagh neach bhon liosta gu h-àrd no smaoinich air caractar a bhiodh furasta a riochdachadh a thaobh gnàth-ìomhaigh aithnichte.

- Cruthaich sgeids ghoirid a tha a' tachairt aig roinn-èiginn ann an ospadal, aig fèis ann am pàirc, no air trèana.
- Cleachd sèithrichean a-mhàin no stuthan feumail a tha ri làimh airson an dealbh a chluich.
- Thig gach caractar a-steach mean air mhean agus, leis nach aithne dhaibh a chèile no nach eil iad coltach ri chèile, chan eil còmhradh eatarra.

Feumaidh iad dèanamh soilleir leis na rudan a nì iad dè an seòrsa dhaoine a tha iad a' cluich. An obraich càch a-mach cò iad bhon chleasachd aca? Feuch gun seas na feartan aca a-mach!

## INBHE

Tha inbhe ann an dràma ag innse dè cho cudromach no cho cumhachdail 's a tha cuideigin an tacà ri cuideigin eile aig màmaidean sònraichte.

Nam biodh 10 a' ciallachadh gun robh urram no cumhachd mhòr aig cuideigin sa chluiche agus 1 a' ciallachadh gun robh an neach sin air bheag sùim, ciamar a lìonadh tu an còrr den chlàr gu hìosal le bhith a' cleachdadhl gnàth-iomhaighean?

- 10 - rìgh/banrigh  
9 - luchd-poilitigs  
8 - luchd-lagha  
7 -  
6 -  
5 - tidsearan/nursaichean  
4 -  
3 -  
2 -  
1 - murtar borb sa phriosan air binn-beatha


Càit an cuireadh tu na daoine a leanas air clàr inbhe?

- clann
- truaghain bhochda gun dachaigh no obair
- manaidsearan agus ceannardan
- eòlaichean is rionnagan
- luchd-ciùird is luchd-frithealaidh

Ge-tà, le dràma, glè thric gluaisidh inbhe nan caractaran suas is sìos tron phios dràma, a rèir 's dè cho làidir no cho buadhdmhor 's a bha iad anns gach sealladh. Is e seo a tha a' dèanamh charactaran tarraingeach agus inntinneach dhuiinn, nuair a thig atharrachadh annta. Bu chòir don luchd-amais ceangal a dhèanamh ris a' charactar sa chiad dol-a-mach, ach bu chòir an dàimh eadar an charactar agus an luchd-amais fàs mar as mothà de eòlas a chuireas iad air a' charactar – càirdeas, an dà chuid math is dona. Bu chòir don luchd-amais a bhith ag iarraidh faighinn a-mach dè thachras dhaibh is ùidh a bhith aca san leasachadh aca.

Tha e uaireannan feumail tomhas mar a bhios inbhe charactar a' tuiteam is ag èirigh tro phios dràma no a rèir càirdeas/còmhstri ri charactar eile aig amannan sònraichte.

Feuch fhèin clàr a chumail, mar a chithear gu hìosal. Tagh dà charactar ann am pìos dràma sam bith agus dèan tomhas air mar a bhios an inbhe aca a' tuiteam is ag èirigh.



## Obair: Sgriobt Inbhe

Leugh an sgriobt a tha anns na stuthan-taic (**#10 Sgriobt: Mèirle**).

Sa chiad oidhirp, bu chòir **A** àòiseachadh le inbhe ìosal is crìochnachadh le inbhe àrd. Bu chòir **B** àòiseachadh le inbhe àrd agus crìochnachadh le inbhe ìosal.

Feuch a-rithist e ach le **A** a' àòiseachadh le inbhe àrd is a' fàs ìosal, agus **B** a' àòiseachadh le inbhe ìosal is a' fàs àrd.

## Obair

**Mar chlas, coimheadaidh sibh an dràma Gàidhlig, Gruth is Uachdar – no pìosan dheth co-dhiù.**

Smaoinich air na diofar charactaran a nochd san t-sreath seo.

- Tagh eadar 5-10 charactaran agus mìnich an seòrsa inbhe a th' aca mar charactar san dràma.
- A bheil an ìre inbhe a th' aca a' maireachdann gu deireadh an dràma?
- Beachdaich air aon charactar a chaill inbhe agus aon charactar a choisinn barrachd inbhe mar a chaidh an dràma air adhart.
- Cleachd clàr inbhe nan charactaran, a' plotadh nam priomh amannan far a bheil atharrachadh a' tighinn air charactar sònraichte a thaobh inbhe.

## Obair: A' cruthachadh le inbhe

Seall air a' bhedio, SSD 2013 : <https://www.youtube.com/watch?v=zypkV05mPS0>. Chithear deagh eisimpleir de dh' inbhe ag atharrachadh sa bhedio.

Le caraid, feuch ri sgeids a chruthachadh a' cleachdad aonan dhe na suidheachaidhean bho (**#11 Suidheachadh**).

Òcaidich — dèan cluich gun ullachadh — airson mu dhà mhionaid.

Bidh aon neach a' riochdachadh inbhe àrd agus an neach eile, inbhe nas ìse. Feumaidh gluasad inbhe a bhith ann eadar na charactaran anns gach sgeids le bhith a' cur mòmaid shònraichte no cothrom tionndaidh ann bho inbhe àrd gu inbhe ìosal no bho inbhe ìosal gu inbhe àrd.

Seallaibh cuid de na pìosan agaibh don chlas.



# SUIDHEACHADH CARACTAR

## Obair

Coimhead air na seallaidean anns na dealbhan gu h-iosal. Beachdaich air dè tha a' dol air adhart anns gach dealbh. Cò na caractaran a tha ann agus dè tha gam fàgail anns an àite seo? Cruthaich beachd stòiridh timcheall air aon charactar san t-sealladh. Nì an tidsear eisimpleir còmhla ris a' chlas.

- Smaoinich. Cò tha anns an dealbh? Càit a bheil iad? Carson a tha iad ann?
- Cuir builgean còmhraidih no smuain ri caractar ann an aon dealbh.
- Lorg cuideigin sa chlas a cleachd an aon dealbh agus cuiribh ur beachdan ri chèile gus an sealladh a thoirt beò a' cleachdadadh a dhà no trì caractaran a-mhàin.
- Cleachd gluasad inbhe airson an sgeidse a chruthachadh.



## GUTH

Tha **guth** caractar na ionnsramaid air leth feumail ann an dràma.

Is iomadh rud as urrainn cleasaiche a dhèanamh len guth gus pìos a thaisbeanadh dhuinn ann an dòigh a tha freagarrach.

Nuair a choimheadas sinn air dràma, chan eil e ro dhoirbh cuid de na cleachdaidhean guth a leanas fhaicinn no a chluinntinn:

- Blas (*ag innse cò às a tha cuideigin no dè an seòrsa neach a th' annta, leithid rìoghail*)
- Dualchainnt (*ag innse barrachd mun charactar leithid dè an sgìre às a bheil iad — can Leòdhas no Siorrachd Obar Dheathain*)
- Astar (*cho luath no slaodach is a bhios tu a' bruidhinn*)
- Guth àrd/beag (*guth le cumhachd a chluinneas tu gu làidir no guth beag socair, iosal*)
- Soilleireachd (*mar a bhios tu a' fuaimneachadh gach facal*)
- Cuideam (*far an cuir thu cuideam air faclan/abairtean sònraichte*)
- Gleus (*guth a tha binn no guth a tha domhainn*)
- Mòmaid/stad (*far an tig stad nad chainnt*)
- Modh-labhairt/-cànanin (*an dòigh sam bi thu a' bruidhinn is an cànan a chleachdas tu ann an suidheachadh sònraichte*)
- Fileantachd (*cho math is a chleachdas tu cànan, structaran is gnàthasan-cainnte*)
- Siùblachas (*cho sgiobalta is a bhios tu a' bruidhinn*)
- Pongalachd – (*cho soilleir is a tha an rud a thu a' cur an cèill*)
- Deas-bhriathrach – (*cho math is a chleachdas tu cànan*)
- Tòna (*faireachdainn a chluinneas tu ann an guth*)

Tha **dualchainnt** gu h-àraidh cudromach ann an Gàidhlig agus tha diofar mòr eadar blas (a dh'innseas mar as trice cò an sgìre às a bheil cuideigin) agus dualchainnt (na faclan sònraichte a tha neach a' cleachdadadh).

Cluichidh an tidsear eisimpleir no dhà don chlas de dhaoine bho dhiofar sgìrean a' bruidhinn Gàidhlig. An obraich thu a-mach cò às a tha iad?

Smaoinich air Cockney bho thaobh an ear Lunnaid mar eisimpleir an taca ri mar a bhios a' Bhanrigh fhèin a' bruidhinn, no an dòigh sam bi gangstairean à New York a' bruidhinn. Innsidh blas is dualchainnt barrachd dhuinn mun charactar.

### Obair: Dualchainnt

a. Cuir sgeidse ri chèile a' cleachdadadh diofar dhualchainntean Gàidhlig.

No...

b. Cuir sgeidse ri chèile a' cleachdadadh diofar bhlasan is dhualchainntean às àiteachan eile ACH a' bruidhinn Gàidhlig (mar eisimpleir, Sìonach, Eadailteach agus Ameireaganach no Leòdhasach, cuideigin à Glaschu agus gangstair às a' Bronx ann an NY).

## Obair

### Blas is dualchainnt

Chaidh dualchainntean is blasan a chur gu deagh fheum ann an dràma na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean agus chuala sinn fiù 's Gaìdhlig bho Eadailteach anns an dealbh-chluich *Shrapnel* bho chionn ghoirid.

Cùm cluas ri claisneachd airson tuilleadh anns na h-earrannan bhidio a leanas:

Shrapnel:

- <https://vimeo.com/144522809> (ag ullachadh)
- [https://www.youtube.com/watch?v=\\_cqPiSMYBYQ](https://www.youtube.com/watch?v=_cqPiSMYBYQ) (a' tàladh)
- <https://vimeo.com/231356356> (a' cluich)

## Obair

### Cleasan Gutha

Mar chlas, bruidhnibh air mar a tha guthan air an cleachdadh anns na pìosan a leanas airson dràma a thoirt beò.

**SSD2011:** <https://www.youtube.com/watch?v=IIQOKo4v70U>

**SSD2013:** <https://www.youtube.com/watch?v=9y1JlivMLmM>

Seall air an fhilm aig Ros MacCoinnich, *An t-Sireadh*.

**An t-Sireadh le Ros MacCoinnich:** <https://vimeo.com/262802239>

Tha guth air a chur gu deagh fheum san aithris agus tha e soilleir gun deach smaoineachadh air a seo ann a bhith a' cur an fhilm ri chèile. Tha Ros a' cleachdadh guth aithriseach an seo leis gu bheil e a' freagairt air an t-seòrsa dràma a th' ann (a thaobh cruth is gnè). Tha e freagarrach agus tha e a' cur ris a' phìos.

A bharrachd air a sin, tha modh-cànan, guth beag agus mòmaid/stad air an cur gu deagh fheum.

### Obair: Faireachdainn nad ghuth

Feuch ris na loidhnichean a leanas a ràdh ach a rèir an stiùiridh às an dèidh:

*"Chan eil mi airson bruidhinn mu dheidhinn"* (Crosta/tùrsach)

*"Bha e cho math d' fhaicinn"* (Magadh/dha-rìribh)

*"Thusa?!"* (iongnadh/gàirdeachas)

Chithear, le bhith ag atharrachadh tòna no àirde do ghuth air neo le bhith a' cur cuideam air diofar fhacail, gu bheil e comasach rudeigin cudromach innse mu bhrìgh, sunnd no atmosfir a' phìos led ghuth.

## Obair: Sgriobt

Feuchaibh na sgriobtan anns na stuthan-taic (#12 gu #14). Cuiribh 4 dhe na sgilean guth gu hìosal gu feum agus seallaibh don chlas iad nuair a tha sibh deiseil.

- blas is dualchainnt
- astar
- àirde guth
- soilleireachd
- cuideam
- gleus
- mòmaid/stad
- siùblachas
- fileantachd
- modh-cànan

Feuchaibh na faclan agus na fuaimean a leanas airson ur guthan a bhlàthachadh. Tha tàrr fuaiméalais annta. Feuchaibh gun cluinn daoine e!

- ÀHHHHHHH!
- SSSSSSS! [Mar nathair]
- ÙÙÙÙÙÙÙÙ! [Mar thaibhs.]
- OCH!
- IIISST!
- BÙÙÙÙÙÙÙÙÙÙÙÙ!
- STAAAAAAAAD!
- HAHAHAHA!
- Ò!
- NÌ-NÒ, NÌ-NÒ, NÌ-NÒ
- OT! [Tàmailt]
- BU!
- OBH, OBH!
- HOIDH!
- EH?

## Obair

Seall air na faireachdainnean gu hìosal agus smaoinich air an dòigh as cumhachdaiche as urrainn dhut gus gach faireachdann a shealltainn nad ghuth mar chleasaiche: sgriobh gach facal ri taobh loidhnichean iomchaidh bho sgriobt sam bith anns na stuthan-taic (#12 gu #18).

- gaolach
- iomagaineach
- tàmailt
- faothachadh
- eudach
- fuath/gamhlas
- moit
- mì-chinnteach
- farmadach
- iongnadh

## SFX led ghuth

Tha sinn uile math air fuaimean a dhèanamh le ar beòil agus, ann an dràma, tha àite cudromach aig ar guth.

Mar chlas, agus le ur beòil/cuirp a-mhàin, feuchaibh (còmhla) ri na fuaimean a leanas a dhèanamh nuair a dh'iarra an tidsear oirbh.

1. stoirm mhòr
2. a' choill'-uisge
3. A&E san ospadal
4. cait is coin a' sabaid
5. latha ciùin aig muir

A-nise, leis gu bheil ur guthan air am blàthachadh, feuchaibh cuid de na h-eacarsaichean a leanas:

## Obair

Cuiribh fuaim don stòiridh gu h-ìosal.

Bidh aon neach ga leughadh a-mach agus an còrr a' cruthachadh nam fuaimean – dòigh sam bith as urrainn dhuibh gun teicneòlas!

Leughaibh an stòiridh an toiseach agus beachdaichibh air na faclan a bhios a' riochdachadh fuaim. Comharrachibh iad le loidhne fòdhpa, dath, no nota os an cionn airson gun cuimhnich sibh – rud a bhiodh aig riochdaire ri dhèanamh airson SFX ceart!

Cuimhnichibh na fuaimean a chumail a' dol, ma tha sin iomchaidh, agus dh'fhaodadh aon neach Seonaidh a-mhàin a chluich/fhuaimneachadh.

B' e oidhche dhorcha, stoirm eil a bh' ann. Bha an dìle bhàthte ann, le tàirneanaich a' brùchdail agus dealanaich a' boillsgeadh. Mar a b' fhaisge air an t-seann taigh a ghabh Seonaidh, b' ann a bu luaithe buille a chridhe.

Dh'fhosgail Seonaidh an geata agus ghabh e ceum air a' ghreabhal a bha a' dol suas gu doras taighe a bha sean is air caitheamh. Phut e an doras, ga chluinntinn a' diosgail is a' sgàineadh fhad 's a bha e a' fosgladh. Ghabh e ceum a-steach don trannsa, a chas-cheum na mhac-talla gu mullach an rùm anns an t-seòmar àrd. Gu h-obann, thàinig brag mòr. Ghlac Seonaidh anail is an t-eagal air. Lìon an trannsa le fuaimean rògach. Chuala Seonaidh an sgreuch a b' eagalaiche. Thàinig sàmhchair às a dhèidh.

## Obair

Sgrìobh fhèin pìos goirid mar a leugh thu san obair mu dheireadh far a bheil tòrr chothroman fuaimean agus atmosfir a chruthachadh. Feumaidh e bhith gu math soilleir no mionaideach dè an seòrsa fuaim a tha thu ag iarraidh.

Gheibhear pìosan sgrìobhaidh gu math dealbhach le bhith a' smaoineachadh san dòigh seo. Mar eisimpleir, an àite cantainn gun robh e gaothach, feuch ri sin atharrachadh gu rudeigin leithid, "bha a' ghèile a' crathadh nam ballachan agus a' ghaoth a' reubadh gach duilleag a bha air fhàgail air na craobhan a-muigh."

**Feuch ri cuid de na fuaimean a leanas a chruthachadh sa phìos a sgrìobhas tu, no cleachd iad mar bheachd gus d' fhaighinn gu dol:**  
**(Clàraich na fuaimean ma dh'fheumas tu an cleachdadh turas no dhà).**


- **Cat**
- **Itealan**
- **Trèan**
- **Motar-baic**
- **Sluisreadh na mara**
- **Cloc**
- **Bragadaich bhon teine**
- **Loidhne fòn bhriste**
- **Glainne a' sgàineadh**
- **Speach**
- **Clag**
- **Boinneagan uisge a' tuiteam**
- **Starrag/feannag**
- **Poit le brochan a' goil**

## GLUASAD

Tha gluasad a' toirt dràma beò agus tha iomadh modh cleasachd as urrainn dhuinn a chur gu feum ann an dràma.

'S iad na dòighean seo as cumanta:

- Coraidhografaidh (*a' cur ri chèile sreach de għluasadan leithid strì no dannsa*)
- Balbh-chluich (*cleasachd gun ghuth no stuthan agus a' toirt a chreidsinn tro għluasadan*)
- Dealbh reòthte (*cleasaichean a' tarrāing dealbh gun għluasad no a' stad fuar san spot mar īomhaigh chruaidh – 'frèam reòthte' air sgrion*)
- Tableau (*sreach de dhealbhan reòthte sam bi cuirp a-mhàin gan cleachdadħ airson dealbh a tharraing*)
- Conaltradħ-bodhaig (*cleachdaidhean bodhaig ag innse dhuinn mu fhaireachdainn caractar, ar bodhaig ag innse rudeigin mus can sinn dad*)
- Fiamh-gnùis (*an coltas air d' aodann is na dh'innseas e dhuinn*)
- Modħan-bodhaig (*gluasadan is gniomhan beaga a nì daoine a sheallas faireachdainn no na tha caractar a' smaoineachadh, lethid smèideadh no beireachdainn air làimh*)
- Gnàthasach/neo-ghnàthasach (*cho nàdarra/mì-nàdarra 's a tha an gluasad*)
- A rèir stoidhle (*gluasadan a fhreagrath air stoidhle iomchaidh leithid caismeachd no modail air àrd-ùrlar*)
- Glacadh-sùla (*mar a bhios caractaran a' glacadh aire is sùil a chèile, sùil ri sùil, is na dh'innseas e dhuinn*)
- Giùlan (*mar a bhios caractaran gan giùlan fhèin nam bodhaig timcheall air caractaran eile no leotha fhèin; innsidh e mu mhodh no sunnd a' charactar*)
- Seasamh (*an dòigh sam bi an caractar a' seasamh gun għluasad agus na dh'innseas e dhuinn*)
- Balans (*cho dìreach 's a tha iad a' gluasad agus adhbhar a bhith cugallach*)
- Astar (*cho luath 's a tha an caractar a' gluasad aig diofar amannan agus na dh'innseas sin dhuinn*)
- Timeachadh (*caractar a' gluasad/a' nochdadħ aig an àm cheart rè na tha a' tachairt no tha iomchaidh*)
- Cleachdadħ irean (*caractaran a' seasamh aig diofar àirdean san dealbh le bhith a' cleachdadħ am bodhaigean*)
- Cleachdadħ an raon-cleasachd (*mar a nì an cleasaiche feum den t-sealladh agus den t-seat no den raon-cleasachd le bhith a' gluasad*)
- Suidheachadh (*far am bi caractaran air an suidheachadh aig diofar amannan sa chluich, am measg chàich*)
- Cleachdaidhean is modħan pearsa (*rudan beaga a nì caractar a tha pearsanta no na chleachdadħ, leithid criomadh īnean no an dòigh sam bi iad a' coiseachd*)
- Ruitheam (*ruitheam sa għluasad airson adhbhar, leithid a bhith ag obrachadħ ri ruitheam fuinn no pàtran gluasaid*)
- Beantainn chorporra (*mar a bhios dà charactar a' beantainn ri chèile gu fiosaigeach*)
- Coimeas (*gluasadan caractar a tha coltach no eu-coltach ri caractar eile*).



## CORAIDHOGRAFAIDH

### Obair: Cleasan Bodhaig

Seall air a' chriomaig a leanas airson beachd fhaighinn air mar a chleachdas diofar dhaoine gluasadan dealbhach gus iomhaigh buadhmhor a chruthachadh.

- Sgioba ball-coise ann an Innis Tile  
<https://www.youtube.com/watch?v=NHpAYlas7IA>

Chaidh gu leòr de na dòighean airson gluasad san liosta gu h-àrd a chleachdad anns a' bhidio sin. Beachdaich air an fheadhainn a dh'aithnich thu.

### Obair: Aon, Dhà, Strì

Mar chlas, coimheadaibh air na bhidiothan stiùiridh seo còmhla ris an tidsear:

<https://www.youtube.com/watch?v=XCXO0dSBLLU>

<https://www.youtube.com/watch?v=BwMLs3sek6Q>

Cleachd an àd bhidio a leanas air YouTube gus ionnsachadh mar a nì sibh beagan sabaid dhràmadach.

Buille: <https://www.youtube.com/watch?v=0jWVbEQpA0E>

Sgleog: <https://www.youtube.com/watch?v=XY24sMifqzo>



**CUIMHNICH!** Le sabaid dhràmadach feumaidh conaltradh soilleir agus giùlan faiceallach a bhith air an cleachdad. Chan eil e ceadaichte duine sam bith a ghoirteachadh. Is e sgil a th' ann air am bu chòir cleasaichean a bhith ag ullachadh gu mionnaideach mus gabh iad pàirt ann an strì no sabaid dhràmadach sam bith.

### Obair

Feuchaibh air cuid de na sgriobtan bho na stuthan-taic (**#19 Sgriobt Strì gu #23 Sgriobt Strì**) a tha a' tighinn gu àirde le strì air choreigin:

- Cleachdaibh cuid de na rudan a thog sibh bho na bhidiothan.
- Cuiribh stiùireadh gluasaid ris an earrainn a tha sibh a' cleachdad gus an cluich sibh e ann an dòigh tharraingeach, air neo cuiribh crìoch air na sgriobtan le dealbh-reòthte aig an deireadh (seach an t-sabaid fhèin) airson an t-strì a tha a' dol a thiginn a dhèanamh soilleir.

## BALBH-CHLUICH

Gheibhear deagh eisimpleir de bhalbh-chluich air na bhidiothan a leanas. Coimheadaibh aon no dhà mar chlas.

1. **Charlie Chaplin:** <https://www.youtube.com/watch?v=Z7-QdoofMq8>
  2. **A' sàbhaladh uisge:** [https://www.youtube.com/watch?v=2hCnc\\_5n5CE](https://www.youtube.com/watch?v=2hCnc_5n5CE)
  3. **Maidhm: Math is Olc:** <https://www.youtube.com/watch?v=QHy1zMKfbmY>
- Mar chlas, mìnichibh coltas nan cleasaichean. Smaoinichibh air fiamh-gnùis, sgeadachadh is stuthan.

Beachdaichibh air mar a bhios iad a' gluasad is a' cleachdad am bodhaig (le eisimpleir bho gach teacsa).

Seall air a' bhidio de chleasaichean sràide a chithear ann an àiteachan leithid aig Fèis Dhùn Èideann agus air sràidean anns an Ròinn Eòrpa, far am bi mòran luchd-turais. Obraich còmhla ri caraid agus feuchaibh ri ìomhaigh mar seo a chruthachadh.

[https://www.youtube.com/watch?v=rY8Cby0r\\_Xg](https://www.youtube.com/watch?v=rY8Cby0r_Xg)

Chithear gu bheil na h-ìomhaighean a' gluasad glè bheag, ach ag atharrachadh an giùlan no an coltas gach uair a ghluaiseas iad gu dealbh reòthte ùr. Gluaisidh cuid aca aig mòmaidean a rèir an luchd-amais a tha a' tighinn faisg orra air neo ma bheir iad dhaibh airgead. Tha feadhainn eile a' cleachdad fuaim cuideachd eadar gach gluasad.

## Obair: Cruthaich film gun fhuaim

Gheibh sibh lorg air ceòl airson fhilmichean gun fhuaim air YouTube agus air làraich eile. Lorgaibh rudeigin a tha a' cordadh ribh mar bhuidheann. Cleachdaibh na seallaidean a leanas mar bheachd dhuibh airson sgeids a chruthachadh.

Sealladh:

- aig taigh-bìdh (le droch aoighean no droch fhrithealadh)
- aig an fhiacclair (le droch euslainteach no droch fhiacclair)
- a' coiseachd air ròpa
- neach a' coiseachd len làmhan ceangailte air an cùl, gu deireadh planca fiodha far an leum/tuit iad gu am bàs... mu dheireadh thall.

## Ceòl feumail:

<https://www.youtube.com/watch?v=lpQCVVOlxfl>  
[https://www.youtube.com/watch?v=zlrEt6N\\_3OQ](https://www.youtube.com/watch?v=zlrEt6N_3OQ)  
<https://www.youtube.com/watch?v=94k55PJRjpA>  
[https://www.youtube.com/watch?v=G5S\\_a\\_DIM8](https://www.youtube.com/watch?v=G5S_a_DIM8)

Air neo...

**Aig taigh-òsta ann an tìr chèin:** Chan eil an neach-fàilteachaidh a' tuigsinn Gàidhlig no Beurla. Nuair a thèid na h-aoighean dhan rùm aca, gheibh iad leabhar fàilteachaidh. Na bhroinn tha liosta de dhiofar rudan a tha a' dol ceàrr orra san rùm agus a dh'fheumas iad a mhìneachadh don neach aig fàilteachas. (Cha bhi fhios aig an neach-fhàilteachaidh mun liosta). Gach turas a thig iad a-nuas le gearan, feuchaidh an neach-fàilteachaidh ri obrachadh a-mach dè an gearan a th' aca. Ma nì iad e, bidh gnothaichean rèidh oir curidh iad ceart e. Mura dèan, gheibh na h-aoighean £10 air ais airson gach rud nach do chuidich an neach-fàilteachaidh leis san ùine a bha aca na diofar rudan a chluich. Chosg an rùm £100. Bidh deich gearanan ann agus deich mionaid. Cosgaidh gach gearan £10 don taigh-òsta mura h-obraich iad a-mach dè an gearan a th' aig na h-aoighean taobh a-staigh mionaid.

## DEALBH REÒTHTÉ AGUS TABLEAU

Le **dealbh no frèam reòthte**, chithear ìomhaigh làidir de na tha a' tachairt ann am pìos dràma sam bith.

Uaireannan thèid a chleachdadh ann an dràma gus aire a chur air aon charactar no suidheachadh. Tha e feumail cuideachd airson **monolog** a chur ann am pìos le aon charactar ag aithris ris an luchd-amais fhad 's a tha càch reòthte. Tha **fòram tèatair** ga chleachdadh cuideachd le bhith a' stad dràma aig diofar mhòmaidean (can aig àirde) agus tha e an urra ris an luchd-amais dè an ath rud a thachras no a thèid a ràdh. Bidh an luchd-amais gu mòr mar phàirt den t-seòrsa dràma sin a chithear ann am fòram.

### Obair: Cruthaich dealbh reòthte le diofar ìrean

Feuchaibh ri na seallaidhean a leanas a chruthachadh ann an dealbh reòthte a' cleachdad an stiùiridh.

Feumaidh sibh diofar **ìrean** a chleachdadh agus feumaidh gach neach a bhith a' dèanamh rudeigin eadar-dhealaichte. Bu chòir dhuibh **stuthan** iomchaidh a chleachdad.

- sabaid mhòr ann an taigh-seinnse
- aig consairt roc
- anns na trainnsichean sa chogadh
- sgoilearan ann an clas leotha fhèin
- daoine a' dìreadh gu mullach beinn àrd
- meadhan a' bhaile air latha àbhaisteach

## TABLEAU

A' cruthachadh sreath de dhealbhan le ur bodhaig a-mhàin

### TABLEAU MATH

Bidh cleasaichean...

- a' fantainn reòthte/neo-bheò
- a' fuireach sàmhach agus gun ghluasad
- a' cluich/a' taisbeanadh le brìgh is sgoinn
- a' cumail aire dhaoine
- a' cleachdadadh diofar ìrean
- a' taghadh ìomhaigh ri chluich a sheallas tòna no atmosfir teacsa
- faiceallach mun suidheachadh fhèin san ìomhaigh shlàin.


Mar bhuidheann, feuchaibh ri cuid de na seallaidheann a leanas ath-chruthachadh le bhith a' cleachdadadh ur bodhaigean còmhla. Leanaibh an stiùireadh gu h-àrd gus deagh ìomhaigh a chruthachadh. Le tableau, bidh **suidheachadh** gach neach san dealbh cudromach cuideachd.

1. teine (am broinn taighe no a-muigh)
2. buidheann de luchd-leantainn a' faighinn faisg air rionnag mhòr aig tachartas foirmeil
3. iasgair air bàta
4. rùm mòr glaiste ann am prìosan, làn phrìosanaich

## FIAMH-GNÙIS AGUS GIÙLAN

### Obair: A' sealltainn faireachdainn led bhodhaig

Sgrìobh na faireachdainean no an sunnd a dh'fhaodadh gach dealbh gu h-ìosal a bhith a' riochdachadh.



Ciamar a shealladh tu na faireachdainean a leanas le do ghnùis agus le dòighean gluasaid? Tog dealbh no dhà den fheadhainn as fheàrr a tha gan riochdachadh sa chlas.

air bhioran	ìosal nad inntinn	fo eagal mòr
crosta	troimh-a-chèile	fo iomagain
ann an gaol	air do bheò-ghlacadh	le cridhe briste
toilichte	brònach	làn feirg
air do shàrachadh	air bhoil	teagmhach
searbh	air do mhaslachadh	deurach

### Obair: Fiamh-gnùis, Glacadh-sùla agus Giùlan

Tha thu a' coiseachd sìos an t-sràid is a' coinneachadh ri cuideigin as aithne dhut. Coisich seachad orra a' cleachdadadh an stiùiridh gu h-ìosal:

1. deagh charaid nach fhaca tu o chionn fhada
2. cuideigin a b' àbhaist a bhith na bhurraidh riut san sgoil
3. cuideigin mun cuala tu sgainneal mòr bho chionn ghoirid
4. cuideigin ainmeil air a bheil meas mòr agad
5. seann bhràmair a bhris do chridhe agus nach fhaca tu bhon uair sin
6. cuideigin ris nach eil thu ag iarraidh tachairt no am faicinn
7. an nàmhaid as mothà a th' agad
8. am fear/tè as bòidhche a chunnaic thu riamh is tu a' tuiteam ann an gaol leotha sa bhad.

## Obair

Bu chòir gach neach dhà no trì de na h-iomhaighean air an duilleig sna stuthan-taic (#24 **Cànan-bodhaig**) a thaghadh. Feuch ri na h-iomhaighean/faireachdainnean sin a chur an cèill ann am pòs dràma goirid còmhla ri caraid(ean) sa chlas. Dè tha thu an dùil a tha an iomhaigh a' riochdachadh? Cleachd an duilleag #25 **Coltas** gus beachd fhaighinn air na tha gach iomhaigh a' riochdachadh.

Mus tòisich sibh, seall air na h-iomhaighean a thagh sibh còmhla agus obraichibh a-mach sgeids a bhiodh freagarrach gus an cànan-bodhaig a thagh sibh a chleachdadadh gu lèir ann an dòigh a tha ciallach agus soilleir.



## Obair: Sgriobt

A' cleachdadadh cuid de na cleachdaidhean air an do sheall sin air Guth agus Gluasad, feuch a-nise na sgriobtan anns na stuthan-taic (#26 agus #27) a thoirt beò.

# Sealladh a Dhà: A' cruthachadh agus a' leasachadh


Tha sgilean dràma gu math sònraichte agus mionaideach rin sgrùdadhbh mus tèid againn air luach pìos dràma a thomhas, agus pìos luachmhor a chruthachadh dhuinn fhìn.

Le eisimpleirean de gach sgil agus puing ionnsachaidh, thèid agad air dràma a thuigsinn ann am barrachd doimhneachd, agus an tuigse sin a shealltainn le bhith ag aithneachadh agus a' cleachdadhbh cuid de na sgilean sin ann am pìos dràma.

Chithear bhon chlàr gu h-ìosal gu bheil an luchd-amais aig cridhe gach nì nuair a thig e gu dràma.

Chan urrainn dràma sam bith a bhith ann gun chuideigin a chì no a chluinneas e!

Tha seo fior mun h-uile pìos dràma a chunnaic thu fhèin a-riamh, eadar an dealbh-chluich a chunnaic thu mu dheireadh aig an taigh-dhealbh agus an argamaid a chuala tu eadar an dithis a bha siud air a' bhus – tha dràma gar cuartachadh uile fad na h-ùine nar beatha bho latha gu latha agus is ann bho na criomagan beaga dràma sin as urrainn dhuinn pìosan dràma ùra a chruthachadh.



## AN LUCHD-AMAISS

Is e luchd-amhairc, luchd-èisteachd is luchd-leughaidh a bhios sinn a' ciallachadh nuair a chleachdas sinn luchd-amais san aonad seo. Aig cridhe gach pìos dràma tha na daoine a bhios ag amharc air no ag èisteachd ris. Direach mar leabhar, chan eil feum sam bith ann gun neach no sluagh a leughas e. Tha an aon rud fior mu dhràma. Bu chòir cuimhneachadh gur ann don luchd-amais a tha an dràma agus bidh iomadh seòrsa dràma a' freagairt no ag amas air diofar dhaoine no luchd-amais. Bu chòir buaidh a bhith aig an dràma air an luchd-amais gus am bi neart agus feum ann.

Bidh dràma a' tarraing ùidh an luchd-amais tro bhith a' dèiligeadh ri cuspairean sònraichte, tro charactaran tarraingeach no le bhith a' cleachdadadh dòighean lìbhrigidh teicnigeach leithid cànan, guth, gluasad, solais, fuaim, sealladh is eile gus aire dhaoine a ghlacadh agus a chumail.

### Obair

Smaoinich air stòiridh/caractar/loidhnichean/suidheachadh bho fhear de na pìosan dràma telebhisein is film a leanas, agus mar a bhiodh iad tarraingeach do dhiofar dhaoine leithid an fheadhainn gu h-ìosal.

Eastenders	Màthraighean
Hollyoaks	Cailleachan
Inbetweeners	Deugairean
Harry Potter	Clann òg/pàistean
Frozen	Fireannaich meadhan-aoise

Chithear gun tèid aig dràma air diofar dhaoine a tharraing a rèir nan cuspairean/cùisean air a bheil iad a' bualadh.

Gus aire an luchd-amais a chumail, feumaidh dràma air an sgrion a bhith tarraingeach do dhiofar dhaoine airson diofar adhbharan. Tha deagh dhràma ag adhbhrachadh còmhradh às a dhèidh no ceistean fhad 's a tha e a' dol air adhart – a' ciallachadh gu bheil buaidh aige air an fheadhainn a chunnaic no a chuala e. Tha faireachdainn, beachd no gluasad air choreigin am measg an luchd-amais ma tha an dràma air a bhith buadhdmhor.

Bu chòir an luchd-amais a bhith mar lorgaire, agus ag obrachadh a-mach beag air bheag plota na sgeòil no cnag na cùise. Chan eil thu airson 's gum bi càil ro shoilleir agus bu chòir don luchd-amais a bhith a' fàs nas eòlaiche air gach caractar mar a thèid cùisean air adhart. Chan eil deagh dhràma a' taisbeanadh rudan mar a thachradh iad dha-rìribh ach ann an dòigh a tha annasach agus a-mach às an àbhaist no tarraingeach. Ged a bhios caractaran no suidheachaidhean ann ris a bheil sinn an dùil no air a bheil sinn eòlach, bu chòir rudan a chumail annasach agus caochlaideach gus aire dhaoine a chumail.

Feumaidh rudan tachairt ris nach biodh dùil gus aire a ghlacadh agus a chumail. Bu chòir dàimh, co-fhaireachdainn no càirdeas fàs eadar an luchd-amais agus na caractaran san stòiridh. Le sin, bidh ùidh aca san dòigh a leasaicheas caractar/cùisean.

An dèidh pìos dràma fhaicinn no airson pìos a chruthachadh thu fhèin, cuidichidh na ceistean a leanas le bhith a' beachdachadh air luchd-amais.

- Ciamar a tha am pìos ag iarraidh gum bi daoine a' faireachdainn?
- Dè tha am pìos ag iarraidh air daoine a dhèanamh?
- Dè tha e a' toirt air daoine smaoineachadh/ceasnachadh?
- Dè tha e a' teagasg/a' riochdachadh/a' ciallachadh?
- An gabh an caractar/na caractaran a chreidsinn?
- A bheil teachdaireachd fhalaichte air cùl a' phìos don luchd-amais? Ma tha, dè beachd an luchd-amais air a sin?



## **Obair: Sanasachd an aghaidh rud cudromach**

Cruthaich sanas an aghaidh rudeigin leithid smocadh no rudeigin faoin mar obair-dachaigh. Cuir ri chèile sanas air a shon anns a bheil thu a' feuchainn ri toirt air an luchd-amais taobh a ghabhail ris na tha thu ag ràdh.

### **Cleachd...**

- ceistean reatoraigeach
- sluagh-ghairm tarraingeach a thèid ath-aithris sa phìos airson gum bi e soilleir
- figearan no fiosrachadh is fianais
- mìneachadh air cò ris a bhios beatha coltach às aonais an rud
- ìomhaigheachd làidir gus an cron a tha an rud a' dèanamh a thaisbeanadh
- fuaimean agus ceòl gus tuilleadh fhaireachdainnean fhuasgladh no atmosfir a chruthachadh.

## **Obair: Neach-poilitigs – iomairt airson bhòtaichean an t-sluaigh**

Tha thu a' dol a chruthachadh partaidh poilitigeach ùr agus is tusa an neach os cionn a' phartaidh.

- Feumaidh tu òraid a chur ri chèile a nì thu don chlas mu na rudan a bhiodh anns a' mhanifesto agad.
- Faodaidh na molaidhean agad a bhith cho annasach 's a ghabhas.
- Feumaidh tu rudan a mholadh a ghìlacadh uidh agus aire an luchd-amais.
- Cleachd ceistean reatoraigeach agus fianais airson am manifesto agad a sgrìobhadh.

### **Air neo...**

Dèan bhidio airson a' phartaidh anns am bi na prìomh amasan air an togail agus air am mìneachadh.

Feumaidh a' bhidio agus am fiosrachadh sa bhidio a bhith feumail agus cumhachdach agus bu chòir dhut fhèin nochdadh sa bhidio mar cheannard a' phartaidh.

Cleachd na puingean seo airson do chuideachadh gus fiosrachadh iomchaidh a libhrigeadh dhan t-sluagh:

- ainm a' phartaidh (ag innse beagan mun t-seòrsa partaidh a th' ann)
- na prìomh rudan a tha ceàrr air an dùthaich mar a tha i
- na prìomh amasan a th' aig a' phartaidh
- mar a nì iad sin... (le bhòtaichean an t-sluaigh)
- sluagh-ghairm freagarrach cuideachd.

## **Obair: Creid thusa mise!**

Coimheadaibh air criomagan bhon phrògram Aibisidh agus chì sibh dòigh air *Would I lie to you?* a chluich sa Ghàidhlig. <https://www.bbc.co.uk/programmes/b01pw4rb/clips>

- Ann an dà bhuidheann, cruthaichibh liosta de fhaclan/abairtean annasach – cuid a tha dha-rìribh ann agus cuid a rinn sibh suas. Bu chòir mìneachadh a bhith agaibh airson gach facal/abairt a dh'innseas brìgh/ciall an rud.
- Tòisichidh a' chiad sgioba le bhith a' sealltainn facal/abairt don sgioba eile. Cuiridh an sgioba eile ceistean orra mun fhacal/abairt a thug iad seachad agus bu chòir a' chiad sgioba am freagairt cho mionaideach 's a ghabhas (a' dèanamh rudan suas ma dh'fheumas iad gus toirt a chreidsinn gur e facal/abairt dha-rìribh a th' ann).
- An dèidh beagan ùine de cheasnachadh agus mìneachadh feumaidh an sgioba a bha a' cur nan ceist innse a bheil iad a' creidsinn gur e facal/abairt a th' ann no nach eil.

## STOIDHLE, SEÒRSA IS GNÈ

### Stoidhle Dràma

Faodaidh sinn dràma a roinn ann an dà stoidhle: **gnàthasach/nàdarra** agus **neo-ghnàthasach/mì-nàdarra**.

San aon dòigh sa bheil stoidhle nobhailean air fhaicinn mar fhicsean agus neo-fhicsean, faodaidh dràma a bhith a' taisbeanadh rudeigin aithnichte no a ghabhas a chreidsinn agus sinn air bhoil gus an sgeulachd a leantainn. Tha sinn a' dol an sàs mar luchd-amais san dràma ma thèid againn air a chreidsinn agus ma tha ùidh againn anns na caractaran no anns na tha a' dol air adhart. Is e **dràma gnàthasach/nàdarra** a tha seo. Bidh buaidh aig dràma mar seo oirnn oir dùisgidh e faireachdainn no smuaintean pearsanta.

Bidh dràma **neo-ghnàthasach/mì-nàdarra** 's dòcha a' cleachdad dhòighean riochdachaidh agus modhan cleasachd gus rudeigin neo-ghnàthasach/mì-nàdarra a chur an cèill, leithid siubhal tro thìm mar a rinn Scrooge no le bhith a' cleachdad dealbh reòthte, balbh-chluich, gluasad mall no a' bruidhinn ris an luchd-amais mar eisimpleir. Tha rudan mar Pantomaim agus Comadaidh tric neo-ghnàthach leis nach eil ceangal no co-fhaireachdainn againn ris a' charactar san aon dòigh ri dràma gnàthasach, oir tha fhios againn gur e spòrs a th' ann. Is dòcha nach eil sinn a' creidsinn faireachdainn a' charactar no na tha a' tachairt.

Ge-tà, 's urrainn dràma den dà sheòrsa **fiorachas** no **os-fhìorachas** a chur an cèill no a chleachdad.

Mar chlas, agus le taic bhon tidsear, beachdaichibh air na piosan dràma a leanas.

A bheil iad **gnàthasach** no **neo-ghnàthasach**? A' cleachdad **fiorachas/os-fhìorachas**?

- Dà Latha san Dàmhair: <http://www.bbc.co.uk/programmes/b03c57hk/clips>
- Torcuil's Guide to Being a Gael: <http://www.bbc.co.uk/programmes/b04vf253/clips>
- Gaol @ Gael: <http://www.bbc.co.uk/programmes/b06dw7b9/clips>
- Briseadh na Cloiche, Trèilear: <https://vimeo.com/105548103>
- A bheil thu gam thuigsinn? FilmG: <https://www.youtube.com/watch?v=5T9hTOXpASE>
- An t-Sireadh FilmG: <https://vimeo.com/262802239> (Aoir)
- Taisbeanadh SSD: <https://www.youtube.com/watch?v=9y1JlivMLmM>
- Elvis: <https://www.youtube.com/watch?v=oeDSI1ixC5U>
- Comadaidh Òir: <https://www.youtube.com/watch?v=btg-aEPNiRg>  
<https://www.youtube.com/watch?v=9DVzY9ax72k>
- Gruth is Uachdar: <https://www.youtube.com/watch?v=BuboFXK-Vds>
- An Ceasnachadh: <https://www.youtube.com/watch?v=HNJgudcRi64>

## Seòrsa Dràma

### Cruth an Dràma

Bidh cruth ag innse dhuinn bun-stèidh pìos dràma agus mar a tha e air a chruthachadh. Mar eisimpleir:

- dealbh-chluich (le no gun sgriobt)  
(film no stèidse)
- balbh-chluich
- faoin-dhràma
- dràma ceòlmhor
- pantomaim/searchas
- dràma dannsaidh
- àbhachd/magadh/aoir
- dràma cunntasach/aithriseach
- monolog
- traidsseadaidh
- gluasad
- fòram

### Gnè Dràma

Gheibh sinn beachd bho ghnè teacsa, dè bhios e a' feuchainn ri dhealbhachadh. Bidh cleachdaidhean dràma agus stoidhle shònraichte tric co-cheangailte ris a' gnè. Tha iomadh gnè dràma ann, nam measg:

- romansach
- eagalach
- ficsean saidheansail
- gniomhach
- cogadh
- eachdraidh/cunntas-beatha
- aithriseach
- dràma greimeachaidh
- comadaidh/àbhachd
- fantasachd

**Dè an seòrsa cruth is gnè ris am biodh tu an dùil bho na leanas?**

### Dràma beò:

- dràma coimhlearsnachd
- dràma sràide
- ballet
- cleasaichean àbhachd/magaidh
- deasbad/luchd-poilitigs

### Dràma air a chlàradh:

- film mar *Seachd*
- siabann leithid *Machair* agus *Bannan*
- sreath sgeidsichean *Ran Dan/Torcuil/Dà latha san Dàmhair*
- sanasan TBh/rèidio
- dràma rèidio

## Obair: Faoin-dhràma

Glè thric, bidh na caractaran ann an dràma 'faoin' air an cruthachadh a thaobh gnàth-ionhaigh aithnichte. Bidh na feartan aig gach caractar air an dèanamh gu math follaiseach (ro fhollaiseach) dhuinn tro fhaoin-dhràma. Tha seo feumail oir tha e ag iarraidh oirnn a bhith tuilleadh is dràmadach san dòigh sa bheil sinn a' cluich diofar "sheòrsaichean" dhaoine.

Gu traideanta, bhiodh aig caractaran sònraichte ri nochdadhe ann am faoin-dhràma airson faoin-dhràma "ceart" a dhèanamh. Tha faoin-dhràma ga chleachdadh tric ann an cluiche leithid pantomaim, balbh-chluich, comadaidh, opara, siabann agus fantasachd no àibhiseachadh. Tachraidh an dràma timcheall air suidheachadh is daoine àbhaisteach. Gu traideanta, bhiodh iad a' gabhail àite ann an dachaigh chuideigin agus buaidh orra bho thrustair air choreigin bhon taobh a-muigh.

Chithear eisimpleir de seo sa bhidio a leanas:

[https://www.youtube.com/watch?v=YuBeBjqKSGQ&list=RDQMoqdRPlCrCQ&start\\_radio=1](https://www.youtube.com/watch?v=YuBeBjqKSGQ&list=RDQMoqdRPlCrCQ&start_radio=1)

### Gu traideanta, b' iad na priomh charactaran ann am faoin-dhràma:

1. an gaisgeach/laoch
2. an gàrlach/slaightear
3. a' bhana-ghaisgeach
4. am pàrant (suas ann am bliadhnaichean)
5. searbhannt don phàrant
6. am peasan/amadan a' bhaile

### Dè na feartan a bhiodh tu a' sùileachadh bho gach neach?

- a. olc, sanntach is grànda
- b. òg, brèagha is math
- c. duineil, eireachdail is uasal
- d. càirdeil, còir is neochiontach ach cho faoin ri na h-uiseagan
- e. draghail, aosta is eu-dòchasach

### Saoil cò aig a bhiodh na loidhnichean a leanas ann am faoin-dhràma?

Ceangail iad ri na caractaran a dh'ainmich sinn gu h-àrd.

"Tha do ruaig air fàire, a thrustair! Chan fhaigh thu às le leithid a-chaoidh. Ceartas!"

"Mo thruaighe 's mo lèireadh! Tha mo chridhe air a bhriseadh!"

"Ah ha hè! Tiugainn, a m' eudail, 's ann leamsa a tha thu a-nise. Leamsa!"

"Ò mo chagair bhig, dè idir a dh'èirich dhut?"

"Is bochd nach urrainn dhomh smaoineachadh air dòigh air a cuideachadh! Od, tha mo cheann na bhrochan, 's chan eil freagairt a' tighinn thugam..."

"Le ur cead, a mhaighstir. Tha coltas airtnealach ort. Nach tèid thu a laighe? Cuiridh mi gad iarraidh ma thig brath."

## Obair: Cruthaich faoin-dhràma

Smaoinich air feartan caractar agus an seòrsa nàdair a th' aig diofar dhaoine.

Airson dràma a dhèanamh inntinneach, feumaidh coimeas a bhith ann eadar na caractaran airson gnothaichean a chumail inntinneach. Smaoinich air gnàth-ìomhaigh is modhan a tha aig diofar sheòrsaichean dhaoine.

1. Cruthaich sgeidse agus feuch ri measgachadh de dhaoine le na feartan a leanas a chleachdad. Cleachd faoin-dhràma gus na feartan a dhèanamh soilleir.
2. Nuair a sheallas tu do chàch e, bu chòir dha bhith soilleir dè na feartan caractar a bha gach neach san sgeids a' riochdachadh.

diùid	suarach
gaisgeil	iarratach
beulach	an-fhoiseil
bragail	mì-fhoighidneach
uasal	nearbhasach
annasach	faiceallach
glic/comasach	leam-leat
leanabail	duineil
ceòlmhor	tinn

Gus faoin-dhràma a dhèanamh èifeachdach, cleachdaibh cuid de na molaidhean a leanas:  
Sa phlota chithear...

- math a' dèanamh na cùis air olc
- tòrr teannachaidh
- àirde aig deireadh gach seallaidh
- caractaran olc air am peanasachadh
- caractaran matha a' buannachadh (aig a' cheann thall)

Cleachdaidhean leithid...

- leth-taobh (a' bruidhinn gu dìreach ris an luchd-amais)
- cuideigin air an toirt am bruid
- còmhdaich meallta
- gluasad/frith-ghluasad agus giùlan sònraichte is gu math soilleir
- compàirteachas bhon luchd-amais
- tableau no reothadh dràmadach

## Obair

Uaireannan, gheibh sinn beachd bho thiotal pìos dràma, dè an seòrsa rud a bhios ann. Còmhla ri caraid, seall air na tiotalan a leanas. Dè an seòrsa is stoidhle dràma a th' annta?

- Hillbilly Hearach
- Lus nam Ban-sìthe
- Fon Choill
- An Rùn Diomhair
- Ceartas
- Air an Oir
- Bannan Briste
- Aghaidh a' Bhlàir
- An Nàmhaid
- Falaichte

Tagh aon tiotal agus dèan sanas airson am pìos dràma a thaisbeanadh. A bharrachd air a bhith ag innse beagan mun fhilm, dèan soilleir nad shanas dè an seòrsa dràma a th' ann a thaobh cruth is gnè agus inns beagan mun phlota airson daoine a thàladh thuige.

Dè an seòrsa dràma a th' anns na pìosan a leanas? Mìnich do bheachd air luchd-amais, cruth agus gnè gach diofar pìos.

1. *Nach Fuar am Poll*, le Chrisella Ross: <https://www.youtube.com/watch?v=L5W3yc7SLzs>
2. *An t-Sireadh*, le Ros MacCoinnich: <https://vimeo.com/262802239>
3. *Sealladh*: <https://www.youtube.com/watch?v=ez24X-6BzM0>
4. *'S fheàrrde duine gàire*: <https://www.youtube.com/watch?v=jbBkqaDd0HE>

## RAON-CLEASACHD IS SUIDHEACHADH


(lonad-cleasachd, an luchd-amais agus a' cruthachadh/a' cleachdadadh stuthan)

- Raon-cleasachd: Far am bi a' chluich a' tachairt no air a taisbeanadh
- Suidheachadh: Na seallaidean air an raon-cleasachd a' riochdachadh far a bheil an dràma a' tachairt.


### Diofar àiteachan cleasachd

#### Taigh-cluiche

Tha 4 dòighean air dràma a thaisbeanadh ann an taigh-cluiche:



*ann-an-cearcall*



*stobadh*

*tarsainn*

Seall mar a chleachd an Sgoil Shamhraidh Dràma "ann-an-cearcall" airson pìos dràma a thaisbeanadh an seo:

<https://www.youtube.com/watch?v=IIGQKo4v70U>

Coimhead air na dealbhan bhon dràma *Doras Dùinte*. Dè an seòrsa raon-cleasachd a chaidh a chleachdadadh san dà shuidheachadh seo?:

1. <https://vimeo.com/110616964>
2. <https://vimeo.com/62960210>

Ge-tè, dh'fhaodadh dràma a bhith air a shuidheachadh ann an àite sam bith. Tha seo gu h-àraid fior le dràma a tha air fhilmeadh ach chithear cuideachd cleasachd ga thaisbeanadh beò ann an àiteachan annasach, leithid dràma sràide agus air seann làraich no ann an togalach sònraichte leithid caisteal.

Chithear deagh eisimpleir den seo aig Fèis Dhun Èideann: [https://www.youtube.com/watch?v=\\_NRrl0bLQuc](https://www.youtube.com/watch?v=_NRrl0bLQuc)

### A' cleachdadadh àiteachan eile airson dràma a thaisbeanadh

#### Obair: SSD Oidhche Taisbeanaidh

Seall air na bhidiothan gu h-iosal leis an Sgoil Shamhraidh Dràma. Sgrìobh pìos mu na chunnaic thu a' mìneachadh an t-seòrsa dràma a th' ann agus mar a chleachd iad seat, sgeadachadh is raon-cleasachd airson an dràma a lìbhrigeadh.

Beachdaich an uair sin air na diofar dhòighean anns an do chleachd iad guth agus gluasad anns an taisbeanadh aca. Inns carson a tha thu a' smaoineachadh a tha na cleasan sin agus an seat freagarrach airson dràma den t-seòrsa seo.

Sgoil Shamhraidh, *Oidhche Taisbeanaidh*:

<https://www.youtube.com/watch?v=IIGQKo4v70U>

<https://www.youtube.com/watch?v=3JljsM7tUEg>

Sgoil Shamhraidh, *MacB*:

<https://www.youtube.com/watch?v=g1XEFxZrKp0>

## Suidheachadh agus Sealladh

Seallaidh an tidsear dhuibh *Na Faileasan le Iain Mac a' Ghobhainn no criomag bho Gruth is Uachdar no An Ceasnachadh.*

Smaoinich air na rudan a chì thu. Dè tha an sgeadachadh ag innse dhuinn?

Glè thric, innsidh sin dhuinn cuin a tha an dràma a' tachairt. Bidh sgeadachadh stèidse agus an sealladh ag innse dhuinn mun linn, an seòrsa charactaran a th' againn agus an seòrsa àite a th' ann. Dh'fhaodadh suidheachadh an dràma agus na diofar sheallaidhean innse dhuinn a bheil caractar(an) beairteach no bochd, fasanta no mi-fasanta, sgiobalta no mi-sgiobalta is tòrr eile. Chithear le stuthan seann-fasanta san àirneis no le dath an t-seallaidh gur e àm bho chionn fhada a tha an dràma a' riochdachadh, is dòcha.

## Obair

Seall air a' chlàr gu h-ìosal. Airson gach suidheachadh, sgrìobh beachd air 3 seallaidean a bhiodh freagarrach do gach suidheachadh. Bu chòir dha na seallaidean dèanamh soilleir dhuinn far a bheil an dràma suidhichte.

SUIDHEACHADH	SEALLADH
Aig àm a' chiad chogaidh, san Fhraing	
2099 san Eilean Sgitheanach	
San latha an-diugh ann an New York	

## Smaoinich air dràma Gàidhlig sam bith a chòrd riut.

Lìon an clàr gu h-ìosal, ag innse: suidheachadh an dràma, 3 seallaidhean san dràma a rinn an suidheachadh soilleir dhut, agus stuthan sam bith eile a chuidich gus an suidheachadh a dhèanamh soilleir dhut, leithid: guth, gluasad, solais, fuaim, sgeadachadh is eile.

Ainm an dràma:

SUIDHEACHADH	3 SEALLAIDHEAN	STUTHAN EILE

## Obair: A' chiad sealladh

Seall air na seallaidean anns na dealbhan gu h-iosal.

Beachdaich air suidheachadh a dh'fhaodadh iad a bhith a' riochdachadh agus smaoinich mu na puingean a leanas:

- Cuin a tha e a' tachairt?
- Càit a bheil e a' tachairt?
- Carson a tha sinn ann?
- Cò dh'fhaodadh nochdadh ann?
- Dè thachair/tha a' dol a thachairt ann?
- Ciamar a nì thu an suidheachadh soilleir bhon t-sealladh (anns an dealbh) seo a-mhàin?

Nam b' e seo a' chiad sealladh à film/pìos dràma, smaoinich mar a b' urrainn dhut a thòiseachadh, mean air mhean, gun charactaran fhaicinn.

Aig an toiseach, cha bu chòir a chluinntinn ach fuaimean ris am biodh tu an dùil bho na tha ri fhaicinn anns na dealbhan. Smaoinich an uair sin mar a b' urrainn dhut thòiseachadh air fuaimean dhaoine (chan e loidhnichean) a chur ann (beag air bheag) ged nach fhaic thu iad – rudan leithid gaireachdainn, rà nail, ùraid, coiseachd no feadaireachd. Mu dheireadh, cuir ann guth(an) caractar. Bidh an guth a' tighinn bho àiteigin san dealbh no air a chùl (mar suilean) ach (fhathast) chan fhaic sinn an caractar san dealbh.



## CUSPAIR, TÈAMA IS TEACHDAIREACHD

Seallaidh sinn air na cùisean agus na gnothaichean a tha cudromach ann am pìosan dràma.

Bidh **cuspair** a' freagairt na ceist le beagan fhacail. "Cò mu dheidhinn a tha am pìos?" (Faic an liosta gu h-ìosal)

Bidh **Tèama** a' freagairt na ceist, "Dè an dòigh sa bheil e a' coimhead air a' chuspair. Dè na beachdan, na smuaintean no na ceistean a tha e a' dùsgadh san luchd-amais?"

Tha an tàema ag innse a' phrìomh chuspair dhuinn agus mar a chaidh a chur an cèill no deìligeadh ris san dràma.

Le **teachdaireachd** faodaidh sinn beachdachadh air dè as adhbhar don phìos no na tha an dràma a' feuchainn ri toirt oirnn a chreidsinn, a smaoineachadh no a thuigsinn. Dè an co-dhùnadhan chun an tàinig an dràma mun chùis/chuspair no mun tàema a nochd ann?

Uaireannan bidh measgachadh de chuspairean a' nochdadhe ann am pìos dràma agus is dòcha gum bi barrachd is aon chuspair ag èirigh san tàema.

**Cuspairean** a tha tarraingeach do dhaoine:

- nàiseantachd
- gaol
- gràin
- miann airgid
- teaghlaich/cairdeas
- aonranachd
- bàs/breith
- ceartas/ana-ceartas
- cianalas
- strì/cogadh
- creideamh
- gràin-cinnidh
- math an aghaidh olc
- dioghaltas/mathanas
- conaltradh
- iobairt/inbhe
- cogadh
- fògradh
- fuadach
- fàs suas
- dualchas
- cumhachd
- dòchas/eu-dòchas
- bochdainn
- beairteas

Inns dè na cuspairean a tha a' nochdadhe anns na pìosan dràma a leanas.

Sealladh: <https://www.youtube.com/watch?v=ez24X-6BzM0>

Briste: <https://vimeo.com/manage/videos/262819176>

No

Tagh film sam bith air làrach FilmG agus, a bharrachd air a' chuspair a chaidh a chur romhpa air a' bhliadhna a bha sin, ainmich cuspairean eile a tha a' togail ceann san dràma air an do choimhead thu.

## Tèamaichean

Bidh dràma a' dèiligeadh ri cùisean sònraichte no connspaideach airson buaidh a thoirt air an luchd-amais. Bidh gnothaichean moralta no pearsanta a tha freagarrach air comann-sòisealta na linne (luchd-amais aig an àm) a' togail ceann ann am pìos dràma. Chan eil tèama no adhbhar a' phìos buileach soilleir bhon toiseach no ro thric air a ràdh ann am briathran – obraichidh an luchd-amais a-mach cò air a tha an teacsa a' feuchainn ri bualadh.

Tuigidh luchd-amais tèama le bhith a' cur dà rud còmhla – na rudan a thuig iad fhèin mun dràma, leithid nan cuspairean agus an tòna, agus fios a bhith aca air adhbhar no teachdaireachd a' phìos bho bhith a' toirt an aire san dràma dha na rudan a tha a' dèanamh an leithid soilleir dhuinn.

**Smaoinich air dè th' aig pìos dràma ri ràdh mu chuspair agus ciamar a tha e a' dèanamh sin follaiseach dhuinn. Mar eisimpleir:**

**Cuspair:** Gaol

**Tèama:** A' faighinn thairis air cridhe briste

**Teachdaireachd:** Goirt 's gu bheil e, fàsaidh e nas fheàrr is chan eil thu leat fhèin.

Dèan liosta de **chòig** cuspairean agus mìnich mar a ghabhadh tèama a dhèanamh às. Dèan seo san aon dòigh anns an deach dèiligeadh ris a' chuspair 'Gaoil' gu h-àrd. Tha eisimpleir no dhà eile sa chlàr a leanas cuideachd.

Beachdaich cuideachd air dè an seòrsa teachdaireachd a dh'fhaodadh a bhith aig cuspairean 2-4 (beàrnan x).

CUSPAIR(EAN)	TÈAMA	TEACHDAIREACHD?
1.Strì/còmhstri/ coltas/gnè	Strì inntinn air cuspair pearsanta	Tha daoine gad chluinntinn! Is tha e ceart gu leòr.
2.Traidisean/dòighean ùra	A' dol an aghaidh na thathar an dùil bhuat	x
3.Càirdeas/gaol	A' lorg gaol anns an àite mu dheireadh ris am biodh tu an dùil	x
4. Bàs/ciont	A' dèiligeadh ri ciont mu bhàs	x
5.		
6.		
7.		
8.		
9.		

## Obair

Cleachd dràma sam bith a bhios tu fhèin a' coimhead no a chunnnaic thu bho chionn ghoirid. Beachdaich air na cuspairean agus air na tèamaichean san dràma. Mìnich mar a tha iad air an làimhseachadh sa phìos.

Sgrìobh, le iomradh air an teacsa, mar a tha an tèama air a dhèanamh soilleir dhut tron dràma.

AINM AN DRÀMA	CUSPAIREAN AGUS TÈAMAICHEAN	GEÀRR-CHUNNTAS AIR MAR A THA AN DRÀMA A' DÈILIGEADH RI NA CUSPAIREAN AGUS NA TÈAMAICHEAN SEO.

## Teachdaireachd

Airson teachdaireachd obrachadh a-mach, feumaidh sinn ceistean a chur oirnn fhèin mu na cùisean, na cuspairean agus na tèamaichean a tha a' nochdadheanns a' phìos agus mar a chaidh dèiligeadh riutha. Bidh beachd-smuain air choreigin air cùl gach pìos agus nuair a dh'obraicheas sinn a-mach na tha am pìos a' feuchainn ri ràdh, no cnag na cùise, thig an teachdaireachd am follais.

Còmhla ris an tidsear, smaoinichibh air teachdaireachd an fhilm a leanas:

### **Sin an Rud a bu Mhiann Leam le Bruce Carmichael**

<https://vimeo.com/84595570>

**Obair: Cleachd seann abairt mar bheachd-smuain airson dràma a bhrosnachadh.**

Tha seanfhacail uabhasach math mar bheachd air teachdaireachd aotrom airson pìos dràma.

Bu chòir fòcas a bhith air mar a tha cnag na cùise a' nochdadheanns beag air bheag agus bu chòir an luchd-amais a bhith a' ceasnachadh/a' beachdachadh air rudan fad na tide gus an aire a chumail. Dh'fhaodadh na cluicheadairean feuchainn ris an rud (teachdaireachd) a chleith cho fad 's as urrainn dhaibh gu faisg air deireadh a' phìos gus an dràma a dhèanamh tarraingeach agus gus àirde a thogail.

Cha tig às a' phoit ach an toit a thèid innte.

Am fear a ghleidheas a theanga, gleidhidh e a charaid.

Cha tig an aois leatha fhèin.

An car a th' anns an t-seann mhaide, is duilich a thoirt às.

An làmh a bheir, 's i a gheibh.

Cha do dhùin doras nach do dh'fhosgail doras.

Cha b' e a cheannach a rinn e.

Mar a chì na big, nì na big.

Cha bhi meas air uisge an tobair gus an tiormaich e.

## PLOTA AGUS STRUCTAR

Airson dràma a chumail tarraingeach don luchd-amais, **feumaidh am plota a bhith làidir.**

Bu chòir dhuinn smaoineachadh air prìomh chuspairean agus tèamaichean ann am pìos dràma gus plota a mhìneachadh no a chur ri chèile.

Nuair a tha sinn a' beachdachadh air plota, feumaidh sinn smaoineachadh air na **prìomh thachartasan** agus **amannan cudromach** san dràma. Bidh mòmaidean san dràma far am bi caochladh no tionndadh no fuasgladh cudromach a' tachairt agus bidh buaidh aig an sin air an luchd-amais ann an dùigh air choreigin.

Gus plota a mhìneachadh, feumaidh sinn smaoineachadh air prìomh charactaran a-mhàin agus na tha a' tachairt dhaibh san dràma:

1. Prìomh charactar(an)
2. Càit a bheil e a' tachairt is cuin (is dòcha Carson)?
3. Toiseach, meadhan is deireadh (prìomh mhòmaidean: Dè na tha tachairt san dràma?)
4. Ciamar a tha an dràma a' làimhseachadh/a' dèiligeadh ri cuspair no cùis?

### Obair

Leugh na sgriobtan anns na stuthan-taic (#28 Sgriobt Tuigse gu #30 Sgriobt Tuigse) agus smaoinich air na dh'fhaodadh a bhith a' tachairt anns na trì sgeidsichean dràma.

- Dè am plota a dh'fhaodadh a bhith ann nam b' e seo an tachartas ann am meadhan an dràma?
- Ciamar a thàinig an suidheachadh seo chun na h-ìre seo agus dè an ath rud a dh'fhaodadh tachairt?
- Cò am prìomh charactar a dh'fhaodadh a bhith ann?
- Cuir toiseach is deireadh ri fear de na sgriobtan.

## PRÌOMH MHÒMAIDEAN

Coimhead air prògram sam bith san t-sreath *Gruth is Uachdar* agus dèan geàrr-chunntas air na priomh thachartasan san earrainn a chunnaic thu.

(Cleachd teacsa dràma sam bith eile mura bheil *Gruth is Uachdar* ri fhaighinn.)

Tarraing **clàr-ama** den phìos a chunnaic thu de *Ghruth is Uachdar*.

Bidh diofar mhòmaidean/amannan den dràma a' leum a-mach oirnn bhon a tha tachartas, fuasgladh, tionndadh no caochladh air choreigin ann.

Còmhla ris an tidsear/mar chlas, cleachdaibh clàr leithid bòrd-stòiridh, cloc no loidhne-time a gheibhear sna stuthan-taic (#31 gu #32) airson na priomh thachartasan san dràma a mhìneachadh no airson ur tuigse air na priomh mhòmaidean ann an dràma sam bith a shealltainn.


'S urrainn dhuibh dealbhan a chur ri bòrd-stòiridh, ach le cloc chan fheumadh dealbh a bhith ann mura bheil ùidh agaibh ann a bhith a' tarraing dhealbhan. Cuiribh an sgriobhadh don bhogsa fo gach dealbh an toiseach.

Cuimhnichibh gu bheil sinn a' sealltainn ar tuigse air **plota** agus **priomh amannan** san dràma.


Seall air <https://www.youtube.com/watch?v=hidLoJlfDUs> agus <https://www.youtube.com/watch?v=XOlhApGU6JU>.

Gheibhear beachdan an seo mu sgriobtadh agus mu bhith a' cur bòrd-stòiridh ri chèile agus ga chur gu deagh fheum.

Tha e feumail airson na diofar thachartasan san dràma a chur an òrdugh agus a chuimhneachadh. Cuidichidh e le cruthachadh agus gus laigsean/femalachdan a lorg mus tòisichear air dràma a chur ri chèile.



## STRUCTAR

Bidh structar dràma sam bith:

- **Leantainneach** – a' tùiseachadh aig àm sònraichte agus a' gluasad air adhart ann an ùine gu nàdarrach às a sin. Mar eisimpleir:

An Gèam: <https://vimeo.com/manage/videos/116169692>

No...

- **Caochlaideach** – nuair a bhios an structar a' leum eadar diofar amannan air neo stòiridhean is cluich, le bhith a' cleachdadhe rudan mar boillsgeadh (teachdail no caithte) mar eisimpleir:

Briste: <https://vimeo.com/manage/videos/262819176>

## Obair: Àibheiseachadh

Bidh stòiridh a tha stèidhichte "ann an rìoghachd fada air falbh..." tric a' cleachdadhe nam priomh charactaran a chithear ann am faoin-dhràma agus caractaran eile, agus bidh sgeulachd den t-seòrsa sin an-còmhnaidh a' leantainn an aon structar.

1. Tha gnothaichean a' tachairt ann an rìoghachd fada air falbh, far a bheil bana-phrionnsa ann an togalach mòr (mar as trice, caisteal).
2. Feumaidh a' bhana-phrionnsa an caisteal fhàgail, airson adhbhar air choreigin.
3. San t-saoghlal a-muigh, coinnichidh i ri daoine olc agus tachraidh rudeigin dona.
4. Nochdaidh an gaisgeach gus làmh-an-uachdair fhaighinn air an duine olc agus airson a' bhana-phrionnsa a shàbhaladh.
5. Aig a' cheann thall, mar a bhiomaid uile an dùil an seo, tuitidh a' bhana-phrionnsa ann an gaol leis a' ghaisgeach agus bidh iad sona fad an làithean còmhla, no am bi...?

Feuchaibh fhèin ri dràma a chruthachadh mar chlas agus feuchaibh ri na 7 peacadhean-bàis a chur ann gus tuilleadh "faoin-dhràma" a chruthachadh. Cleachdaibh an structar traideanta far a bheil an dràma stèidhichte ann an rìoghachd fada air falbh.

Seo na peacadhean-bàis.

<b>fearg</b>
<b>leisge</b>
<b>uabhar</b>
<b>ana-miann</b>
<b>farmad</b>
<b>geòcaireachd</b>
<b>sannt</b>

## CLEACHDAIDHEAN IS INNLEACHD TAISBEANAIHD

Chithear cuid de na cleachdaidhean a leanas ann an dràma agus tha iad feumail dhuinn nuair a bhios sinn a' cruthachadh dràma. Feumaidh iad a bhith freagarrach airson an t-seòrsa dràma a thathar a' cur ri chèile.

Coimheadaibh air an liosta agus smaoinichibh air pìosan dràma a chunnaic sibh anns an deach an cleachdadadh.

Chunnaic sinn cuid san liosta na bu tràithe san aonad ach dh'fhaodadh iad a bhith air leth feumail do structar dràma leis gun urrainn dhuinn an cleachdadadh aig diofar amannan freagarrach tron phìos airson tionndadh no fuasgladh a riochdachadh.

- **Boillsgeadh (teachdail no caithe)** – Far an leum an dràma air ais no air adhart ann an ùine/tìm.
- **Dealbh reòthte no Tableau** – Dealbh anns nach eil gluasad, air a chleachdadadh aig amannan sònraichte.
- **Monolog** – Aon neach a' bruidhinn ris an luchd-amais mu dhragh no gearan air choreigin agus a' tighinn gu fuasgladh no co-dhùnadadh mu dheidhinn an dèidh tòrr meòrachaидh còmhla ris an luchd-amais. Cha bhi caractar eile san t-sealladh.
- **Gluasad slaodach no luath** – An caractar no an dealbh a' cleachdadadh gluasad mall no luath mar seo airson toirt air mòmaid shònraichte seasamh a-mach (leis gu bheil astar a' phìos air atharrachadh) agus a' chluich a' gleidheadh sealladh cudromach. Le gluasad luath, bidh e tric a' riochdachadh staid a' charactar no gluasad sgiobalta gu àm ri teachd.
- **Aithris agus guth-thairis** – A' cur guth thairis air an dealbh no an t-sealladh a chì sinn. Bidh neach-aithris a' mìneachadh ghnothaichean, ach bidh guth-thairis ga chleachdadadh tric airson faclan a chur ri caractar no cuideigin a tha dha-rìribh no mas fhìor a' bruidhinn.
- **Bruidhinn leth-taobh** – A' bruidhinn, airson tiotan eadar loidhnichean, ris an luchd-amais.
- **Fèin-labhairt** – A' bruidhinn riut fhèin mar charactar is e mar phàirt den dràma. Còmhradh leat fhèin no ag innse na smuaintean agad mar nach eil ann ach thu fhèin.
- **Dà shealladh** – An t-àrd-ùrlar no an raon-cleasachd air a roinn na dhà leth no barrachd – 's dòcha airson dealbh-chluich le dà sgeulachd no barrachd a chluich taobh ri taobh.

## BOILLSGEADH

Tha boillsgeadh feumail ann an dràma, ach feumaidh e a bhith soilleir don luchd-amais gur e sin a th' ann.

Gu math tric, cleachdaidh dràma cleasan riochdachaidd gus an t-atharrachadh sin a dhèanamh soilleir tro sgeadachadh, aodach no dath mar eisimpleir. Uaireannan eile, bidh an gluasad agus an ùine soilleir le bhith ag atharrachadh rudan beaga leithid tòna no modh nan caractaran.

Tha boillsgeadh gu math freagarrach airson pìosan den phlota fhuasgladh mean air mhean don luchd-amais agus beagan obair smaoineachaidh aca ri dhèanamh gus an ruig iad cnag na cuise.

- Seall air a' chiad phrògram de *Bhannan*, mar eisimpleir, agus ainmich na diofar amannan far a bheil seo air a chleachdad.
- Beachdaich air mar a tha e a' dèanamh feum don phìos.

## DEALBH REÒTHTE IS TABLEAU

Le dealbh reòthte (no tableau) ann an dràma, tha an cothrom aig na cleasaichean, no aig an riochdaire, cur ris an dràma le bhith a' glacadh aire tro bhith a' stad ann an sealladh le dealbh no frèam reòthte. Tha atharrachadh anns an astar agus tha e a' seasamh a-mach. Le tableau san dràma, bidh na cleasaichean a' cleachdad am bodhaigean a-mhàin airson sreach de dhealbhan reòthte a shealltainn agus bidh iad a' riochdachadh rudeigin cudromach no ìomhaighean làidir. Seall mar a rinneadh feum de tableau anns na bhidiothan a leanas:

<https://www.youtube.com/watch?v=ZM1aNIGIUt4>

<https://www.youtube.com/watch?v=JTqj7CqNGZw>

## AITHRIS AGUS GUTH-THAIRIS

Seall air na filmichean bho làrach FilmG. Cluinnear aithris agus guth-thairis anns na diofar phìosan.

1. An t-Sireadh: <https://vimeo.com/262802239>
2. Mo Ghàrradh: <https://vimeo.com/57675815>
3. Seachdain gun seòladh: <https://vimeo.com/149620742>

## GLUASAD SLAODACH NO LUATH

Aig amannan bidh gluasadan slaodach no luath air an cleachdad nuair a tha àirde anns a' phìos no gus toirt air mòmaid shònraichte seasamh a-mach.

Feuchaibh ri seo a chleachdad sibh fhèin nuair a tha sibh a' cruthachadh pìos dràma.

Brisidh Tu: <https://vimeo.com/manage/videos/57843141>

## FÈIN-LABHAIRT

Gheibh sinn tòrr a-mach mu smaintean no nàdar fior caractar tro bhith gan cluinntinn a' meòrachadh agus a' bruidhinn riutha fhèin. Seall air mar a bhios Seasaidh Lexy ga chleachdadadh:

<https://www.youtube.com/watch?v=E2xpRZ7A0QU>

Beachdaich air carson a tha e freagarrach don caractar aice.

## Obair

Feuch fhèin ri sgeids bheag èibhinn a dhèanamh a' cleachdadadh fèin-labhairt. Cleachd na beachdan a leanas gus beachd a bhrosnachadh mu chuspair, no tagh cuspair dhut fhèin.

- A' dèanamh deiseil airson a' chiad deit agad
- Gad ullachadh fhèin airson còmhradh mu àrdachadh dreuchd leis an neach-fastaidh agad
- A' beachdachadh mun dòigh-beatha agad agus mu cho mì-fhallain is a tha thu
- A' dol thairis air sabaid a bha agad le do bhràmair mu rudeigin faoin

## BRUIDHINN LETH-TAOBH

Nuair a dh'iarras stiùiriche air cleasaiche bruidhinn "Leth-taobh," tha iad airson rudeigin innse don luchd-amais, a' toirt a chreidsinn 's dòcha nach eil na cleasaichean eile gan cluinntinn air neo airson ceangal pearsanta a dhèanamh ris an luchd-amais.

Uaireannan eile, thèid a chleachdadadh mar dhòigh air astar a chur eadar an caractar agus an sealladh anns a bheil iad.

- Leugh toiseach an sgriobt a leanas còmhla ri caraид.
- Cuir crìoch air le pìos eile leth-taobh, ach le caractar B.


## A' CUR NA COIRE

**B:** (*Leth-taobh – ris an luchd-amais*) Bha sinn nar suidhe taobh a-muigh oifis a' cheannaird airson ùine mhòr. Shaoileadh tu gun robh làithean air a dhol seachad, làithean! Bha e uabhasach!

**A:** Dè cho fad' 's a dh'fheumas sinn feitheamh an seo?

**B:** Dè cho fad' 's a tha thu a' smaointinn? (*Stad mionaid*)

**A:** (A' sìor choimhead air B) 'S e do choire-sa a tha seo.



## DÀ SHEALLADH

Ann an dràma, nuair a tha an raon-cleasachd no an dealbh air a bhriseadh no air a roinn airson seallaidean eadar-dhealaichte a shealltann taobh ri taobh no an dèidh a chèile, canaidh sinn gu bheil dà shealladh ann. Tha eisimpleir an seo:



Chithear eisimpleir eile dhen seo san fhilm a leanas, *An Àite Eadar Na Facail*:

<https://www.youtube.com/watch?v=EQkPtqf3EpQ>

### Obair: Cruthaich dà shealladh

Smaoinich air beachd airson pìos dràma anns am biodh dà shealladh aig an aon àm freagarrach.

Dèan dealbh dheth no cruthaich modail den t-seat ann am bogsa cairt.

Mìnich don chlas am beachd a tha agad airson pìos dràma le dà shealladh den t-seòrsa. Inns carson a bhiodh e freagarrach agus an seòrsa coimeas a bha fa-near dhut leis an dà shealladh nochdte aig an aon àm.

Dh'fhaodadh na beachdan a leanas a bhith feumail:

- a-staigh agus a-muigh
- dà àm eadar-dhealaichte
- fiorachas agus os-fhìorachas
- sàmhach agus trang
- beairteach agus bochd

## MONOLOG

Is urrainn dhuinn monolog a chleachdad a' meadhan dràma no gus dràma slàn a chruthachadh.

Le monolog, feumar cuimhneachadh gu bheil an caractar a' dèiligeadh ri trioblaid air choreigin agus tha aca ri tighinn gu fuasgladh no co-dhùnad mun chùis ro dheireadh a' phìos agus an dèidh cur às an corp ris an luchd-amais.

Seall air an dà eisimpleir a leanas:

*Dirlo - Am Fear Maireann:*

<https://www.youtube.com/watch?v=q1J8Ptj8wzA>

Ceangal Dolen II | Daibhidh Walker | Alba | Seargadh:

[https://www.youtube.com/watch?v=tbmt9c\\_SuhQ](https://www.youtube.com/watch?v=tbmt9c_SuhQ)

- Beachdaich air rudeigin sònraichte a bhios a' dèanamh dragh no uallach dhut fhèin.
- Cleachd an duilleag-obrach (**#33 Monolog**) gus monolog a chruthachadh dhut fhèin.
- Dh'fhaodadh tu an uair sin feuchainn air a sgriobtadh.

## RIOCHDACHADH

(Fuaim, Solais, Seat, Aodach, Maise-gnùis, Stuthan sgeadachaidh)

Tha buaidh mhòr aig dòighean riochdachaidh air dràma agus 's fhiach sùil a thoirt air mar as urrainn riochdachadh a bhith air a dheagh chleachdad anns na pìosan dràma a chruthaicheas agus a sgrùdas sinn airson dràma a dhèanamh nas tarraighe no nas nàdarrache.

Thatnar ag ràdh gu bheil Atmosfir agus Sunnd air an cruthachadh ann an 3 dòighean

1. Greimeachadh is teannachadh
2. Modhan cleasachd
3. Ealain stèidse

## FUAIM AGUS SOLAIS

Tha atmosfir agus greimeachadh gu math furasta fhaireachdann nuair a smaoinichead sinn air filmichean no dràma stèidse sam bith a bha dorcha ann an iomadh dòigh; 's dòcha leis gun robhar a' dèiligeadh ri cùis dhorcha agus caratter dorcha no olc. Tha cuid de dhràma air a thaisbeanadh anns an dubh-dhorchadas airson 's gum bi an luchd-amais mì-chofhurtail no air an glacadh leis na fuaimean. Tha ceòl gu math feumail ann am filmichean gus sunnd a' phios a dhèanamh soilleir agus bidh filmichean eagalach, mar eisimpleir, a' cleachdad fhuaimean uaigealta airson an atmosfir sin a chruthachadh cuideachd.

## Obair

Clàraibh le fòn-làimhe, no inneal sam bith, mu mhionaid (co-dhiù) de dh'fhuaimean a dh'faodadh a bhith feumail ann am pìos dràma. Smoainichibh air rudan mar tòrr dhaoine ann an àite trang (leithid taigh-bìdh na sgoile), no càraichean a' dol seachad air rathad trang, no fuaim na cagailte, no coire a' goil. An uair sin theirigibh ann am buidhnean agus cruthaichibh pìos dràma goirid le measgachadh de na fuaimean a chlàr sibh.

Cleachdaibh iad gus pìos nàdarrach a dhèanamh, agus dèanaibh cinnteach gum bi an ceangal eadar gach fuaim nàdarrach agus siùblach. Cuiribh còmhchradh no guth ris cuideachd.

## SEAT AGUS SGÉADACHADH

Feumar stuthan sgeadachaidh a chleachdad gu faiceallach airson an sealladh air an àrd-ùrlar no air an sgrion a bhith cho freagarrach 's a ghabhas – mar eisimpleir gun fòn-làimhe a' nochdad ann an dràma bho na h-80an. Le dràma air àrd-ùrlar, bidh an seat tric gu math sìmplidh oir, coltach ri pìosan litreachais eile leithid nobhailean no sgeulachd ghoirid, bu chòir do dheagh phios dràma beagan fhàgail aig an luchd-amais ri smaoineachadh mu dheidhinn agus toirt orra am mac-meanmna a chleachdad tron chluich.

Seall cho sìmplidh no cho mionaideach 's a tha na h-eisimpleirean a leanas:

**Doras Dùinte le Catriona Lexy Chaimbeul:**

<https://vimeo.com/110616964>

**MacTalla nan Eun, Opera Hiortach:**

<https://www.youtube.com/watch?v=Hm10Bx-3KfA>

Barrachd air:

[http://news.bbc.co.uk/1/hi/scotland/highlands\\_and\\_islands/6768195.stm](http://news.bbc.co.uk/1/hi/scotland/highlands_and_islands/6768195.stm)

## MAISE-GNÙIS

Mar as trice, tha maise-gnùis gu math freagarrach airson dràma bho àm sònraichte a riochdachadh, no mar dhòigh air buaidh a bharrachd a thoirt air an luchd-amais gus am faic iad gu bheil e dha-rìribh no spòrsail.

Is e rud gu math spòrsail a th' ann am maise-gnùis ann an dràma, ach feumaidh e a bhith ionchaidh agus a rèir stoidhle a' phios.

Airson pìos eagalach is fuitheach, gheibhear stuthan agus bhidiothan feumail air-loidhne a chuidicheas le maise airson gearraidhean agus lotan a chruthachadh. Le pìosan faoin-dhràma, dh'faodadh maise-gnùis radaigeach a bhith air gach caractar agus, airson pìos stèidhichte o chionn fhada, mar eisimpleir Hiort/sa chogadh, gabhaidh rudan nàdarra leithid móine air a fliuchadh a chleachdad airson maise-gnùis nan caractaran a dhèanamh.

## AODACH

### Dè dh'innseas aodach caractar dhuinn?

- àm – 12ra linn, a' chiad chogadh, 1960an?
- àite – san Fhraing, baile mòr, air tuathanas, anns an fhànas?
- aimsir – foghar, stoirm, teas?
- dreuchd – banrigh, rùnaire, neach-glanaidh, còcaire?
- tachartas – banais, tiodhlacadh, partaidh?
- suidheachadh an ama – lèine shracte le fuil oirre – a' riochdachadh tubaist?
- pearsa a' charactar – an seòrsa neach a th' annta... fasanta... mì-sgiobalta?

## Obair

Lean an stiùireadh air an duilleig seo airson maise is aodach a chruthachadh airson pìos balbh-chluich.

[http://makeup.lovetoknow.com/Mime\\_Makeup](http://makeup.lovetoknow.com/Mime_Makeup)

No...

Feuchaibh ri ìomhaigh gheal, òir no airgid a chruthachadh dhuibh fhèin gus ealain sràide fheuchainn mar bhuidheann.

Seallaibh air na diofar bhidiothan de chleasaichean sràide airson beachdan fhaighinn air mar a nì sibh seo.

- <https://www.youtube.com/watch?v=JlfsXd62Qss>
- <https://www.youtube.com/watch?v=Grr2JUoKyMM>
- <https://www.youtube.com/watch?v=wEDFPKu8UUY>



## CÀNAN IS CONALTRADH

Tha cànan air leth cudromach ann an dràma sam bith. Cuiridh sinn loidhnichean ro na cleasaichean a dhùisgeas ùidh anns an luchd-amais agus a chruthaicheas atmosfir no sunnd air choreigin. Innsidh an cànan agus na dòighean anns a bheil rudan air an ràdh tòrr mu fhaireachdann a' charactar. Ge-tà feumaidh sinn cuimhneachadh gu bheil sàmhchair a cheart cho cudromach ann an sgriobtadh aig amannan nuair a tha feum air sin. Uaireannan is e sàmhchair a bhios a' cruthachadh atmosfir anns a' chonaltradh eadar dà charactar air neo eadar caractar agus an luchd-amais.

Bidh **Greimeachadh agus Teannachadh** a' stiùireadh faireachdann a' phìos drama. Tha e ag adhbhreachadh imcheist agus gum bi an luchd-amais ag iarraidh fuasgladh. Air neo gleidhidh e aire/ùidh agus cuidichidh e le sruth a' phìos. Bidh e ag adhbhreachadh dùbhlann agus le sin chan fhàs an dràma searbh/rag.

### SÀMHCHAIR:

#### Obair: Sgriobt le sàmhchair

Feuch an sgriobt **#34 Sgriobt: A' cur na Coire** le caraid, a' gabhail ri na stiùiridhean cho math 's as urrainn dhuibh. Beachdaich air mar a chuidich an t-sàmhchair gus atmosfir a chruthachadh.

Feuch an uair sin **#35 Sgriobt: A' feitheamh** agus cuir crìoch air gus am faigh sinn fuasgladh air na tha a' dol air adhart.

Airson tuilleadh spòrs, feuch an sgriobt mu dheireadh **#36 Sgriobt: Madainn mhath**.

#### Obair: Chan eil guth ri ràdh...

Cruthaichibh sgeids no sealladh dràmadach còmhla, far a bheil sàmhchair nochdte aig àm/ amannan nuair a tha e riatanach. Feuchaibh ri loidhnichean goirid a chleachdad a tha buadhmhor airson cuid dheth, far am bi an luchd-amais a' crochadh air gach facal. Nuair a thèid ceist a chleachdad, cuimhnichibh nach fheumadh an cleasaiche a' cheist a fhreagairt gu sgiobalta (no idir/gu buileach) agus an àite freagairt sa bhad, dh'fhaodadh iad a bhith a' cleachdad gluasad is cànan-bodhaig gus faireachdann a dhèanamh soilleir agus gus atmosfir a chruthachadh.

Ma thogras sibh, cleachdaibh na beachdan a leanas air an stèidhich sibh bhur pìos:

- cupal a' dol a-mach air a chèile
- tidsear a' toirt trod do sgoilear
- burraidheachd
- cuideigin air an ceasnachadh leis a' phoileas
- a' chiad deit
- pàiste a' feuchainn ri bruidhinn rim pàrant mu chùis chudromach

## MODH-CÀNAIN

Tha an seòrsa cànan a thathar a' cleachdadadh ann an dràma gu math cudromach agus tha againn ri bhith smaoineachadh air an ìre aig a bheil an cànan a' freagairt air stoidhle no luchd-amais a' phìos.

Seall air an dà eisimpleir a leanas is dèan coimeas eatarra.

1. Sealladh bhon dealbh-chluich sràide aig an Sgoil Shamhraidh:  
<https://www.youtube.com/watch?v=g1XEFxZrKp0>
2. Earrann bhon dealbh-chluich MacBeatha le Iain Dòmhnaill (gu h-ìosal). Beachdaich air mar a tha cànan air a chur gu diofar feum anns gach teacsa.

### MacBeatha

Naidheachd

*That har a' tuigsinn gu bheil arm an Rìgh Donnchadh air a nàimhdean a ruagadh gu tur. Thug Rìgh Nirribhidh feachd mòr na aghaidh, ach tha a' bhuaidh air a bhith aig Rìgh Alba, is chaith an reubaltach, Dòmhnaill nan Eilean, a mharbhadh. Bidh e coltach gun do ghiùlain MacBeatha agus Banquo iad fhèin air mhodh air leth gaisgeil. Chan eil an còrr de dh'fiosrachadh mionaideach againn an-ceartuair, ach tha sinn toilichte an naidheachd mhath seo a thoirt thugaibh.*

*Na bana-bhuidsichean*

*Fàilt', a MhicBeatha! Fàilt' ort, a Thòisich Ghlàmais!*

*Fàilt', a MhicBeatha! Fàilt' ort, a Thòisich Chaladair!*

*Fàilt', a MhicBeatha, a tha fhathast gu bhith nad rìgh!*

*Cluich 1, Sealladh 5*

*Tha MacBeatha a' fònadadh gu a mhnaoi, is gheibh ise sin mar theachdaireachd.*

*"Bhuannaich sinn am blàr. Is tha mi fhìn is Banquo gun chus ceàrr oirnn, ged a tha sinn cianail fhèin sgìth. Ach 's e an rud eile a tha mi ag iarraidh thuige na boireannaich iargalta a bha siud a choinnich rinn.*

*Tha mise 'g amharas gu bheil eòlas aca nach buin dhan t-saoghal seo. Cha b' e a-mhàin na thuirt iad riumsa – nach tuirt iad ri Banquo gum biodh a shliochd-san nan rìghrean cuideachd. Bha mi air ghoil airson tuilleadh ceasnachaidh a dhèanamh orra, ach dh'fhalbh iad às an t-sealladh mar gum biodh ceò. Ach cluinn seo. Fhad 's a sheas sinne ann an neul leis an iongnadh, nach tainig teachdairean on Rìgh Donnchadh, a chuir fàilte ormsa mar 'Tòiseach Chaladair – Thane of Cawdor' – dìreach mar a dh'fhàiltich na boireannaich iargalta mi mu thràth. Agus cuimhnich gun do lean iadsan orra 's gun tuirt iad, 'Fàilt' ort, a tha fhathast gu bhith nad rìgh!'*

*Shaoil mi gum bu chòir dhomh seo innse dhutsa, mo chèile gràdhach. Glèidh seo nad chridhe, is slàn an-dràsta."*

## SGRIOTBADH

Tha diofar dhòighean air sgriobt a chruthachadh agus 's e an rud as cudromaiche gum bi e soilleir don chleasaiche agus don luchd-leughaidh.

Dèan cinnteach gun cleachd thu an structar sgriobhaidh ceart gus sgriobt a chur ri chèile. Faic an t-eisimpleir gu h-ìosal.

- Bidh toiseach seallaidh no sgriobt slàn ag innse beagan cùl-fhiosrachaidh mun t-suidheachadh anns a bheil sinn san dràma. Bidh seo ann an clò eadar-dhealaichte gu tric.
- Dèan soilleir dè a' chluich no an sealladh a th' ann.
- Dèan soilleir cò an caractar/neach a tha a' bruidhinn le bhith a' cleachdadadh clò trom is an ainm os cionn nan loidhnichean no le bhith a' cur ainm air an taobh chlì, is e an-còmhnaidh fa leth bho na loidhnichean air an taobh dheas.
- Sgriobh stiùireadh ann an clò eadailteach air no clò trom gus an seas e a-mach. Bidh e air leth bho na loidhnichean gu tric. Bidh stiùireadh ann am meadhan loidhnichean tric ann an "(...)".

Taigh air Gàidhealtachd na h-Alba. An latha an-diugh. Tha seann chupal (Màiri agus Calum) nan suidhe air an fheasgar a' coimhead an TBh. Tha Calum na leth-chadal agus tha Màiri a' toirt seachad a beachd air na tha i a' faicinn.

### Cluich 1, Sealladh 1

Màiri

Le iongnadh na guth

Cò riamh a shaoileadh e? Cailleach cho sean rithese a' buannachadh X Factor. Saoil am b' urrainn dhomh fhèin rudeigin a dhèanamh?

AIR NEO...

Taigh air Gàidhealtachd na h-Alba. An latha an-diugh. Tha seann chupal (Màiri agus Calum) nan suidhe air an fheasgar a' coimhead an TBh. Tha Calum na leth-chadal agus tha Màiri a' toirt seachad a beachd air na tha i a' faicinn.

### Cluich 1, Sealladh 1

Màiri: (Le iongnadh na guth) Cò riamh a shaoileadh e? Cailleach cho sean rithese a' buannachadh X Factor. Saoil am b' urrainn dhomh fhèin rudeigin a dhèanamh?

## Obair: Doras Dùinte

Leugh a' chiad sealladh bhon dràma *Doras Dùinte* le Catriona Lexy Chaimbeul.

Bruidhinn mu na ceistean agus na rudan a tha a' leum a-mach ort bhon chiad sealladh. Ciamar a tha an sgrìobhaiche soirbheachail ann a bhith a' glacadh aire an luchd-amais bhon chiad sealladh?

### Sealladh 1

**Beatha Lydia:** Tha LYDIA a' dèanamh dhealbhan is gan sadail air falbh. Tha litrichean maoidhidh a' tighinn tron doras is tha i gan cur dhan phreas. Tha i a' cur an rùm an òrdugh gus am bi e direach ceart.

**Oidhche dhorchá, stoirméil.** Anns an taigh iomallach aice, tha Lydia a' feitheamh air a' loidsear ùr aice a thighinn. Tha i iomagaineach, a' coiseachd air ais is air adhart, a' cur an rùm an òrdugh.

Guthrie: (Far-stèidse) Hallò? Bheil duin' a-staigh? Hallò?

**A' cluinntinn a ghuth, tha Lydia a' dol am falach.**

Tha GUTHRIE a' tighinn a-steach bog fliuch. Tha baga agus bogsa mòr, trom de ghnothaichean aige. Tha Lydia ga choimhead bhon àite-falaich aice.

Guthrie: Hallò? Bheil duin' a-staigh?

**Tha litir thuige air a' bhòrd agus iuchraichean ri taobh.** Tha e a' leughadh nan riaghailtean:

Guthrie: Na riaghailtean. Aon, tha smocadh toirmisgte. A dhà, chan fhaod duine a thighinn a chèiliadh. Trì, feumar an doras a chumail glaiste fad an t-siubhail. Ceithir, cùm an taigh glan. Tha an rùm agadsa shuas an staidhre, an dàrna doras air do làimh chlì. Fàilte gu mo dhachaigh. Lydia Ross.

**Tha e a' sgrìobhadh nota dhi.** Tha Guthrie a' falbh.

**Tha Lydia a' tighinn a-mach bho h-àite-falaich 's i gu math troimh-a-chèile.** Tha i a' leughadh an nota aige.

Lydia: Lydia, tha mi an dòchas nach bi fada gus an coinnich sinn. Tha mi cinnteach nach bi trioblaid agam leantainn nan riaghailtean agad. Le taing, Lindsay Guthrie.

**Tha i a' cluinntinn Guthrie a' tilleadh agus tha i a' dol am falach a-rithist.**

**Tha Guthrie a' toirt ghnothaichean a-mach às a' bhogsa, gan cur an siud 's an seo agus a' gluasad rudan.** Tha e a' crochadh a sheacaid fhliuch air a' phreas. Tha Lydia a' leigeadh biog beag.

Guthrie: Hallò?

**Tha e a' gabhail ceum a-null thuice.**

Guthrie: Hallò?

**Tha Lydia a' tighinn a-mach bho h-àite-falaich.**

Lydia: Cò th' annad? Chan eil còir agad a bhith seo.

Guthrie: 'S mis' an loidsear agad. Guthrie. Lindsay Guthrie. Tha dùil agad rium.

Lydia: Bha dùil agam ri boireannach.

## CLEACHD AITHRIS/GUTH-THAIRIS

Anns an fhilm ghoirid *An t-Sireadh* air làrach FilmG chithear deagh eisimpleir de aithris ann an dràma. Tha aithris air a chleachdadh cuideachd ann an dràma leithid *Gruth is Uachdar* agus *An Ceasnachadh*.

Gu math tric bidh an neach-aithris ann airson an luchd-amais a chuideachadh gus an stòiridh a leantainn agus gus ceangal a dhèanamh, no bidh iad ann airson innse dhuinn dè thachair an dèidh làimhe gun dealbh a shealladh dhuinn e. Glè thric, 's e pìos cunntasach a bhios anns an aithris air neo pìos "aithriseach." Bidh luchd-naidheachd a' cleachdadh aithris airson sgeulachd innse agus bidh e air a chleachdadh cuideachd ann an dràma le dealbhan – an dà chuid dealbhan a bhitheas agus nach bi a' gluasad – leithid beòthachadh agus balbh-chluich.

Bidh guth-thairis tric air a chleachdadh air an telebhisean airson eadar-theangachadh a dhèanamh thairis air cuideigin a tha a' bruidhinn cànan eile. Cluinnear seo air prògraman leithid *Eòrpa agus Trusadh*. Bidh tòna agus àirde a' ghuth a' freagairt air an dòigh sa bheil an neach san dealbh a' bruidhinn.

### Obair: Aithris fealla-dhà

Faigh criomag bho bhidio sam bith anns a bheil daoine a' còmhradh ri chèile. Dh'fhaodadh tu dràma ann an cànan sam bith a chleachdadh leithid *Friends* no fiù 's cartunaichean – cho fad 's a tha còmhradh ann le diofar charactaran.

Cuir am fuaim sìos air a' bhidio agus coimhead air na tha a' dol air adhart an toiseach. Mionaid no dhà a-mhàin. Feuch air beagan aithris a dhèanamh gun sgriobtadh an toiseach. (Chithear cleasan mar seo air prògraman leithid *Never Mind the Buzzcocks* agus iad a' cleachdadh sheallaidhean den teaghlaich Rìoghail no daoine ainmeil eile. Thèid innse dhaibh dè an suidheachadh agus na tha a' dol air adhart.) Dh'fhaodadh an tidsear eisimpleir no dhà a shealltainn de bhidiothan freagarrach an toiseach gus am feuch sibh, an toiseach mar chlas, air beagan cruthachaidh air ball a dhèanamh.

Air neo...

Seall air a' bhidio aig Molly Wood, *Mo Ghàrradh*, bho FilmG, anns a bheil aithris gu math cruthachail air a chleachdad. Feuch fhèin a leithid a dhèanamh le bhith a' clàradh diofar bheathaichean. Cuir guth thairis air an dealbh a' cleachdadh ghnìomhan freagarrach airson gach caractar.

### Obair: Cruthaich sgriobt le fòcas air cànan

Cruthaichibh dealbh-chluich mar chlas a dh'fhaodadh sibh a chur don Mhòd airson farpais prògram rèidio. Is e dràma rèidio a dh'fheumas a bhith ann, agus mar sin bidh guth agus cànan gu math cudromach don phìos. Cuiribh an sgriobt a-steach gu farpais sgriobhaidh (no dhà) cuideachd, leithid FilmG no farpaisean airson sgriobhadh cruthachail.

### Obair: Sàr Sgriobt le FilmG

Cleachd an stiùireadh bho FilmG gus sgriobt air leth a chruthachadh:

Pàirt 1: <https://www.youtube.com/watch?v=hidLoJlfDUs>

Pàirt 2: <https://www.youtube.com/watch?v=XOIhApGU6JU>

# Sealladh a Tri: A' sgrùudadh agus a' luachadh dràma

## A' SGRIOBHADH MU CHARACTAR

Nuair a bhios sinn a' smaoineachadh mu cho buadhmhor is a tha caractar, tha e cudromach gun smaoinich sinn mu na cleachdaidhean cleasachd a chuir iad gu feum. A' cleachdadadh cuid den chànan is eisimpleirean air an do choimhead sinn a thaobh guth is gluasad, dèan lèirmheas air caractar sam bith a ghlac d' aire ann am pòs dràma sam bith.

Cleachd an earrann a leanas airson sgriobhadh mun caractar sin. Leudaich is atharraich an earrann mar a chì thu fhèin iomchaidh.

Tha mi gu math measail air a' caractar X ann an \_\_\_\_\_. Saoilidh mi gu bheil iad tarraingeach oir \_\_\_\_\_.

Tha sinn a' tachairt ri \_\_\_\_\_ an toiseach (ann an sealladh a) \_\_\_\_\_. Tha sinn a' faighinn dealbh dhiubh, a' chiad turas a thachras sinn riutha, gur e neach \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_ a th' annta oir \_\_\_\_\_.

Tha an caractar a' leasachadh ann an iomadh dòigh tron sgriobt agus tha iomadh mòmaid chudromach aca sa phlota, mar eisimpleir \_\_\_\_\_ agus nuair \_\_\_\_\_. Tha am fuasgladh as cudromaiche bhon/mun caractar seo a' tighinn nuair \_\_\_\_\_.

Chan e na nì no chanas an caractar seo fhèin, a-mhàin, a tha gan dèanamh tarraingeach. Tha rudan eile a' seasamh a-mach mun deidhinn, leithid \_\_\_\_\_.

Shaoil mi gun robh e inntinneach mar a tha na caractaran eile a' smaoineachadh orra is air an ceangal riutha. Tha e soilleir gu bheil Y ("caractar eile agus cò iad") a' faireachdainn \_\_\_\_\_ mun deidhinn oir \_\_\_\_\_. Tha an cairdeas eadar X agus Y gu math inntinneach oir tha e a' riodhdachadh \_\_\_\_\_. Chanainn gu bheil an sgriobhadair airson gun tuig thu gu bheil iad \_\_\_\_\_.

Tha coltas agus giùlan a' caractar ag innse tòrr dhuinn. Tha iad \_\_\_\_\_, \_\_\_\_\_ agus \_\_\_\_\_. Tha e soilleir gu bheil an sgriobhadair ag iarraidh air an luchd-amais a bhith a' faireachdainn \_\_\_\_\_ mun caractar. Tha \_\_\_\_\_ a' caractar a' glacadh agus a' cumail d' aire, gu h-àraig \_\_\_\_\_.

Saoilidh mi gu bheil X gu math cudromach/sònraichte san dràma oir \_\_\_\_\_. Mura b' e an caractar seo, cha bhiodh \_\_\_\_\_ ann. Chan eil caractar eile ann a tha \_\_\_\_\_, mar a tha X.

Chòrd na sgilean cleasachd rium a chleachd an cleasaiche airson an caractar a dhèanamh tarraingeach dhomh. A thaobh guth is cainnt bha an caractar \_\_\_\_\_. Bha an cleasaiche gu math \_\_\_\_\_ anns an dòigh san robh iad a'/ag \_\_\_\_\_. Mar eisimpleir ann an sealladh a \_\_\_\_\_, chì sinn an cleasaiche \_\_\_\_\_. Bha an cleasaiche cuideachd a' cleachdadadh \_\_\_\_\_ airson an caractar a dhèanamh tarraingeach dhuinn. Chòrd seo rium oir \_\_\_\_\_.

Saoilidh mi gun robh an cleasaiche gu math freagarrach airson a' phàirt oir \_\_\_\_\_. Ge-tà, nam b' urrainn dhomh càil atharrachadh no a leasachadh mun caractar san dràma seo, bu mhath leam \_\_\_\_\_ oir \_\_\_\_\_.

## MEASADH AIR CLEASACHD

Cleachd an clàr gu h-ìosal airson measadh a dhèanamh air caractar. Bidh seo gu h-àraig feumail ma tha sibh a' measadh càch a chèile sa chlas.

FEART CLEASACHD/ CARACTARACHD	MÌNEACHADH	DEARG	BUIDHE	UAINÉ
Cleachdadadh an àrd-ùrlair	A' seasamh gu dòigheil air an àrd-ùrlair gus am faic an luchd-amais na tha còir aca fhaicinn.			
Giùlan	Mar a ghluaiseas agus mar a chleachdas iad an làmhan agus an casan airson faireachdainn a shealltainn. Mar a bhios iad a' dèiligeadh ri caractaran eile.			
Cleasan	Na rudan a nì iad a tha a' toirt an sgriobt agus an dealbh beò.			
Inbhe	Gum faic sinn coimeas eadar na caractaran. Cuid nas làidire na cuid eile agus inbhe an caractar ag atharrachadh a rèir na tha a' tachairt.			
Tòna	Mar a thèid na loidhnichean a ràdh airson faireachdainn a dhèanamh soilleir.			
Modh-cainnt	A' bruidhinn aig astar freagarrach airson an t-suidheachaidh. Slaodach ma dh'fheumas no luath ma dh'fheumas.			
Àirde cainnt	A' bruidhinn a-mach no gu socair a rèir 's na tha a' tachairt.			
Cànan	A' cleachdadadh no a' cur cuideam air cànan sònraichte is blas/dualchainnt airson pìos a thoirt beò agus a dhèanamh buadhmore.			

Ainm:

## MEASADH AIR CLUICH/CLEASACHD

**Stiùireadh don Oileanach: 'S dòcha gum bi cothrom agad dithis no triùir sa chlas a choimhead a' dèanamh cluich dhràmadach ghoirid. Cleachd an duilleag seo airson a' cleasachd aca a luachadh. Freagair gach ceist cho math agus cho firinneach 's as urrainn dhut.**

1. Cò ghabh pàirt sa chluich?
2. Dè an obair a chluich iad?
3. Dè cho freagarrach 's a bha an obair don luchd-amais? An e pìos tùsail a bh' ann air a sgrìobhadh le aon de na cleasaichean, no pìos a thug an tidsear dhaibh, no pìos a thagh na h-oileanaich a bha a' cleasachd?
4. Dè cho ullaichte 's a bha na h-oileanaich a bha a' cleasachd? An robh na loidhnichean aca air an teanga? An robh e coltach gun robh mar a ghluais iad, gluasadhan-bodhaig agus coltas am fiamh-gnùis air an deagh phlanaigeadh agus phractasadhl?
5. An robh mar a ghluais iad, gluasadhan-bodhaig agus coltas am fiamh-gnùis freagarrach don obair? Minich do fhreagairt.
6. Dè cho math 's a bha thu a' cluinntinn nan cleasaichean? Saoil carson a bha seo?
7. An do chleachd na cleasaichean props sam bith? Ciamar a chuir seo ris a' chluich air neo a thug e bhon chluich?
8. Ciamar a fhreagair an luchd-amais?
9. San fharsaingeachd, saoilidh mi gun robh a' chluich seo...
10. Nam biodh cothrom aig oilenaich an obair seo a chluich a-rithist, mholainn gun ...

## FÈIN-MHEASADH: A' measadh dràma a chruthaich thu fhèin

Ceistean smaoineachaidh...

**Caractarachd** – Dè na modhan agus na cleachdaidhean dràma a chuir thu gu feum gus caractaran a chruthachadh, a' gabhail a-steach cleachdaidhean deasachaidh is ullachaidh?

**Bun-smuain taisbeanaidh no cruth** – beachdan is dòighean a chruthaich thu gus an dràma a leasachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a thaobh luchd-amais sònraichte, sunnd no atmosfir a' phìos, suidheachadh, gnè/nòs a' phìos, tàama no eile. Cleachd briathrachas iomchaidh nuair a tha thu a' sgriobhadh mu na diofar sgilean riochdachaidh.

**Stoidhle/Gnè/Foirm no Cruth** – Taisbeanadh air a sgriobtadh? Nàdarra/gnàthasach no mìnàdarra/neo-ghnàthasach? Comadaidh/àbhachd, romansach, eagallach/oillteil, gaoir-sgeul, gluasachd?

**Suidheachadh** – Càit agus cuin a tha an dràma air a stèidheachadh?

**Raon-cleasachd** – Dè an seòrsa àrd-ùrlair, raon-cleasachd/taigh-cluiche agus cruth seat a chleachdadhbh tu gus an suidheachadh a dhèanamh soilleir?

**Cuspair, tàamaichean is teachdaireachd** – Dè na prìomh thèamaichean no chùisean a chaidh dèiligeadh ris san dràma? Bu chòir dhut cuideachd ainmeachadh teachdaireachd no amas sònraichte a bha thu a' feuchainn ri dhèanamh soilleir.

**Sunnd is atmosfir** – Mìnich an sunnd is an atmosfir san dràma. Ciamar a chruthaich thu na faireachdainnean sin?

**Buaidh air an luchd-amais** – Inns agus mìnich beachd an luchd-amais air an dràma agus a' bhuaidh a thug e orra. Dè shaoil iad dheth?

## A' DÈANAMH COIMEAS

Tagh dà phios dràma Gàidhlig a tha coltach a thaobh gnè no stoidhle ach eadar-dhealaichte a thaobh fheartan eile.

Mar eisimpleir:

- *Machair agus Bannan*
- *Ran Dan agus Dà Latha san Dàmhair*
- *Seachd agus Sealladh*
- *Measgachadh bho FilmG*
- *Gruth is Uachdar agus An Ceasnachadh*
- *Clach na Nathrach is Mac an t-Srònaich*

a. Dèan clàr, a' dèanamh nota sam bith de na rudan a tha coltach agus eu-coltach mun dà phios. Beachdaich air rudan mar seallaidean, cuspairean, suidheachadh, caractaran, cànan, structar, riochdachadh is msaa.

Ciamar a tha an dà dhràma coltach ri chèile?	Ciamar a tha iad eu-coltach ri chèile?
me: Stèidhichte (gu ìre mhòr) ann an sgìre iomallach, Ghàidhealach	Barrachd sheallaidean sa bhaile mhòr

b. Sgriobh geàrr-chunntas, mar gum biodh airson duilleag-lìn, bileag fiosrachaidh no iris a tha a' mìneachadh na leanas mu gach pìos: Cho freagarrach is a tha tiotal/ainm an dràma. Inns mu na priomh rudan a tha air an dèiligeadh ris san dràma agus an luchd-amais a tha iad ag amas air. Ciamar a tha sin soilleir dhut le bhith ga choimhead/leughadh? Dè na priomh chuspairean agus theachdaireachdan?

c. Tagh aon charactar às gach pìos a thagh thu agus dèan postair/brath rèidio air an son mar gu bheil iad air chall. Mìnich: coltas agus buadhan pearsanta, pearsa/nàdar, giùlan, blas no cainnt, rudan a tha a' seasamh a-mach mun deidhinn is eile. Cuideachd far am facas mu dheireadh iad.

d. Leis na notaichean a th' agad bhon obair gu h-àrd, cuir ri chèile taisbeanadh mu aon phios dràma a thagh thu mar gum biodh tu ga reic ri companaidh craolaidh/teilidh. Inns:

- ainm an dràma
- stoidhle is seòrsa dràma a th' ann.
- priomh charactaran
- plota agus structar
- cànan
- carson a tha e a dhìth orra: luchd-coimhid, beàrn, plota tarraigeach/freagarrach is eile.

Dh'fhaodadh tu PowerPoint a chleachdadh airson an taisbeanadh agad a thoirt beò.

## GEÀRR-CHUNNTAS

Sgriobh geàrr-chunntas mu phìos dràma a chunnaic thu. Ainnich tiotal a' phìos, far a bheil e a' gabhail àite, na prìomh charactaran agus beagan mun stoidhle agus mun phlota. Beachdaich air na cuspairean, tàemaichean no teachdaireachdan san dràma agus mar a chuir an dràma cleachdaidhean agus modhan dràma freagarrach gu feum gus an sgeulachd innse no a thoirt beò.

Seall air an eisimpleir gu h-ìosal airson stiùireadh:

*Doras Dùinte* le Catriona Lexy Chaimbeul

Tha Doras Dùinte ag innse sgeulachd mu Lydia Ross, boireannach ann an grèim an tinneis-inntinn agoraphobia, agus an loidsear annasach aice, Lindsay Guthrie. Tha an dàimh eadar na caractaran a' tighinn bhon chànan a th' aig an dithis aca, Gàidhlig. 'S e sgeulachd ghairiseach a th' ann a tha gad fhàgail ann an teagamh agus a tha a' coimhead ris a' chron a tha tighinn bho cheangalan mì-fhallain agus a' faighneachd dè cho fada 's a thèid sinn airson na ceangalan sin a chumail teann. 'S e dealbh-chluich ùr, co-aimsireach a th' ann, a' cleachdadadh dòighean libhridgidh, agus teicneòlas ùr airson an sgeulachd innse cho iomlan 's a ghabhas dha luchd-amais farsaing.

A' gabhail bheachdan bho obair leithid Hitchcock agus Patrick Hamilton, tha an dealbh-chluich seo a' coimhead gu mionaideach ri ceangalan dian, earbsa agus iomallachas.

(air a tharraing à <https://rachelkennedyactress.wordpress.com/2016/10/27/dualchas-is-litreacas-dealbhan-cluich-drama/>)

## LÈIRMHEAS

Sgrìobh lèirmheas airson dràma a chunnaic thu beò. Bidh an t-eisimpleir air an ath dhuilleig (mu dhealbh-chluich air a bheil *An Tango Mu Dheireadh ann am Partaig*) gu math feumail airson beachd a thoirt dhut air mar a dhèanadh tu a leithid.

Cleachd an stiùireadh a leanas gus do chuideachadh:

- Ro-ràdh ag innse aimm an dràma, cuin agus càit am faca tu e agus dè thug ort a dhol ga fhaicinn.
- Beachdan agus faireachdainn air an oidhche fhèin. Tog dealbh don leughadair air mar a bha cùisean nuair a nochd thu aig an taigh-chluiche/àite far an deach a thaisbeanadh. Dè bha thu an dùil agus an dòchas a bhith a' faighinn às?
- Beachdaich air an raon-taisbeanaidh agus na seallaidhean, seat agus sgeadachadh anns an dràma. Dè seòrsa atmosfir a chruthaich e?
- Geàrr-chunntas air an dràma agus am plota. Mìnich cho math is a shaoil thu a thug na cleasaichean cuspairean, tàamaichean agus brìgh no teachdaireachd a' phios beò. An robh criomag a sheas a-mach gu sònraichte dhut agus a ghlac d' aire airson adhbhar air choreigin? An deach cànan a chleachdad a chaidh a chleachdad gu sònraichte math?
- Mìnich a' bhuaidh a bha aig an dràma ort agus cho soirbheachail is a bha an taisbeanadh. Beachdaich air cò am priomh luchd-amais airson dràma den t-seòrsa agus carson. Dè thug an dràma ort a bhith a' smaoineachadh mu dheidhinn no cnuasachd air? An do dh'fhàg e thu le ceistean/smuaintean/faireachdainn shònraichte?

\*Faodaidh tu tòrr dhe do bheachd is d' fhaireachdainn fhèin a chleachdad a chonann an lèirmheas sam bith. Na biodh eagal ort sin a dhèanamh soilleir agus feuch gun cruthaich thu faireachdainn don leughadair mu cò ris a bha e coltach a bhith an làthair.



Air a' mhìos a chaidh, bha mi toilichte an trèana a ghabail bho Dhùn Èideann gu taobh siar Ghlaschu airson an dealbh-chluich as ùire fhaicinn ann an Òran Mòr. B' e seo a' chiad dealbh-chluich sa Ghàidhlig ann an Òran Mòr o chionn bhliadhnaichean – *An Tango mu Dheireadh ann am Partaig*.

Bha an t-àite loma-làn, 's bha luchd-labhairt na Gàidhlig agus na Beurla ann.

Chaidh an dealbh-chluich a choimiseanadh le Tèatar Nàiseanta na h-Alba, Òran Mòr, MG Alba agus BBC Alba. Chaidh a sgrìobhadh le Alison Lang, sgrìobhadair aithnichte a tha air dealbh-chluichean, nobhailean is filmichean goirid nua-aimsireil a chur a-mach ron a seo. B' e Muireann Ní Cheallaigh an stiùiriche.

Bha triùir san dealbh-chluich ùir seo: Moira (Màiri Mhoireasdan), bean-taighe shàraichte, Iain (Daibhidh Walker), an duine aice, is Lachaидh (Iain Beggs), an t-oide-dannsa diomhaireach aig Moira. Bhon chiad dol a-mach, bha e soilleir gur e caractar Moira a bha aig cridhe a' phios. Bha strì aice eadar dealas don duine aice is don phòsad, agus miann rudeigin ùr fheuchainn. Bha seo air a riochdachadh leis an dannsa agus le cruachain luaisgeach Lachaïdh.

Gu ìre mhòr dh'obraich an triùir glè mhath còmhla, mar ensemble. Bha e soilleir gun robh tuigse chruthachail eadar Moireasdan is Walker, 's iad air a bhith ag obair còmhla fad bhliadhnaichean ann an saoghal dràma Gàidhlig. Mar chluicheadair meadhanach ùr san t-saoghal sin, bha Beggs glè mhath.

Sa chàraid phòsta dhealbhaich Lang dithis air am biodh Gàidheil gu math eòlach; dithis

a bha Gàidhealach gun cùl ach gu math cofhurtail sa bheatha a chruthaich iad le chèile air tìr-mòr. Tromhpasan, thug Lang sùil gheur air a' Ghàidhlig fhèin is na bhios an cultar a' riochdachadh san linn sa bheil sinn beò; bha seo follaiseach san dòigh a chàin Moira is lain còisirean Gàidhlig is am Mòd Nàiseanta Rìoghail.

Rinn an stiùiriche feum mòr de chleas innleachdach le dà sgàthan, far an do nochd na fo-thiotalan Beurla. B' e deagh mheatafor lèirsinneach a bha sin, do na caractaran gu lèir, a chaidh tro phròiseas fèin-sgrùdaidh fhad 's a bha an sgeulachd a' fosgladh romhainn.

Le sin, shaoil mi gun do dh'obraich an dealbh-cluich math gu leòr airson an luchd-amais gu lèir. Bha rudeigin sna caractaran uile a dh'aithnicheadh is a chòrdadh ris an fheadhainn aig nach robh Gàidhlig, agus bha seudan beaga gu leòr de chultar na Gàidhlig ri fhaicinn cuideachd. Rinn Lang gu math a' tarraing sgeulachd ri chèile a bha coitcheann ann an dòigh. Bha mi mothachail gun tainig an sgeulachd seo gu crìoch ann an dòigh ris an robh an luchd-amais gu lèir an dùil.

Às dèidh làimhe, fhuair mi falalair air Ní Cheallaigh. Mhol mi am 'montage' far am faca sinn Moira eadar dà bheachd mun dithis fhireannach na beatha, le measgachadh de shàr actadh gun fhacal bhon triùir chleasaichean, dannsa agus ceòl. Dh'aidich Ní Cheallaigh gur i fhèin a chruthaich am pìos sin, nach robh sgrìobhte san sgriobt ann an dòigh shlàn; mhol i Lang mar sgrìobhadair airson pìos dràma ùr a chruthachadh a thug àite is cothrom do na cleasaichean is don stiùiriche a chur an cèill agus a mhìneachadh iad fhèin.

Saoilidh mi gun cuireadh Lang feum air cruth dràma na b' fhaide na bha ga thabhannd dhi ann an cruth *Pleidh, Paidh agus Pinnt*. Ann an àitean, thug an sgeulachd leuman mòra air adhart far an robh aig an sgrìobhadair ri pìosan a ghearradh. Dhòmhsha dheth, b' e caractar Lachaидh bu mhotha a dh'fhuiling, caractar a bha gu ìre mhath neo-leasachte. Cha do rinn an caractar ach mineachadh beag air ciamar a thàinig e fhèin gu dannsa, mar eileanach aig an robh barrachd eòlais air tractaran seach tango, is e air a thogail ann am Barraigh. Fhuair sinn seo ann an còmhradh goirid far an d' fhuair e eòlas air Moira aig a' chiad leasan aice, agus far an d' fhuair iad a-mach gun robh Gàidhlig aig an dithis aca. Chòrdadh e rium cuideachd, tuigse fhaighinn air lain is na rudan a rinn cron air a' phòsadh aige, a bharrachd air ùidh ann an càraichean agus uallach na h-obrach. Ann an cruth nas fhaide, tha mi cinnteach gun dèanadh an sgrìobhadair, an stiùiriche is na cleasaichean tòrr a bharrachd leis.

A dh'aindeoin nan laigsean sin, chòrd an dealbh-chluich rium gun teagamh, agus a' chleasachd a bha uaireannan brioghmhor is èibhinn. Chòrd e ris an luchd-amais cuideachd; sheall sin nach eil a' Ghàidhlig, mar mhodh sgrìobhaidh, na bacadh idir do luchd-amais dealasach *Pleidh, Paidh agus Pinnt*. Sheall an *Tango*, mar a bha fios againn, gun gabh dealbh-chluich, film, no dràma, a tha a cheart cho tarraingeach do luchd-amais sam bith, a chur air dòigh sa Ghàidhlig. Bha e follaiseach gun robh iadsan a bha an làthair taingeil sealladh fhaighinn air saoghal cànanach eile, taobh a-staigh Partaig mac-meanmnach Lang. Ged a b' e seo an tango mu dheireadh aig Moira, tha mi an dòchas nach e seo am *Pleidh, Paidh agus Pinnt* mu dheireadh a chì sinn sa Ghàidhlig.

# MION-SGRÙDADH AIR DRÀMA SÒNRAICHTÉ

## Obair: *Gruth is Uachdar*

Coimhead air an t-sreath *Gruth is Uachdar* - <https://www.storlann.co.uk/fileanta/bhidiothan/>

Is e dràma cunntasach a th' ann a tha stèidhichte air eachdraidh-beatha.

### Ceistean smaoineachaidh:

1. Dè an seòrsa dealbh a tha sinn a' faighinn den àite sa bheil e suidhichte? Mìnich mar a tha suidheachadh air a dhèanamh soilleir dhuinn san dràma. Smaoinich air an àm sa bheil e stèidhichte agus mar a tha sin soilleir.
2. Ainmich 3 rudan a tha air an sealltainn dhuinn sa phrògram mu dhòigh-beatha nan daoine.
3. Beachdaich air mar a tha ceòl air a chur gu feum san t-sreath. Thoir seachad aon eisimpleir a ghlac d' aire far an robh ceòl buadhdmhor san dràma.
4. Inns mu aonan de na ròlaistean/sgeulachdan a b' fheàrr a chòrd riut san t-sreath.
5. Seall mar a tha foghlam sgoile air atharrachadh bhon chiad phrògram chun an dàrna prògram. Saoil carson a tha seo air a shealltainn?
6. Ciamar a tha e air a dhèanamh soilleir dhuinn gu bheil Fionnlagh a' fàs suas tron dràma?
7. Mìnich mar a tha na rudan a leanas a' sealltainn an sgaraidh eadar caractaran sa choimhhearsnachd: airgead, foghlam, cànan, creideamh, dòigh-beatha.
8. Beachdaich air cuspairean trom a thog ceann sa phrògram. Mìnich mar a tha cruadal air a thaisbeanadh san dràma. Saoil dè an dealbh a tha an sgrìobhaiche a' feuchainn ri tharraing den t-sluagh aig an àm?
9. Smaoinich mun charactar aig Eachann. Beachdaich air carson a tha a leithid a' nochdadhan san dràma agus mu na tha e a' riochdachadh mar charactar.
10. Tha beatha air an eilean ag atharrachadh, beag air bheag, ro dheireadh pàirt 2. Mìnich na h-atharraichean agus beachdaich air carson a tha an t-atharrachadh seo cudromach don dràma. Dè tha an sgrìobhaiche a' feuchainn ri ràdh don luchd-amais?
11. Beachdaich air mar a tha dràma mar seo feumail dhuinn ann a bhith a' tuigsinn beatha nan Gàidheal bho chionn fhada.

## Obair 1

Leugh aon de na sgriobtan a leanas; *Shakespeare aig an Dotair* le Alasdair Caimbeul no *MacBeatha* le Iain Dòmhnaillach.

Sgìobh mu mar a b' urrainn dhut an dràma a thoirt beò is a dhèanamh tarraingeach do luchd-amais an latha an-diugh le bhith a' cleachdadadh rudan mar:

- faoin-dhràma
- seat, sgeadachadh agus àm
- cànan
- structar caochlaideach
- cleasan guth is gluasaid
- a' glacadh is a' gleidheadh mhòmaidean cudromach sa phlota

## Obair 2: Sgriobt a leugh/chunnaic thu

Coimhead an dràma *Na Faileasan* le Iain Mac a' Ghobhainn.

Sgìobh mun dràma, a' beachdachadh air na rudan a leanas gu h-àraid:

- sealladh agus seat
- caractaran agus inbhe
- plota agus mòmaidean cudromach
- atmosfir agus greimeachadh
- cànan

## Obair 3: Sgriobt a leugh/chunnaic thu

Leugh an dealbh-chluich *Am Fear a chaidh dhan Eilean* le Alasdair Caimbeul.

Smaoinich air mar a b' urrainn dhut na leanas a chleachdadadh gus an dealbh-chluich a thoirt beò. Na cleachd ach beagan dhiubh. Mìnich cuin a chleachdadadh tu iad san dràma agus carson a bhiodh iad freagarrach airson dràma den t-seòrsa.

- monolog
- bruidhinn leth-taobh
- aithris
- guth-thairis
- dà shealladh
- dealbh reòthte
- gluasad slaodach
- fèin-labhairt
- boillsgeadh (teachdail/caithte)

## Obair 4: Sgriobt a leugh/chunnaic thu

Leugh an dealbh-chluich An t-Aiseag le Pòl MacAonghais

Is e dràma rèidio a tha seo agus mar sin bidh cànan, guth agus cainnt air leth cudromach.

- Beachdaich air an dòigh sa bheil stiùireadh air a chur gu deagh fheum san sgriobt.
- Mìnich trì diofar mhòmaidean cudromach san dràma agus mar a tha an sgriobhaiche a' cruthachadh atmosfir no àirde sa phios.
- Smaoinich air trì amannan san dealbh-chluich far am biodh fuaimean SFX a dhìth agus mar a b' urrainnear an cleachdad.
- Feuch (le ceathrar eile) ris an dealbh-chluich a chlàradh. Dh'fhaodadh tu fuaimean SFX a lorg air-loidhne.

## Obair 5: Sgriobt a leugh/chunnaic thu

Seall air dràma leithid *An Ceasnachadh agus Sealladh* no air na criomagan dràma anns an teacsa *Am Pòsdadh Hiortach*. Is e piosan dràma cunntasach a th' annta gu lèir. Tha iad a' dèiligeadh ri cuspair a bha freagarrach agus cudromach ann an eachdraidh nan Gàidheal agus a' cur ris gus dràma agus fòcas a thoirt air a' chùis.

Feuch fhèin ri piosan cunntasach a lorg a tha a' bualachd air rudeigin a tha ag innse mu gin de na tachartasan/cuspairean/daoine cudromach a leanas ann an eachdraidh nan Gàidheal.

Cleachd làrach FilmG, air neo YouTube agus làraich eile airson teacsaineachan a lorg.  
Coimhead air na dealbh-chluichean a leanas airson seo:

- *Clach na Nathrach*
- *Cuibhl' an Fhortain* le Dòmhnull Mac a' Ghobhainn
- *Am Bàsachadh Mòr* le Dòmhnull Mac a' Ghobhainn
- *Tillidh gach Uan gu Innis* le Dòmhnull Mac a' Ghobhainn
- *Mac an t-Srònach* bho bheul-aithris
- *Briseadh na Cloiche* le Iain Moireach
- *Whisky Galore* le Compton Mackenzie
- *Coinneachadh san Dealachadh* le Pòl MacAonghais

An dèidh dhut an teacsa a sgrùdadadh, beachdaich air na dh'ionnsaich thu mun chuspair/neach air an robh e a' toirt iomradh agus an dòigh anns an robh an dràma a' coimhead air a' chùis/a' bheatha aca.

## A' PLANADH AISTE

### • Cùl-fhiosrachadh

Dè an seòrsa dràma a th' ann? Cò sgrìobh e? Càit am faicear e? Ainm a' phìos agus an t-adhbhar/amas. Far a bheil e stèidhichte (cuin agus càite?) Dè tha e a' dèiligeadh ris san fharsaingeachd?

Coimhead an t-eisimpleir bho *Doras Dùinte* le Catriona Lexy Chaimbeul. Air a stiùireadh le Muireann Kelly.

### • Plota

Dè na prìomh thachartasan agus amannan cudromach san dràma? Dèan bòrd-stòiridh agus mìnich tionndadh cudromach sam bith. Dè cnag na cùise aig deireadh a' phìos? A bheil adhbhar ann airson na chunnaic thu/chuala tu? Dè an seòrsa buaidh a thathar airson a thoirt air an luchd-amais?

### • Caractarachd

Coltas nan caractaran (cleachdайдhean, giùlan, cainnt, inbhe is eile). Smaoinich air faclan no abairtean feumail gus coltas caractar a mhineachadh.

Càirdeas agus còmhstrij le caractaran eile (inbhe).

Prìomh charactaran agus càirdeasan.

Mar a tha an caractar air a leasachadh no turas a' charactar tron dràma.

### • Tèamaichean

**Smaoinich an toiseach air na cuspairean a tha a' nochdadhan a' phìos:**

gaol, strì/còmhstrij, inbhe, nàiseantachd, poilitigs, caoidh, cianalas, càirdeas, cultar (fèin-aithne), fàs suas, firinn, mathanas/dìoghaltas...

**'S e an tèama mar a tha am prìomh chuspair air a chleachdadhan san dràma.** Mar eisimpleir, nàiseantachd – cha b' e goid a bh' ann.

### • Suidheachadh

Far a bheil gnothaichean a' gabhail àite. Dùthaich, sgìre, àite...

Sgeadachadh an t-seat. Dè tha timcheall air an t-seat? A bheil an sgeadachadh ag innse dhuinn gu bheil sinn aig àm sònraichte? A bheil gluasad ann an tìm ri fhaicinn sa phìos? Ainmich na prìomh sheallaidhean.

### • Stoidhle:

Seòrsa dràma?

Cànan/cainnt

Structar is gnàthasan deasachaidh: Cruth? Boillsgeadh cuimhne? Diofar sheallaidhean?

Stiùireadh (san sgriobt)?

Fuaim, solais is ceòl agus an seòrsa atmosfir no sunnd sa phìos.

### • Buaidh – pearsanta

Dè na ceistean/smaintean/faireachdainnean a dhùisg e annad?

Dè bha gu h-àraighe tarraigeach dhutsa? Caractar sònraichte/dòigh libhrigidh inntinneach/cànan no còmhradh/stoidhle? Carson?

An canadh tu gun robh e soirbheachail na amas? (Mìnich amasan a' phìos)

## CEISTEAN AISTE:

### (TAGH AON)

1. Thoir **cunntas air caractar** a bha tarraingeach dhut ann am pìos dràma agus beachdaich air:
  - Coltas: aghaidh agus bodhaig agus carson a tha an coltas sin orra
  - Giùlan: modh agus inbhe agus mar a tha e ag atharrachadh tron phìos
  - Cànan: guth, tòna, dòigh-labhairt, blas, aithris...
  - Do bheachd fhèin orra
  - Gnothaichean iomchaidh eile
2. Dràma a chunnaic thu far an robh an **seat buadhmhor** agus cudromach don phìos.
  - Càit a bheil e agus ciamar a tha e freagarrach?
  - Ciamar a chaidh a chur ri chèile gus a bhith buadhmhor?
  - Ciamar a chleachd na cleasaichean an seat ann an dòigh fheumail agus innleachdail?
  - Dè a' bhuaidh a bh' aige ort gu pearsanta?
  - Puingean iomchaidh sam bith eile
3. Sgrìobh mu phìos dràma a chunnaic thu a bha a' dèiligeadh ri **cuspair/cùis iomchaidh** airson luchd-amais an latha an-diugh.
  - Ainm a' phìos agus an companaidh riochdachaidh
  - Dè na cuspairean/gnothaichean/cùisean iomchaidh ris a bheil e a' dèiligeadh agus carson, nad bheachd, a tha iad freagarrach?
  - Dè na sgilean cleasachd agus cruthachaidh a bha air an cleachdadhbh airson na cuspairean/cùisean/gnothaichean a thoirt gud aire?
4. Mìnich na **dh'ionnsaich thu bho dhràma aithriseach** a chunnaic thu a bha stèidhichte air tachartas no air cuideigin.
  - Ainm a' phìos agus an sgioba riochdachaidh
  - Dè no cò mu dheidhinn a tha an dràma?
  - Ciamar a chuidich a' chleasachd no na gnothaichean teicnigeach gus am pìos a thoirt beò?
  - Mìnich na faireachdainnean a chaidh a dhùsgadh annad mar neach-coimhid.
5. Sgrìobh mu phìos dràma a chunnaic no a chuala tu far an robh an **cànan inntinneach/aithris tarraingeach**. Mìnich mar a bha an cànan air a chleachdadhbh gu soirbheachail, nad bheachd.
6. Inns mu dhràma anns an robh **car/tionndadh inntinneach sa phlota**. Mìnich am plota agus mar a tha e air a leasachadh tron phìos.

- 7.** Thoir cunntas mu charactar a bha tarraingeach dhut ann am pòs dràma. Mìnich carson a bha seo le bhith a' beachdachadh air:
- Coltas: fiamh-gnùis/aghaidh agus sgeadachadh
  - Giùlan, modh agus inbhe
  - Guth agus cainnt (cànan, tòna, blas)
  - Mar a tha an charactar a' leasachadh tron dràma
  - Do bheachd fhèin orra.
- 8.** Sgrìobh cunntas mu dhràma a chunnaic thu far an robh an **dealbh** agus an **seat/obair camara buadhdmhor**. Mìnich mar a bha an dealbh/sealladh freagarrach agus feumail don dràma.
- 9.** Sgrìobh mu dhràma a leugh/chunnaic thu a tha a' dèiligeadh ri **cuspair(ean)**/ **cùis(ean)**/**gnothach(ichean)** a tha **iomchaidh** do luchd-amais an latha an-diugh.
- 10.** Tha dràma aithriseach tric ag innse mu thachartasan/dhaoine cudromach ann an eachdraidh. Sgrìobh **lèirmheas air dràma aithriseach** a chunnaic thu agus mìnich mar a rinn an dràma an tachartas tarraingeach/inntinneach dhut.
- 11.** Beachdaich air dràma a leugh/chunnaic thu far an robh **cànan nan caractaran (no aithris) gu math luachmhor/beairteach**. Mìnich mar a bha an cànan air a thoirt beò gu soirbheachail sa phìos a chunnaic/leugh thu.
- 12.** Sgrìobh cunntas mu dhràma le **plota no structar annasach**. Inns mar a tha an stòiridh a' glacadh d' aire bhon toiseach, agus a' cumail d' aire. Inns mu thionndaidhean/charan sam bith san stòiridh agus a' bhuaidh a bh' aca ort. Beachdaich cuideachd air deireadh an dràma agus mar a bha thu a' faireachdainn aig an deireadh.



## MION-SGRÙDADH FARSAING

Cleachd na puinean stiùiridh gu h-iosal gus dràma a luachadh.

Bu chòir tuigse iomlan a bhith agad air gach diofar rud gu h-iosal agus gun tèid agad air am mìneachadh, le iomradh air an teacsa agus air buaidh gach rud air an luchd-amais.

1. Plota agus suidheachadh
  - a. Dè tha a' tachairt san dràma?
  - b. Càit a bheil e air a shuidheachadh agus cuin?
  - c. Feumaidh tu a bhith comasach air bruidhinn air an àite, an àrd-ùrlar agus deilbh an t-seata a chleachdadu tu airson an suidheachadh seo a dhèanamh follaiseach.
2. Tèamaichean agus teachdaireachd
  - a. Feumaidh tu co-dhiù 2 thèama aithneachadh, a dhearbhadh agus a mhìneachadh.
  - b. 'S dòcha gun tèid iarraidh ort cuideachd teachdaireachd dhràmadach aithneachadh agus a dhearbhadh.
3. Briathrachas guth agus gluasaid
  - a. Feumar briathrachas a chleachdadu airson bruidhinn air caractar a chluich, no prìomh mhòmaid eadar dà charactar no barrachd a thaisbeanadh.
  - b. Airson ceist mu stiùireadh, dh'fheumadh còmhradh a bhith ann mu dhòighean air guth agus gluasad a chleachdadu airson aon chleasaiche no barrachd a stiùireadh air an àrd-ùrlar.
4. Sunnd agus atmosfir
  - a. Feumaidh tu a bhith comasach air innse dè an sunnd agus an atmosfir aig diofar amannan san dràma.
  - b. 'S dòcha gun tèid faighneachd dhìot ciamar a chleachdadu tu sgilean riochdachaidh tèatair mar fuaim agus solais airson an sunnd no an atmosfir a chomharrachadh don luchd-amais.
5. Caractar agus dàimhean eadar caractaran
  - a. Pearsa/inbhe/amas/brosnachadh/adhbhar.
  - b. Thèid faighneachd dhìot ciamar a chleachdadu tu dòighean cleasachd airson an caractar seo a chur an cèill don luchd-amais.
  - c. 'S dòcha gun tèid faighneachd dhìot cuideachd ciamar a chleachdadu tu sgilean riochdachaidh tèatair eile mar èideadh, maise-gnùis, props, 's msaa airson an caractar seo a chomharrachadh.
6. Puing tionndaidh/prìomh mhòmaidean – aithnich agus dearbh iad.
7. Luchd-amais – aithnich agus dearbh iad.
8. Gniomhan pragtaigeach a rinn/a b' urrainn dhut a dhèanamh gus caractar/dàimhean/suidheachadh/tèama/teachdaireachd/sunnd 's msaa a thuigsinn – dè dh'ionnsaich thu?
  - a. Feumaidh tu a bhith comasach air barrachd air aon ghnìomh a mhìneachadh.
  - b. Feumaidh tu a bhith comasach air innse mar a chuidich an gniomh thu gus nithean mar suidheachadh/tèamaichean/sunnd agus atmsofir/mar a chluicheadh tu caractar sònraichte 's msaa a rannsachadh agus a thuigsinn.
9. Cànan – dè tha an cànan san earrainn a' cur ris a' phlota? Dè tha e a' foillseachadh mu na caractaran? Ciamar a tha e a' cur ri sunnd agus atmosfir an dràma?

# Stuthan-taic

## #1 FAIREACHDAINN

air bhioran	iosal nad inntinn	fo eagal mòr
feargach	troimh-a-chèile	iomagaineach
ann an gaol	air do bheò-ghlacadh	le cridhe briste
toilichte	brònach	riaraichte
air do shàrachadh	air bhoil	teaghach
searbh	air do mhaslachadh	deurach

sgith	moiteil	fèineil
fuar	fo iongnadh	mi-chofhurtail
soirbheachail	tàmailteach	coma co-dhiù
le gràin air cuideigin	fo uallach	seòlta
fo throm-bhròn	fadalach	duilich
mosach	nearbhasach	misneachail





## #2 ABAIR ACH BEAGAN

Ruith	Deiseil?
Taibhs	Breugaire
Argghh!	Cuidich mi!
Carson?	Mach à seo!
Greas ort!	Cuin?
Thalla	Sgoinneil
Tioraidh	A-nise
Aig an ospadal	Ist!
Os do chionn	Ro mheadhan-oidhche
Bu chòir naïre a bhith ort!	Ceart ma-tà
Dè?	Siuthad!
Agallamh	Cò?
Sguir dheth!	Mas fhior
Mo chreach!	Seall!
Càite?	Thoir dhomh e!
A-nochd	Dioghaltas
Chi sinn	Bi faiceallach!
Tha mi coma	Cuidichidh mi thu
Leig leam	Ach an aghaidh
Fosgail an litir	Sin agad e

### #3 CARACTARAN

Tha thu ann an trom-ghaoil (le fear/bean an taighe)
Tha thu gu math iarratach
Tha thu gu math faoin is gòrach
Bidh thu a' gluasad gu slaodach
'S e beul gun phutan a th' annad
'S e breugaire uabhasach a th' annad
Tha thu gu math diùid
Tha thu gu math diochuimhneach
Tha gràin agad air fear/bean an taighe
Tha thu gu math leanabail
'S e dannsair proifeiseanta a th' annad
Tha thu nad neach-turais air chall
Tha thu an-còmhnaidh gu math acrach
'S e sàr ghaisgeach a th' annad
Fàsaidh tu feargach mu rud sam bith
'S tu a' Bhanrigh
Tha thu àlainn... agus tha làn-fhios agad air
Tha thu aonranach agus tha thu airson caraidean a lorg
Tha thu a' dol air chall gu furasta
Tuitidh tu ann an gaol le gach neach a thachras riut
'S e comaig a th' annad
Tha thu gu math cùramach mun a h-uile càil
'S e farpais a th' anns a h-uile càil dhut
Tha thu gu math troimh-a-chèile/ionagaineach
Tha thu ag iarraidh aire gach neach ort
'S e ròbot a th' annad
Tha thu dìreach air èirigh an dèidh a bhith nad chadal airson 100 bliadhna
Tha caraid agad nach eil dha-riribh ann
'S e magnait a th' annad
Tha thu a' smaoineachadh gu bheil cumhachdan os-nàdarra agad
Cha do chaidil thu fad làithean
'S e neach-aithris spòrs a th' annad a nì aithris spòrs air gach nì a tha a' tachairt
Tha thu ann an teis-meadhan stoirm
Tha casan uabhasach trom ort
Tha ball-goilf steigte nad bheul
Tha thu a' smaoineachadh gu bheil thu àlainn
'S e suat mòr a th' annad
'S e sàirdseant a th' annad san arm
Tha trioblaid agad 's tu a' bramaidh gun sgur
'S e neach-ealain balbh-chluiche a th' annad
Tha an dà-shealladh agad
Tha thu a' gabhail an eagail ro fhuaimean beaga
Tha thu measail air glanadh/sgioblachadh
'S e sàr hippy a th' annad
'S e murtair a th' annad, a' teicheadh bhon phoileas
Tha thu a' smaoineachadh gur e cù a th' annad

#### #4 TARRAING AN DEALBH



## #5 SEANFHACAIL

An car a th' anns an t-seann mhaide is duilich a thoirt às.

An t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh bòidheach.

Cha tig às a' phoit ach an toit a thèid innte.

'S e obair latha töiseachadh.

Cha bhi meas air uisge na tobrach gus an tiormaich e.

Chaidh an ceòl air feadh na fidhle.

Cha tig buannachd gun strì.

'S fheàrr a bhith dhìth a' chinn na bhith dhìth an fhasain.

Mar a chì na big, nì na big.

Nithear càrn mòr le clachan beaga.

Cha dèan brògan tioram iasgach.

Is math an sgàthan sùil caraid.

Cha do dhùin doras nach do dh'fhosgail doras.

An làmh a bheir, 's i a gheibh.

A rèir do mheas ort fhèin, measaidh càch thu.

Feumaidh duine a bhith greis gòrach, mus fàs e glic.

Thèid an t-iasg marbh leis an t-sruth. Thèid an t-iasg beò na aghaidh.

Chan ann leis a' chiad bhuille a thuiteas a' chraobh.

An rud a thig leis a' ghaoith, falbhaidh e leis an uisge.

'S fheàrr caraid sa chùirt na crùn san sporan.

Is fheàrr droch thòiseachadh na gun a bhith töiseachadh idir.

Nuair a tha an deoch a-staigh, bidh a' chiall a-muigh.

Cha tig an aois leatha fhèin.

Mas breug bhuam e, is breug thugam e.

An rud nach buin dhut, na buin dha.

Comhairle bhuam nach d' fhuaireadh agam.

Am fear a ghleidheas a theanga, gleidhidh e a charaid.

Chan fhaodar a' bhò a reic agus a bainne òl.

Is fheàrr feuchainn na bhith san dùil.

Am fear a bhios a' riarrachadh na maraige, bidh an ceann reamhar aige fhèin.

## #6 ABAIRTEAN IS GNÀTHASAN-CAINNTE

Bho bhun gu bàrr	Ge b' oil leat
Bho àm gu àm	Bha an cuthach dearg orm
Bho mhoch gu dubh	Hibleag-hoblag
Cho luath 's as urrainn dhomh	An urra riut fhèin
Cho sean ri na monaidhean	'S e do bheatha
Cnag na cùise	Làn dì do bheatha
Thoir do chasan leat	Ò mo nàire
Nach buidhe (dhut/do...)	Mo thogair
Mean air mhean/beag air bheag	Neo-ar-thaing dhutsa
Theab (mi/e/i/x)	Ann am priobadh na sùla
Ann am beul a' bhaile	A' dol às àicheadh
Gu h-obann	Cùis-nàire
Mar chlach às an adhar	B' àillibh?
'S mòr am beud	Làmh-an-uachdair
Cho faoin ri na h-uiseagan	Cha b' e ruith ach leum
Nach ann air/oirre a thàinig an dà latha	Gura math a thèid leat
Cha b' e a cheannach a rinn e	Mar chuthag ann an ceò
Fòghnaidh na dh'fhòghnas	Ann am brochan
Gu sealladh orm	Abair...
Air an aon ràmh	Ag èirigh 's a' gearan
Coma leat	Ag obair air mo cheann fhèin
'S math an airidh	'S beag an t-iongnadh
'S math sin	Cho fuar ris a' phuinnsean
Nach neònach/math sin?	Cho fallain ri fiadh
Dall ort	Cho sgìth ri seann chù
Ghabh X san t-sròin e	Cho luath ris a' ghaoith
Cas a' tighinn, cas a' falbh	Cho rèidh ri dà cheann eich
Cluas ri claisneachd	
Eadar dà bheachd	

## #7 LOIDHNICHEAN TÒISEACHAIDH

'Carson a leig mi leat ar toirt an seo? Abair briseadh-dùil.'

'Tha mi cho sgìth...B' fheàrr leam nach robh againn ri falbh a-nochd.'

'Dè cho fad' 's a dh'fheumas sinn feitheamh an seo?'

'Uill, nach e sinn a bha toilichte'

'Feumaidh gur e seo an latha as miosa dem bheatha.'

'Tha seo uabhasach. Am faod sinn a dhol dhachaigh?'

'Tha e a' fàs dorcha... nach bu chòir dhuinn tilleadh?'

'A bheil againn ri dhol a-steach an sin?'

'Oidhche mhath, chì mi a-màireach thu.'

## #8 LOIDHNICHEAN CRÌOCHNACHAIDH

'Uau! Bha sin miorbhaileach!'

'Greas ort! Tha e dol a spreadhadh!'

'Na dèan sin. Stad!'

'Cuidich mi! Cuideigin, cuidich mi ... Ahhhhh!'

'Obh, obh. Tha e tighinn an taobh sa ... Òoo...'

'Rinn sinn e! Chan urrainn dhomh chreidsinn gun do rinn sinn e!'

'Cuir sìos an gunna! ... Na dèan e! ... Arrgggghh!'

'Cosgaidh seo dhut ... do bheatha!'

'Na cuir a-steach an sin mi. Gabh truas rium?!'

## #9 LOIDHNICHEAN FEUMAIL

Loidhnichean feumail eile le diofar ìrean de lùths annta. Cleachd measgachadh de loidhnichean anns a bheil lùths iosal, meadhanach agus àrd a dhìth sa chluich.

'Siuthad, thusa an toiseach.'
"S gann gun creid mi gun do rinn thu sin!"
'Bha sin dìreach mìorbhaileach!'
'Dè tha thusa a' dèanamh an seo?'
'Dè cho fad' 's a tha fios air a bhith agad?'
'Tha fios agam dè rinn thu a-raoir.'
'Tha an t-eagal orm!'
'Tha thu a' cleith rudeigin bhuam. Tha làn-fhios agam gu bheil!'
'Carson nach do dh'inns thu dhomh?'
'Cuir do làmh orm agus cuiridh mi a dh'iarraidh a' phoilis!'
'Cò thug sin a-steach an seo?'
'Ò gu sealladh orm, tha e teannadh oirnn!'
'A bheil thu cinnteach gum bu chòir dhuinn seo a dhèanamh?'
'Stad dìreach far a bheil thu!'
'Bha fios agam gun lorgainn an seo thu!'

'Mealaibh ur naidheachd, 's e gille a th' ann!'
'Thalla, 's na till an seo a-chaoividh!'
'Tha mi fàgail binn-prìosain 50 bliadhna ort!'
'Agus a-nise, nach can sinn soraidh slàn ri ar caraid, Anndra.'
'Am pòs thu mi?'
'Ò mo chreach, tha i marbh!'
'Tha trì rudan agam ri ràdh riutsa – latha na gocaireachd!'
'Chan eil mi ag iarraidh bruidhinn riut tuilleadh.'
'Tha mi duilich.'
'Na dèan sin, amadain/òinseach!'
'Chan inns mi do dhuine beò, air m' onair.'
'Ààà, tha tubaist gu bhith againn!'
'Gun teagamh, pòsaidh mi thu!'
'Chan eil thu ach grod.'
'Mach às an taigh agam agus na till gu bràth!'
'Chan eil fhios agam dè dhèanainn às d' aonais.'

## #10 SGRIOBT: MÈIRLE

(A a' leughadh. Nochdaidh B, gu feargach)

A: Haidh, a charaid!

B: Thoir air ais dhomh e!

(Mòmaid)

A: Thoir dhut dè air ais?

B: Mo sporan. Ghoid thu e – thoir dhomh air ais e.

A: Chan eil do sporan agam.

B: 'S e breugair agus mèirleach a th' annad a-nise, an e?

A: Dè idir a dh'èirich dhut? Cha bu mhì a rinn e.

B: Ghoid thu rudan roimhe, 's a-nise tha thu a' goid bhuamsa.

A: Tha fios agam gun do rinn mi sin cheana, ach tha mi air atharrachadh bhon uair sin!

B: Aidh, mas fhior! Thoir dhomh air ais e!

A: CHAN EIL E AGAM.

B: UILL, CÀIT A BHEIL E MA-THÀ?

(Nochdaidh C)

C: Dè tha dol air adhart an seo?

B: Ghoid e/i mo sporan.

A: Cha do ghoid mi.

B: Dìreach, thoir dhomh e.

A: CHAN EIL E AGAM!

C: Chan eil e aige/aice

B: Ò, gu dearbh?

C: Seadh. Lorg mi seo na bu tràithe. Feumaidh gur ann leatsa a tha e.

(C a' toirt seachad an sporain do B)

## #11 SUIDHEACHADH

- Stiùiriche a' toirt stiùireadh do chleasaiche cliobach, gun fheum, air tuarastal ro àrd
- Ban-fhiosaiche agus neach-dèiligidh
- Gruagaire agus neach-dèiligidh (an dèidh droch obair-gruagaireachd)
- Neach-togail-dhealbh agus sàr-mhodail doirbh
- Maor-trafaig agus dràibhear a tha dìreach a' dol a dh'fhaighinn tiogaid
- Càraid phòsta a' coimhead TBh – a' trod mu sheanailean
- Roinn-èiginn an ospadail – nurs a' toirt droch naidheachd do theaghach
- Dithis, gun dachaigh, ag argamaid mu bhogsa/phàipear-naidheachd/bheing
- Dithis nach eil eòlach air a chèile air trèana – aon neach a' lasadh toit ged a tha smocadh toirmisgte
- Neach fo amharas ga cheasnachadh leis a' phoileas
- Ceannard a' cur neach-obrach às an dreuchd aca
- Ceannaiche-siubhail agus peinnseanair aonaranach
- Boireannach an dùil ri leanabh 's air a bheil eagal ro àiteachan dùinte, glacte ann an lioft
- Agallamh airson obair
- Pàrant agus deugaire – an deugaire trì uairean a thìde fadalach, am pàrant a' fuireach air an cois air an son
- Balach ag iarraidh air a leannan a phòsad – ise a' feuchainn ri faighinn cuidhteas dheth
- Sgoilear air a chur chun a' cheannaird air sgàth 's an dol-a-mach aige
- Dotair agus euslainteach, an t-euslainteach dubhachail is iomagain mhòr air gu bheil droch thinneas air
- Dà neach-carachd a' blàthachadh ro fharpais

## #12 SGRIOBT (DITHIS)

- AON** Aobh! Carson a rinn thu sin?!
- DHÀ** 'S math an airidh is tu nad bhreugaire.
- AON** Oidh! Cò ris a tha thu a' bruidhinn?
- DHÀ** Uuummm ... RIUTSA?!
- AON** Dè?! Cha do rinn mi càil.
- DHÀ** Aidh, aidh ... mas fhìor!
- AON** 'S e an fhìrinn a th' agam. Carson a ... ?
- DHÀ** Dìreach dùin do chab!
- AON** (A' *gul*) Carson a dh'fheumas tu bhith mar seo?
- DHÀ** Ò, gu-dearbh!? A' rà nail mar leanabh!
- AON** Cha do rinn mi dad ceàrr!
- DHÀ** Ha ha! Tha thu cho faoin!
- AON** Sguir a ghàireachdainn!
- DHÀ** Carson? 'S e cùis-mhagaidh a th' annad!
- AON** Chan eil mi ach airson a bhith nam charaid dhut.
- DHÀ** Caraid, dhòmhsha? Chan eil mi an dùil...
- AON** Dìreach inns dhomh na rinn mi ceàrr.
- DHÀ** Òòò, tha mi fàs CHO sgìth dhe seo!
- AON** A' fàs sgìth dhe dè?
- DHÀ** Duh... Fhios agad? Thu fhèin is Daibhidh?
- AON** Ooah. Fuirich mionaid.
- DHÀ** Aobh! Leig às mi!
- AON** Cha deach mise faisg air Daibhidh.
- DHÀ** Aidh, seadh. Dìreach leig às mo ghàirdean!
- AON** Sin e! Tha mi dol ga lorg.
- DHÀ** Cha tèid do chas. Fàg thusa e!
- AON** Mach às mo rathad! Tha mi dol a chur seo ceart ann an dòigh air choreigin.

## #13 SGRIOBT (TRIÙIR)

- DHÀ** Ist, nach bi thu sàmhach?
- AON** Dè tha ceàrr? Eagal ort ron dorchadas?
- DHÀ** Na bi cho górách! Gu dearbh, chan eil.
- AON & TRÌ** Hi hì! Tha an t-eagal oirre!
- AON** Òòòòòòòòòòò!!
- DHÀ** Aobh! Leig às mi!
- TRÌ** Ut, seall ... tha an t-eagal oirre!
- AON & TRÌ** Ha ha!
- DHÀ** Ugh, tha sibh cho leanabail!
- AON & TRÌ** *Ugh, tha sibh cho leanabail!*
- DHÀ** Och, nach fàs sibh suas?
- AON** Oah! ... Dè bha siud?
- DHÀ** Sguir dheth! Chan eil e èibhinn tuill...
- AON** Iiisst! Chan ann ri spòrs a tha mi!
- DHÀ** Chan eil mi cho slac sin!
- TRÌ** Fuirich ort! Chuala mise e cuideachd!
- AON** Bha e mar gun robh am fuaim a' tighinn às ... (*A' sanais, gu faiceallach.*) às a sin.
- DHÀ** Sguiribh dheth!
- AON** Tiugainnibh! Gun toir sinn sùil.
- DHÀ** Aoah, a bheil thu glic?
- TRÌ** Ot! Abair bëibidh.
- AON** Cùm do ghuth sìos air eagal 's gun cluinn e sinn.
- TRÌ** Psssst! An tuirt thu, 'e'?
- AON** Thuirt. Nis, bi sàmhach is thig a-nall an seo!
- TRÌ** Uill, 's dòcha gum bu chòir dhuinn feitheamh an seo tiotan?
- AON** Och, na tòisich thusa a ghearan! Tha thu cho dona rithese!
- TRÌ** Chan eil mi!
- AON** 'S tu tha!
- TRÌ** Dìreach dùin do bheul!
- AON** Na can riomsa dè nì mi...
- DHÀ** Illean ... illean!! Na coimheadaibh an-dràsta ach tha rudeigin air ur cùlaibh...!
- AON & TRÌ** Aaaghgggh!!

## #14 SGRIOBT (CEATHRAR)

- AON** Aobh! Bha sin gu math goirt!
- DHÀ** Och, 's bochd sin!
- TRÌ** Seadh, is bochd gu bheil ise fhathast an seo!
- DHÀ & TRÌ** Ha ha ha!
- AON** Bu hù! Sguiribh a ghàireachdainn!
- DHÀ & TRÌ** *Sguiribh a ghàireachdainn! Ha ha!*
- AON** Sguiribh dheth! Tha sibh a' smaoineachadh gu bheil sibh cho dàna!
- TRÌ** Chan eil sinn a' smaoineachadh...
- DHÀ & TRÌ** ...THA FIOS AGAINN!
- DHÀ** Ha! Gabh sin.
- AON** Ceart! Sin gu leòr! ... Tha mi dol a dh'innse oirbh.
- DHÀ** Ùùùù! Tha sinn air CHRITH leis an eagal!
- AON** Bithidh sibh! (AON *a-ruith air falbh.*)
- TRÌ** Aidh, siuthad ... siuthad is inns! Bèibidh mòr!
- DHÀ** Abair amadan/òinseach!
- CEITHIR** An dithis agaibhse! Thigibh a-nall an seo!
- TRÌ** Och, seo sinn, cha do rinn sinn càil ceàrr, Miss!
- DHÀ** Aidh. Is ise as coireach,'s ise...
- CEITHIR** SÀMHACH! Chan eil mi airson an còrr a chluinntinn!
- DHÀ** Dè? Cha leig thu leinn bruidhinn fiù 's?
- CEITHIR** Gheibh sibh an cothrom, ann an ùine nach bi fada.
- TRÌ** (Ri AON.) Cha do rinn sinn dad ceàrr. Ise a bh' ann!
- AON** Mise?
- DHÀ** Seadh, thusa! A bhumailear!
- DHÀ & TRÌ** Ha ha!
- CEITHIR** Ceart, sin agaibh e! *Detention airson an dithis agaibh!*
- DHÀ** (Busach) 'S ise a thòisich e.
- AON** Aidh, ceart, bumailearan le chèile!
- CEITHIR** Uoah! Fòghnaidh na dh'fhònas de sin, a nighean!
- TRÌ** Aidh, inns thusa dhi, Miss!
- CEITHIR** Ceart. Sin gu leòr den nonsaireachd seo. Don oifis agamsa, an triùir agaibh!
- AON, DHÀ & TRÌ** (A' cur na aghaidh gu mòr.) Òòòòòòòòò!
- CEITHIR** Sa bhad!
- DHÀ** Feumaidh tu ar glacadh an toiseach.
- TRÌ** Aidh, chì mi rithist sibh!
- CEITHIR** Stadaibh! Thigibh air ais ... THIGIBH AIR AIS!

## #15 SGRIOBT

**Tha mi cinnteach às**  
Sgriobt do dhithis. Gnè sam bith.

- A. Chan eil gaol aige/aice orm tuilleadh.
- B. Ciamar a tha fios agad air a sin?
- C. Tha mi cinnteach às.
- D. Ciamar as urrainn dhut a bhith cinnteach às?
- E. Dh'fhòn mi thuige/thuice a-raoir.
- F. Seadh, agus?
- G. Bha am fòn aige/aice dheth.
- H. Fad na h-oidhche?
- I. Seadh, fad na h-oidhche.
- J. Bheil fhios agad far an robh e/i a-raoir?
- K. Tha, tha làn-fhios agam.
- L. A bheil? Càite?
- M. Còmhla ri cuideigin eile.
- N. Ò, tha mi a' tuigsinn.
- O. Bha fios agam gun robh rudeigin fada ceàrr nuair nach do dh'fhòn e/i thugam. Bha dùil agam gum b' urrainn dhomh earbs' a chur ann/innte. Bha còir fios a bhith agam.
- P. 'S dòcha gu bheil thu ceàrr?
- Q. Chan eil mi ceàrr. Tha mi cinnteach às. Sin e seachad.

1. Mar gur e caraidean math, dlùth a th' ann an A agus B. Tha B taiceil ri A.
2. Mar gu bheil làn-fhios aig B mu naidheachd A, oir is e/i an "neach eile."
3. Mar gu bheil fios aig A gur e B an "neach eile" ach nach eil fios aig B gu bheil fios aca.
4. Mar gu bheil fios aig an dithis aca air an aon rud – gur e B an neach eile.
5. Mar gu bheil e a' dualadh air B leteach slighe tron chòmhradh gu bheil fios aig A mun deidhinn.

## #16 SGRIOBT

### Gheall thu!

- A. Gheall thu dhomh nach innseadh tu do dhuine beò!  
B. Cha do dh'innс.  
A. Uill tha sin annasach oir tha e coltach gu bheil fios aig a h-uile duine a-nise.  
B. A bheil dha-rìribh?  
A. Seadh, dha-rìribh.  
B. 'S dòcha gun d' fhuair iad a-mach bho chuideigin eile.  
A. Cha b' urrainn sin a bhith.  
B. Ciamar nach b' urrainn?  
A. Oir 's tu an aon neach anns an do chuir mi earbs'.  
B. Agus tha thu a' smaoineachadh gun deach mi timcheall ag innse dhan a h-uile duine?  
A. Seadh, sin direach na tha mi a' smaoineachadh. Gur e breugaire a th' annad.  
B. Chan eil sin cothromach. Cha do dh'fhosgail mi mo bheul...  
A. Feumaidh gun do chòrd e riut glan agus aire a h-uile duine ort leis an naidheachd mhòir agad.  
B. Abair sgudal – cha tuirt mi guth – co-dhiù chan urrainn dhut dearbhadh gur mi a bh' ann.  
A. Chan urrainn ach chan eil fhios agam a bheil mi airson a bhith faisg ort tuilleadh.

- |   |
|---|
| 1. Mar gu bheil A troimh-a-chèile agus B coma co-dhiù   |
| 2. Mar gu bheil B iomagaineach is ciontach oir tha fios aca gun do leig iad an naidheachd mu sgaoil |
| 3. Tha A gu math socair agus tha B a' gabhail uallach uabhasach.                                    |
| 4. Tha A a' fàs mì-chinnteach letheach slighe tron chòmhradh.                                       |

### Tuilleadh obrach:

1. Smaoinich air an t-seòrsa suidheachaidh anns a bheil an dithis seo. Saoil dè tha air tachairt?
2. Cuir toiseach agus/no deireadh ris an sgeids seo a sheallas mar a thachair ro-laimh/às dèidh làimhe. An uair sin, còmhla ri caraid, seall an sgeids slàn don chlas.

## #17 FUATH

**Roinn na loidhnichean anns na sgriobtan a leanas eadar dithis no triùir a chluicheas no a leughas iad.**

### Clann-nighean

- Seall, sin i.
- Tha i smaoineachadh gur e mìorbhail a th' innte.
- A' smaoineachadh gu bheil i cho brèagha.
- 'S beag orm mar a tha aire a h-uile duine oirre fad na h-ùine.
- Dè th' aice ormsa?
- Am faca tu i a' cluich teanas an-dè?
- Chunnaic.
- Bidh i ri foill-chluich.
- Seadh. Tha fios agam.
- Tha mi cho sgìth dhi.
- Tha 's mi fhìn.
- Tha na gillean gu lèir a' dol craicte timcheall oirre.
- Chan eil iad ach nam balaich bheag fhaoin.
- Tha mise mòran nas bòidhche na tha ise.
- 'S tu tha.
- Seall a falt. Dh'fhaodainn m' fhalt fhèin a chàradh mar sin, nam bithinn ag iarraidh.
- Tha i a' coimhead a-nall.
- Na leig ort gum faca tu i. Tha i ag iarraidh oirnn a bhith eudach.
- Tha gràin agam air daoine mar a seòrsa.
- Aidh, nighean na mallachd. Thugainn...

## #18 FUATH

**Roinn na loidhnichean anns na sgriobtan a leanas eadar dithis no triùir a chluicheas no a leughas iad.**

### Gillean

- Seall, sin e.
- Bheil e smaoineachadh gur e Èairdsidh a th' ann ro rudeigin?
- Tha e cho fada na bharail fhèin.
- Dè th' aige ormsa?
- Am faca tu an tadhala a fhuair e?
- Chunnaic. Tadhala fortanach. Bhiodh mo sheanmhair air an tadhala ud fhaighinn.
- Bhuaile a-steach e le ghàirdean.
- Aidh, a' smaoineachadh gur e mìorbhail a th' ann fhèin.
- 'S e mealltair a th' ann.
- Seadh. Tha fios agam. Dìreach bhon a tha deuchainn aige aig United an-ath-sheachdain.
- Carson a tha esan daonnan fon phrosbaig? Tha e gam shàrachadh!
- Tha a h-uile nighean ann an gaol leis. Abair òinsich a th' annta mun cuairt air.
- Uill, 's iad a tha faoin. Tha mise nas eireachdaile na e.
- Is beag orm e. Tha e cho mòr às fhèin.
- Am faca tu e cuide ri Lusaидh Nic an Tàilleir?
- Abair pìos....
- Dh'íarr i orm a dhol a-mach cuide rithe an t-seachdain seo chaidh is thuirt mi rithe nach rachadh mo chas.
- Dh'fhaighnich i dhutsa an rachadh tu mach cuide rithe agus dhiùlt thu i?
- Aidh. Chuirinn geall gu bheil farmad air gun do dh'fhaighnich i dhòmhais an toiseach.
- Seadh. Cuiridh mi geall. Tiugainn. Gheibh sinn tiops air an t-slighe dhachaigh.

## #19 SGRIOBT STRÌ (DITHIS)

- AON Hoidh! Dè tha thusa ris?
- DHÀ Chan e do ghnothach e.
- AON Dè thuirt thu?
- DHÀ Chuala tu mi!
- AON Thoir an aire air do bheul!
- DHÀ Ò seadh? Air neo dè?
- AON Chì thu!
- DHÀ Ò ... mas fhior.
- AON Mach à seo, sa bhad!
- DHÀ Thalla 's cagainn bruis!
- AON Thuirt mi...
- DHÀ Tha làn-fhios agam dè thuirt thu!
- AON Ceart! Bheir mi dhut còig diogan airson teicheadh.
- DHA 5, 4, 3, 2, 1 ... ò, seall ... Tha mi fhathast an seo.
- AON Nach do dh'innns mi dhut...

*STRÌ!*

## #20 SGRIOBT STRÌ (DITHIS)

- AON:** Càit an robh thu? Bha mi a' feitheamh còrr is uair a thìde riut?
- DHÀ:** Uill ... Fhios agad ... 'S ann a bha...
- AON:** Dè? Bha thu air diòchuimhneachadh? Cha b' urrainn dhut a bhith air do bhodraigeadh innse dhomh?
- DHÀ:** Eh? Chuir mi teacsa thugad!
- AON:** Cha do chuir!
- DHÀ:** Chuir mi!
- AON:** Sguir dhe na breugan!
- DHÀ:** Ceart. Dhìochuimhnich mi. Dè tha ceàrr air sin?
- AON:** Dè tha ceàrr air sin? Dè ach gu bheil mise a' coimhead nam òinsich/amadan.
- DHÀ:** Air do shocair.
- AON:** Air mo shocair! Nach eil thu a' tuigsinn gun deach mo nàrachadh?
- DHÀ:** Cha b' e mo choire-sa gun robh thu a' faireachdainn mar sin!
- AON:** Cò as coireach ma-thà?
- DHÀ:** Dhìochuimhnich mi, sin e!
- AON:** Uill feuch ri seo a dhìochuimhneachadh ma-thà!

*STRÌ!*

## #21 SGRIOBT STRÌ (DITHIS)

- AON:** Inns dhomh!
- DHÀ:** Chan inns.
- AON:** Thuirt mi riut, inns dhomh!
- DHÀ:** Chuala mi dè thuirt thu.
- AON:** Na tòisich air do mhì-mhodh. Chan fhalbh sinn às a seo gus an tòisich thu air bruidhinn.
- DHÀ:** Uill, 's fheàrr dhut suidhe oir bidh thu a' feitheamh greis.
- AON:** Od! Sguir a bhith cho leanabail. Mura tòisich thu air bruidhinn, bidh agam ri...
- DHÀ:** Dè? Dè nì thu?
- AON:** Chì thu...
- DHÀ:** Siuthad ma-thà, seall dhomh!
- AON:** Na bi gam phiobrachadh.
- DHÀ:** Chan eil thu a' cur an eagail ormsa.
- AON:** Ò, nach eil? 'S dòcha gum bu chòir an t-eagal a bhith ort.
- DHÀ:** Dè idir a tha thu a' ciallachadh le sin?
- AON:** Tha mi a' ciallachadh seo...

*STRÌ!*

## #22 SGRIOBH STRÌ (DITHIS)

- AON: Càit an robh thu?
- DHÀ: Cha robh an àite sam bith!
- AON: Na inns breugan dhomh.
- DHÀ: 'S e an fhìrinn a th' agam!
- AON: Tha làn-fhios agam dè tha thu air a bhith ris!
- DHÀ: Chan eil fhios agad air càil den t-seòrsa!
- AON: Ò, gu dearbh?
- DHÀ: Dìreach dùin do bheul!
- AON: Na bruidhinn riumsa mar sin!
- DHÀ: Bruidhnidh mi riut mar a thogras mi fhèin!
- AON: Cuiridh mi a dh'iarraidh nam poileas.
- DHÀ: Dèan sin agus...
- AON: Dè? Dè tha thu a' dol a dhèanamh?
- DHÀ: Chan eil thu ag iarraidh fhaighinn a-mach.
- AON: Ach tha! Siuthad, inns dhomh!
- DHÀ: Tha thu airidh air seo!

*STRÌ!*

## #23 SGRIOBT STRÌ (TRIÙIR)

- AON: Càit an robh thusa?
- DHÀ: Cha robh an àite sam bith!
- TRÌ: Na inns breugan dhuinn.
- DHÀ: Chan eil mi!
- TRÌ: Tha làn-fhios againn dè tha thu air a bhith ris!
- DHÀ: Chan eil fhios agaibh air sòn!
- AON: Ò, gu dearbh?
- DHÀ: Dìreach dùinibh ur beòil!
- AON: Na bruidhinn rinne mar sin!
- DHÀ: Nì mi mar a thogras mi fhèin!
- TRÌ: An tèid sinn a dh'iarraidh nam poileas?
- DHÀ: Dèanaibh a leithid agus bheir mise dhuibh e...
- AON: Dè? Dè tha thu a' dol a thoirt dhuinn?
- DHÀ: Chan eil sibh airson fhaighinn a-mach.
- TRÌ: Ò, ach tha! Siuthad, inns dhuinn.
- DHÀ: Chan eil mi a' dol a dh'innse càil dhuibhse!
- AON: Mar a shaoil sinn ... làn cac!
- DHÀ: Tha sibh airidh air seo!

*STRÌ!*

#24 CÀNAN-BODHAIG



## #25 COLTAS

air bhioran	ìosal nad inntinn	fo eagal mòr
feargach	troimh-a-chèile	iomagaineach
ann an gaol	air do bheò-ghlacadh	le cridhe briste
toilichte	brònach	riaraichte
air do shàrachadh	air bhoil	teaghach
searbh	air do mhaslachadh	deurach

sgìth	moiteil	fèineil
fuar	fo iongnadh	mì-chofhurtail
soirbheachail	tàmailteach	coma co-dhiù
le gràin air cuideigin	fo uallach	seòlta
brònach	fadalach	duilich
mosach	nearbhasach	misneachail

## #26 SGRIOBT

### An Coinneachadh Caochlaideach

- A: Hi. Ciamar a tha thu?  
B: Gu dòigheil, tapadh leat. 'S tu fhèin?  
A: Dìreach san àbhaist. Dè tha air a bhith a' dol agad?  
B: Od, chan eil mòran. A' cumail trang.  
A: Uill ... bha e math tachairt riut.  
B: 'S e bha. Uill, mar sin leat.  
A: Tioraidh.

1. Dithis bhogsairean a bhios an aghaidh a chèile ann am maids a-màireach
2. Euslainteach san ospadal agus caraid a tha a' tadhail orra
3. Dithis sheann daoine a tha gu math bodhar
4. Ròbot agus an neach a chruthaich e
5. Dithis a b' àbhaist a bhith pòsta aig a chèile
6. Dithis ann an trom-ghaoil ach a tha pòsta mar-thà
7. Dithis a tha air a dhol a-mach air a chèile
8. Uachdaran agus neach-còmhnaidh nach do phàigh màl
9. Tidsear a thug droch chomharra do sgoilear is iad a' coinneachadh an ceann bhliadhnaichean
10. Dithis a choinnich roimhe ach nach eil cinnteach càite
11. Dithis neach-brathaidh a' coinneachadh am meadhan na h-oidhche
12. A' tachairt ri seann bhràmair sgoile aig an stèisean rèile
13. Neach-rannsachaidh agus eucorach
14. Burraidh agus seann nàmhaid

Cuimhnichibh na diofar dhòighean air guth is gluasad a chleachdad mar a bhios iomchaidh anns gach suidheachadh gu h-àrd.

Smaoinichibh air rudan leithid àirde is astar guth, cànan-bodhaig is giùlan nur gluasad, glacadh-sùla is eile.

## #27 SGRIOBT

Leanaibh an stiùireadh san sgriobt gu faiceallach gus a chluich mar a thèid iarraidh.  
Cleachdaibh diofar dhòighean gluasaid a bhiodh freagarrach.

### *Am Burraidh*

(A a' nochdadadh gu teaghach, agus a' suidhe sìos.  
Nochdaidh B agus gu sàmhach, seasaidh e air cùl A)

- B: Gluais!  
(A a' leum gun casan agus a' gluasad air falbh agus a' suidhe an àiteigin eile)
- B: Chan ann a sin.
- A: Carson?
- B: Oir chan ann leatsa a tha an sèithearn sin.  
(Gu mì-dheònach, tha A a' gluasad a-rithist)
- B: Obh, obh!  
(Tha A a' seasamh)
- A: A bheil seo nas fheàrr?
- B: Dè?
- A: Coma leat...
- B: Feuchainn ri bhith bragail, a bheil?  
(B a' seasamh mu choinneamh A)
- B: Uill?
- A: Bha mi ... eh...
- B: (Fiamh a' ghàire) Chan eil mi ach a' tarraig asad!  
(B a' gaireachdainn agus A a' coimhead teaghach)
- A: Ceart ma-thà.
- B: Cha robh mi ach ri spòrs.  
(Mu dheireadh, tha A a' tòiseachadh air gàireachdainn cuide ri B . Cho luath 's a nì A seo, tha B a' sgur a ghàireachdainn.)
- B: Bheil thusa a' magadh orm?
- A: Dè? Chan eil.
- B: Uill, carson a tha thu a' gàireachdainn ma-thà?
- A: Bha thusa a' gàireachdainn...
- B: Mar sin bha thu a' magadh orm.

### Obair Eile

- Cuir toiseach no deireadh ris an sgriobt.
- Cuir stiùireadh ris an teacsa le (...) gus gluasadan/dòigh cleasachd a mhìneachadh airson gum bi e nas soilleire don chleasaiche dè nì iad airson brìgh an teacsa a thoirt beò.

## #28 SGRIOBT TUIGSE (AIRSON DITHIS)

- AON:** Bheil thu cinnteach mun a seo?
- DHÀ:** Na gabh dragh.
- AON:** Dè ma thachras rudeigin?
- DHÀ:** Cha tachair dad.
- AON:** Chan eil fhios agad air a sin.
- DHÀ:** Dè idir a tha thu ris?
- AON:** Mach à seo.
- DHÀ:** Tha seo craicte.
- AON:** Cha do rinn mi càil den t-seòrsa a-riamh.
- DHÀ:** Chan eil adhbhar a bhith draghail.
- AON:** Ciamar as urrainn dhut sin a ràdh?
- DHÀ:** Dìreach gabh air do shocair...
- AON:** Chan urrainn dhomh.
- DHÀ:** Siuthad.
- AON:** Tha mi duilich.


## #29 SGRIOBT TUIGSE (TRIÙIR)

- AON:** Dè cho fada?
- DHÀ:** Sia mìosan.
- AON:** Sia mìosan! Carson nach do dh'innс thu dhuinn?
- DHÀ:** Chan eil fhios agam.
- TRÌ:** Chan urrainn dhomh chreidsinn gun do chùm thu agad fhèin e!
- DHÀ:** Tha mi duilich...
- TRÌ:** Cha leig thu leas a bhith duilich.
- AON:** Dè a-nise?
- DHÀ:** Chan eil mi buileach cinnteach.
- AON:** Feumaidh tu innse do Phòl.
- DHÀ:** Chan urrainn dhomh!
- AON:** Feumaidh tu!
- DHÀ:** Gheibh e a-mach air a' cheann thall co-dhiù.
- TRÌ:** Tha mi a' creidsinn gum faigh.
- DHÀ:** San eadar-ama ge-tà, cumaidh sinn againn fhèin e.

## #30 SGRIOBT TUIGSE (DITHIS)

- AON:** Carson?
- DHÀ:** 'S e an dòigh as fheàrr.
- AON:** Bheil thu dha-rìribh?
- DHÀ:** Carson nach bithinn?
- AON:** Dìreach èist.
- DHÀ:** Chan èist.
- AON:** Feumaidh sinn bruidhinn mun a seo.
- DHÀ:** Chan eil càil agam ri ràdh.
- AON:** Nach stad thu?
- DHÀ:** Tha mi dol ga dhèanamh.
- AON:** Chan eil an-dràsta!
- DHÀ:** Tha mi duilich.
- AON:** Na dèan seo.

#31 PRÌOMH MHÒMAIDEAN



## #32 BÒRD-STÒRIDH


## #33 MONOLOG

### Duilleag-obrach monolog

Cuidichidh an duilleag-obrach seo thu le bhith a' cruthachadh monolog a tha stèidhichte air fiosrachadh a th' agad mun charactar agus do mhac-meanmna. Feumaidh e bhith comasach dhuinn am monolog a chreidsinn. Mar sin bu chòir dha freagairt air/a bhith co-cheangailte ri pearsa, creideamh, prionnsapalan, càirdeasan no cùisean/uallaichean a' charactar.

Ainm a' charactar:			
Seòrsa monolog:	Monolog pearsanta/riut fhèin		No... Cò ris a tha thu a' bruidhinn?

Mun charactar:

Gnè:		Aois:	
------	--	-------	--

Feartan pearsa:

Measail air:	
--------------	--

Gràin air:

Eagal ro/mu:	
--------------	--

A' faireachdainn  
sàbhailte nuair/le....:

Mun t-suidheachadh aca:	
-------------------------	--

Gnothaichean  
cultarail:

Gnothaichean cultarail:	
----------------------------	--

<b>Draghail/ iomagaineach mu:</b>	
---------------------------------------	--

<b>Càit a bheil am monolog a' tachairt?</b>	

---

<b>Càirdeasan is còmhstri:</b>
--------------------------------

<b>Deagh chàirdeasan/ dhàimhean teaghlaich:</b>	
---	--

<b>Droch chàirdeasan/ dhàimhean teaghlaich:</b>	
---	--

<b>Caraidean: Ciamar a gheibh thu taic bho charaidean?</b>	
--	--

<b>Còmhstri ri caraidean:</b>	
-----------------------------------	--

<b>Daoine nach toigh leat/carson:</b>	
---	--

<b>Cùisean:</b>
-----------------

<b>Ceist a' mhonolog:</b>	
---------------------------	--

<b>Dè dh'fhaodadh an gnothach/a' cheist a' rèiteach?</b>	
--	--

Dè tha thu a' miannachadh a thachras?	
---	--

Dè na cnapan-starra no na rudan a tha a' dol nad aghaidh ann a bhith a' faighinn do mhiann?	
---	--

Co-dhùnadh:	
-------------	--

Dè chuireas stad/ crìoch air a' mhonolog?	Tachartas		Fuasgladh/ Freagairt	
---	-----------	--	-------------------------	--

Thoir cunntas mun deireadh: stad/ crìoch no fuasgladh:	
--	--

## #34 SGRIOBT: A' CUR NA COIRE

**B:** (*Leth-taobh – ris an luchd-amais*) Bha sinn nar suidhe taobh a-muigh oifis a' cheannaird airson ùine mhòr. Shaoileadh tu gun robh làithean air a dhol seachad, làithean! Bha e uabhasach uile gu lèir!

**A:** Dè cho fad' 's a dh'fheumas sinn feitheamh an seo?

**B:** Dè cho fad' 's a tha thu smaointinn? (*Stad mionaid*)

**A:** (*A' sìor choimhead air B*) 'S e do choire-sa a tha seo.

**B:** Chan e, 's dòcha gur e mo bheachd-sa a bh' ann ach 's tusa an òinseach/t-amadan a bha gòrach gu leòr a dhèanamh. (*A' sìor choimhead air A, an uair sin ag èirigh agus a' coiseachd gu grad chun na h-uinneig*)

**A:** Am falbh sinn? Fhios agad, an teich sinn? (*A' tòiseachadh air...*)

**B:** Oh bhiodh sin glic, Einstein! Is càit an tèid sinn? Chan eil ar pàrantan dol a chur fàilte chridheil oirnn a-nis, a bheil? Gloidhc!

**A:** Tha mi dol a dh'innse dhaibh gur e do bheachd-sa a bh' ann. Do choire-sa gu lèir... (*Ag èirigh agus a' coiseachd gu grad*)

**B:** (*A' bruidhinn gu slaodach agus a' coiseachd a dh'ionnsaigh A*) Ò, a bheil gu dearbh? Uill, innsidh mise dhut dè thachras ma chanas tu càil den t-seòrsa!

**A:** Siuthad ma-thà, dall ort is inns dhomh.... (*Beagan eagail air is a' coiseachd an comhair a chùil*)

**B:** (*An dithis a' seasamh gu math faisg air a chèile 's a' sìor choimhead a chèile. Tha doras a' dèanamh brag!*) (*A' bruidhinn far-stèidse*) Ò, seadh, a cheannaird. Bha sinn dìreach nar seasamh an seo mar charaidean. Bheil sibh airson mise fhaicinn an toiseach? Chan eil ... Ceart ma-thà ... Seadh, Sir. Fuirichidh mi dìreach an seo. (*A agus B a' coimhead a chèile san t-sàmhchair. A a' falbh a bhruidhinn ris a' cheannard*)

An dàrna turas a leughas sibh e, feuchaibh ri stad is ùine sàmhchair a chur eadar gach turas a bhruidhneas na caractaran. Chì sibh gu bheil buaidh aige seo air a' ghreimeachadh 's an teannachadh.

Seo tuilleadh sgriobtan ri fheuchainn. Bidh iad a' cur an dà chuid cànan agus sàmhchair gu feum...

## #35 SGRIOBT: A' FEITHEAMH

(A agus B nan suidhe còmhla, ann an sàmhchair)

**A:** (An dèidh ùine gun bhruidhinn) Tha i fuar.

**B:** Seadh.

(Sàmhchair)

**A:** Dè cho fad' 's a tha thu smaoineachadh a bhios sinn a' feitheamh?

**B:** Cho fad' 's a bheir e.

(Mòmaid)

Bidh e seo uaireigin.

(Sàmhchair)

Bheil an t-eagal ort?

(Sàmhchair)

**A:** Tha.

(Sàmhchair)

**B:** An cuala tu sin?

**A:** Cha chuala, dè?

(A a' fàs draghail. B a' gàireachdainn)

**A:** Sin e, tha mise a' falbh! (Ag èirigh gus falbh)

**B:** Fuirich far a bheil thu, a ghloidhc! Tha cuimhne agad na thuirt e.

(Sàmhchair. A a' dèanamh suidhe a-rithist)

**A:** Cha bhithinn an seo mura b' e... (A' stad)

(Mòmaid)

**B:** Mura b' e dè? (A' coimhead gu dlùth ri A.)

(Sàmhchair)

## #36 SGRIOBT: MADAINN MHATH

(A nan suidhe ann an sàmhchair agus nan aonar. B a' nochdad gu sunndach)

**B:** Madainn mhath!

(A' coimhead suas gu slaodach)

**A:** Dè?

**B:** Thuirt mi madainn mhath.

**A:** Bu chòir nàire bhith ort!

**B:** Eh...Dè? Cha tuirt mi ach madainn mhath.

**A:** Dùin do bheul!

(Sàmhchair)

**B:** Bha mi dìreach a' feuchainn ri bhith càirdeil.

**A:** Beul gun phutan, a' dol fad an latha. Nach sguir thu a chabadaich uair sam bith?

**B:** Cha tuirt mi ach madainn mhath?

**A:** Nis, èist thusa riumsa, ma thig facal eile bhod bheul, chan eil fhios dè nì mi...

(C a' nochdad)

**C:** Madainn mhath!

**A+B:** Dùin do bheul!

## Clàr-leughaidh (Dealbhan-cluiche)

**Solas na Gealaich:** Deich deilbh-chluich le Pòl MacAonghais

**An Fhìrinn agus a' Bhreug:** Deich dealbhan-cluiche le Tormod Calum Dòmhnaillach

**Snìomh nan Dual:** 6 Cluichean le Iain Moireach

**Sia Dealbh-chluichean** le Donaidh Mac'ill'Eathain

**Cuirm an Òir:** Trì Dealbhan-cluiche le Alasdair Caimbeul.

**Sia Dealbhan-cluiche** le Alasdair Caimbeul

**Tir an Àigh:** Sgialachdan, Dealbhan-cluiche, Bàrdachd le Dòmhnaill Grannd

**Shrapnel** le Catriona Lexy Chaimbeul

**Am Básachadh Mòr** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Dearbhaidh an Fhìrinn i Fhèin** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Ceartas...?** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**An t-Uil' Fhìrinn** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Tillidh gach Uan gu Innis** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Cuibhl' an Fhortain** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Cò shaoileadh e!** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Rud a thig leis a' ghaoith...** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Sgeir nan Ròn** le Dòmhnaill Mac a' Ghobhainn

**Ruairidh Roimh-ainmichte** le John Brandane (eadar-theangachadh le Aonghas Mac Mhaoilein)

**Clann Rìgh Lochlainn** le Beitidh NicArtair

**Cèilidh** le Catriona Lexy Chaimbeul agus Màiri Sìne Chaimbeul

**Iulius Caesar, William Shakespeare** (air eadar-theangachadh)

**Doras Dùinte/Closed Door** le Catriona Lexy Chaimbeul

**Uilleam Tell,** le Friedrich Schiller (eadar-theangachadh)

**Teaghlaich Thormoid Bhuidhe** le Fionnlagh MacLeòid

# Ceanglaichean Feumail

Doras Dùinte le Catriona Lexy Chaimbeul, criomag: <https://vimeo.com/110616964>

Sealladh: <https://www.youtube.com/watch?v=ez24X-6BzMo>

An Ceasnachadh: <https://www.youtube.com/watch?v=HNJgudcRi64>

'S Fheàrrde Duine Gàire: <https://www.youtube.com/watch?v=jbBkqaDd0HE>

Sgoil Shamhraídh Dràma, Film mu Inbhe: <https://www.youtube.com/watch?v=zypkV05mPS0>

## FilmG: Tutorials:

- Toiseach Tòiseachaidh na Sgeòil  
[https://www.youtube.com/watch?v=St4pAdw8wq8&list=PLZYACi5uBlkWC\\_VClekWVE2lfGrWGAYzo&index=4](https://www.youtube.com/watch?v=St4pAdw8wq8&list=PLZYACi5uBlkWC_VClekWVE2lfGrWGAYzo&index=4)
- A' Sgrìobhadh Sgriobt Pàirt 1 <https://www.youtube.com/watch?v=hidLoJlfDUs>
- A' Sgrìobhadh Sgriobt Pàirt 2 <https://www.youtube.com/watch?v=XOIhApGU6JU>
- Preasantadh  
[https://www.youtube.com/watch?v=jVcl2mYBOBE&list=PLZYACi5uBlkWC\\_VClekWVE2lfGrWGAYzo](https://www.youtube.com/watch?v=jVcl2mYBOBE&list=PLZYACi5uBlkWC_VClekWVE2lfGrWGAYzo)
- Fuaim, Camara is Solais air fòn-làimhe  
[https://www.youtube.com/watch?v=8OqSpL2v3I4&list=PLZYACi5uBlkWC\\_VClekWVE2lfGrWGAYzo&index=2](https://www.youtube.com/watch?v=8OqSpL2v3I4&list=PLZYACi5uBlkWC_VClekWVE2lfGrWGAYzo&index=2)
- Gearradh  
[https://www.youtube.com/watch?v=TlqKXRDDTB8&list=PLZYACi5uBlkWC\\_VClekWVE2lfGrWGAYzo&index=3](https://www.youtube.com/watch?v=TlqKXRDDTB8&list=PLZYACi5uBlkWC_VClekWVE2lfGrWGAYzo&index=3)

An Àite Eadar Na Facail: <https://www.youtube.com/watch?v=EQkPtqf3EpQ>

Briste: <https://vimeo.com/manage/videos/262819176>

A bheil thu gam thuigsinn?: <https://www.youtube.com/watch?v=5T9hTQXpASE>

An t-Sireadh: <https://vimeo.com/262802239>

Uisge-beatha gu leòr: <https://vimeo.com/124292297>

Nach Fuar am Poll le Chrisella Ross: <https://www.youtube.com/watch?v=L5W3yc7SLzs>

SSD Taisbeanadh 2011: <https://www.youtube.com/watch?v=IIGQKo4v70U>

SSD 2014 An Ite Gheal: [https://www.youtube.com/watch?v=eIE3r5U\\_gyE](https://www.youtube.com/watch?v=eIE3r5U_gyE)

Sequamur: <https://www.youtube.com/watch?v=oLMGeIOhjmQ>

Briseadh na Cloiche, trèilear: <https://vimeo.com/105548103>

Dà Latha san Dàmhair: <http://www.bbc.co.uk/programmes/b03c57hk/clips>

Torcuil's Guide to Being a Gael: <http://www.bbc.co.uk/programmes/b04vf253/clips>

**Gaol @ Gael:** <http://www.bbc.co.uk/programmes/b06dw7b9/clips>

**Shrapnel:**

<https://vimeo.com/144522809> (ag ullachadh)

[https://www.youtube.com/watch?v=\\_cqPiSMYBYQ](https://www.youtube.com/watch?v=_cqPiSMYBYQ) (a' tàladh)

<https://vimeo.com/231356356> (a' cluich)

**Taisbeanadh SSD 2013:** <https://www.youtube.com/watch?v=9y1JlivMLmM>

**Elvis, trèilear:** <https://www.youtube.com/watch?v=oeDSI1ixC5U>

**Comadaidh Òir:** <https://www.youtube.com/watch?v=btg-aEPNiRg>

**Comadaidh Òir:** <https://www.youtube.com/watch?v=9DVzY9ax72k>

**Gruth is Uachdar:** <https://www.youtube.com/watch?v=BuboFXK-Vds>

<https://www.facebook.com/bbcalba/videos/gruth-is-uachdar/5759432734098661/>

**Ran Dan, Floraidh san Ospadal:** [https://www.youtube.com/watch?v=RX2x\\_vK7E8g](https://www.youtube.com/watch?v=RX2x_vK7E8g)

**Ran Dan, Am Prionnsa Teàrlach:** [https://www.youtube.com/watch?v=SuT\\_VI2J6Kw](https://www.youtube.com/watch?v=SuT_VI2J6Kw)

**Ran Dan, Calanais:** <https://www.youtube.com/watch?v=huyuiUBHjSQ>

**SSD 2011, Pàirt 1:** <https://www.youtube.com/watch?v=IIHQKo4v70U>

**SSD 2011, Pàirt 2:** <https://www.youtube.com/watch?v=3JljsM7tUEg>

**Earbsa ann an co-obrachadh:** <https://vimeo.com/670625278>

**Sgioba Ball-coise ann an Innis Tile:** <https://www.youtube.com/watch?v=NHpAYlas7IA>

**Aon, Dhà, Strì:** <https://www.youtube.com/watch?v=BwMLs3sek6Q>

**Charlie Chaplin:** <https://www.youtube.com/watch?v=RUMDflaCEu8>

**Maidhm, A' sàbhhaladh uisge:** [https://www.youtube.com/watch?v=2hCnc\\_5n5CE](https://www.youtube.com/watch?v=2hCnc_5n5CE)

**Maidhm, Math is Olc:** <https://www.youtube.com/watch?v=QHy1zMKfbmY>

**Mo Ghàrradh:** <https://vimeo.com/57675815>

**Seachdain gun Seòladh:** <https://vimeo.com/149620742>

**Sin an rud a bu mhiann leam:** <https://vimeo.com/84595570>

**Brisidh Tu:** <https://vimeo.com/manage/videos/57843141>

**Cleasaichean Sràide nan ìomhaighean Cloiche:**

<https://www.youtube.com/watch?v=JlfsXd62Qss>

<https://www.youtube.com/watch?v=Grr2JUoKyMM>

<https://www.youtube.com/watch?v=wEDFPKu8UUY>

**MacTalla nan Eun, Opara Èòrpach:** <https://www.youtube.com/watch?v=Hm10Bx-3KfA>

[http://news.bbc.co.uk/1/hi/scotland/highlands\\_and\\_islands/6768195.stm](http://news.bbc.co.uk/1/hi/scotland/highlands_and_islands/6768195.stm)

**Maise-gnùis maidhm:** [http://makeup.lovetoknow.com/Mime\\_Makeup](http://makeup.lovetoknow.com/Mime_Makeup)

# Briathrachas Feumail

**Àbhachd** – comedy

**Àibheiseachadh** – exaggeration, fantasy

**Ann an làrach nam bonn** – ad lib

**Àirde** – climax

**Aire** – attention/focus

**Aithris** – narration

**Aoir** – satire

**Astar** – pace

**Atmosfir** – atmosphere

**Balans** – balance

**Balbh-chluich/Maidhm** – mime

**Blas** – accent

**Boillsgeadh** – flashback, flash forward

**Beantainn chorporra** – body contact, physical interaction

**Càirdeas** – relationship

**Caochlaideach** – non-linear, non-chronological

**Car, tionndadh** – twist, turn

**Caractarachd** – characterisation

**Cleachdadadh ìrean** – using levels

**Cleachdaidhean** – habits, customs, conventions

**Cleachdaidhean is modhan pearsa** – habits, mannerisms

**Cleas** – an act/action

**Coimeas** – comparison

**Coraidhografaidh** – choreography

**Còmhstri** – conflict/struggle

**Conaltradh-bodhaig** – body language

**Cruth dràma** – drama form, structure

**Cuideam** – emphasis

**Cùis** – issue

**Cunntas** – account

**Cuspair** – subject, topic

**Dàimh** – bond

**Dealbh reòthte** – freeze scene

- Deas-bhriathrach** – eloquent
- Dràma aithriseach, dràma cunntasach** – drama documentary
- Dràma ceòlmhor** – musical drama
- Dràma greimeachaidh** – thriller drama
- Dualchainnt** – dialect
- Fantasachd** – fantasy
- Faoin-dhràma** – melodrama
- Feartan** – features/characteristics
- Fèin-labhairt** – soliloquy, talking aloud to yourself
- Fiamh-gnùis** – expression
- Fileantachd** – fluency
- Fiorachas** – realistic representation
- Fòram tèatair** – forum theatre
- Fuasgladh** – revelation, resolution
- Geàrr-chunntas** – summary
- Giùlan** – conduct, behaviour
- Glacadh-sùla** – eye contact
- Gleus** – pitch
- Gnàthasach** – naturalistic/idiomatic
- Gnàth-iomhaigh** – stereotype
- Gnè** – genre
- Greimeachadh** – capturing, grasping, gripping
- Guth àrd/beag** – volume
- Guth-thairis** – voice over
- Inbhe** – status
- Iomhaigheachd** – imagery
- Ioranas** – irony
- Leantainneach** – Linear, chronological
- Leasachadh** – development
- Lèirmheas** – review
- Leth-taobh** – aside
- Luachadh** – evaluation
- Luchd-amais** – audience
- Maise-gnùis** – makeup

**Mìneachadh** – explanation

**Modh** – manner, style, behaviour, form

**Modh cruthachaidh** – stimulus, creative prompt

**Modh-bodhaig** – gesture

**Modh-labhairt/-càinain** – register

**Mòmaid/stad** – pause

**Monolog** – monologue

**Neo-ghnàthsach** – unlikely, unnatural

**Nòs** – stoidhle

**Òcaideachadh** – improvisation

**Opara** – opera

**Os-fhìorachas** – non-realistic representation

**Pantomaim** – pantomime

**Plota** – plot

**Pongalachd** – articulation, precision, accuracy

**Riochdachadh** – production

**Ruitheam** – rhythm

**Sealladh** – scene, perspective

**Seanchas** – saga, lore, traditional tale

**Seasamh** – stance

**Seat** – set

**Sgeadachadh** – dress, decoration, ornamentation

**Sgrùdadhbh** – analysis

**Siùbhlachas** – flow

**Soilleireachd** – clarity

**Stiùireadh** – direction/guidance

**Stoidhle dràma** – drama style

**Suidheachadh** – setting, situation

**Tableau** – series of imagery using the human body

**Teachdaireachd** – message, meaning

**Tèama** - theme

**Teannachadh** – suspense

**Timeachadh** – timing

**Tòna** – Tone

**Traigeadaidh** – tragedy

**Uidheamachd** – equipment

